AM MEASG NAM BODACH

2/-

T.86.g.

National Library of Scotland
B000178551

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

AM MEASG NAM BODACH

Am Measg Nam Bodach

Co-chruinneachadh de sgeulachdan is beul-aithris a chaidh a chraobh-sgaoileadh air an fhritheud eadar Samhuinn, 1936, agus An Gearran, 1937.

AN COMUNN GAIDHEALACH
131 Sraid Iar Regent, Glaschu, C.2
1938

A. LEARMONTH & SON
PRINTERS
9 KING STREET, STIRLING

Printed and Bound in Scotland

ROIMH RADH

An uair a chaidh na h-iomraidhean so a liubhairt air an fhritheud chuireadh meas mór orra leòsan a thuigeas Gàidhlig, anns gach ceàrn de'n dùthaich. Fhuaradh fàth gu'n robh iarrtas aig móran air na h-iomraidhean a shealbhachadh air dòigh a dheanadh comasach dhoibh an leughadh aig an cothrom, agus le cead is deagh-ghean am B.B.C. agus nan ughdar, do am bheil An Comunn Gaidhealach fo mhór fhiachan, tha e nis comasach an t-iarrtas sin a dhìoladh.

Cha do rinneadh oidheirp air an litreachadh a chothromachadh ri gnàths sam bith agus tha iad, mar sin, air an clò-bhualadh mar a fhuaradh iad.

Tha Comhairle a' Chlò-bhualaidh am beachd gu'n cuir an leabhar so ri luach àireamh nan leabhraichean a tha aig làimh luchd-leughaidh Gàidhlig, agus tha dòchas aca gu'm faigh e an fhàilte agus am furan air am maith is fhiach e.

Bha mór iarraidh aig luchd éisdeachd gu'n rachadh na h-òraidean a chaidh a chraobh-sgaoileadh fo'n ainm "Am measg nam Bodach" a chur an clò, agus tha sinn gu mór an comain A' Chomuinn Ghàidhealaich a ghabh an cothrom air am miann so a riarachadh. Tha an leabhar air a chur am mach le cead nan ùghdar, agus tha dòchas gu'm measar e mar oidhirp air sgeul a chumail air na céilidhean a bhiodh aig na seann daoine ann an cuid de Eileanan na Gàidhealtachd.

As leth am B.B.C.,

Eoghan Mac a Phi.

CLAR-AMAIS

	t.d.
Barraidh	106
Beinn a' Bhaoghla	113
Cannaidh, Eige, agus Ruma	74
Ceard Mor, An	144
Colla	34
Diura	17
Eilean Sgitheanach, An t-	67
Eirisgeidh agus Uidhist a Deas	127
Eisdeal agus Luinn	136
Hearradh, Na	120
I	25
Ile	9
Leodhas	98
Muile	50
Ratharsair	82
Scarpa, An	88
Tiriodh	59
Uidhist a Tuath	43

AM MEASG NAM BODACH.

ILE.

Le Donnchadh MacIain.

A Chairdean, an suidh sibh leam car tacan an nochd ann an cuideachd nam Bodach Ileach! Bha na bodaich riamh comharraichte air son an deagh mheomhair, agus nach bu taitneach leinn daonnan bhi 'g éisdeachd r'an seanachas. Is anabarrach an ni e, gidheadh, tha e fìor, gu'n ruig meomhair dhà no trì dhaoine fear an déigh fir, air ais ùine nan cian, air chor 's gu bheil na nithean tha daoine am meas aosda, air an toirt gu clach-an-teinntein dhuinn a cheart cho soilleir 's cho riochdail 's ged thachradh iad an dé.

'Nuair a chuireadh seann Seumas boltrach mhath ris a' phìob 's a shuidheadh e 's cas-air-oireig air ri taobh a' ghealbhain, 's ann mar so a thòiseachadh e—"A nis, a chlann bheaga, 's a dhaoine móra, nach beag a chreideas sibhse gu'n robh mise mìon-eòlach air duine a ghabh dram le Donnchadh Bàn nan Oran 's le Màiri Bhan Og. Thà e, a chlann, mór oirbh-se sin a chreidsinn, ach ma thà, mo thogair: 's e sgailc-mhullach na fìrinn e co-dhiubh!

Leag a' ghaoth 'n iar stuadh an t-sabhail orm, agus fhuair mi seann chlachair, Tearlach MacLachuinn á Port Eilidh, air son a' bhalla thogail air ais dhomh. 'Nuair a bha Tearlach 'na ghille òg, bha e 'na chlachair-siubhail, ceart mar bha iomadh fear-ceaird eile anns an

ám. Rinn e móran obrach air ais 's air aghart, air tir-mór Earraghaidheal, agus 's e Tearlach Ileach a theirte ris air son a chomharrachadh o Thearlach eile bha 's a chòmhlan.

'Chuir sinn,' arsa Tearlach, 'crioch air togail ann an Dail-mhàili, agus thog sinn oirnn a shiubhal na dùthcha air tòir àite 'sam bith a chluinneamaid gu'n robh clachairean a dhìth. Bha ar tuarasdal 'nar pòca is sinn aotrom, aighearach, òg 'nuair a thàinig sinn gu tigh-leanna beag. Ghabh sinn a steach do sheomar agus theann sinn air seasamh ar làmhan do chàch a chéile, agus air gabhail òran is feala-dhà de'n t-seòrsa sin. An uair,' arsa Tearlach, 'a chuir mise crìoch air seinn òrain air an robh déidh mhór agam anns am ám—

> 'A Mhàiri Bhàn Og, 's tu 'n òigh th'air m'aire,
> Ri m' bheò bhi far am bithinn fhéin, etc.'

Thàinig seann duine liath a steach do'n t-seòmar, agus arsa esan, "Có agaibh, fhearaibh, a bha ag gabhail 'Màiri Bhàn Og'?"

"Bha," arsa h-uile fear riamh, "Tearlach Ileach."

"Saoil sibh-se," ars' esan, "an tigeadh Tearlach Ileach leam a mach car tiota; tha gnothach agam ris."

"Dh'éirich mi fhéin," ars Tearlach, "agus lean mi an seann duine a mach as an t-seòmar. Chuir e a làmh mu m' mhuineal agus stiùir e mi a steach do sheòmar eile far an robh seana bhean chòir 'na suidhe."

"So agad, a Mhàiri," ars' esan, "Tearlach Ileach, agus is esan bha seinn an òrain a chòrd riut cho math, agus a Thearlaich Ilich, so agadsa Màiri Bhàn Og—ged nach 'eil i cho òg an diugh—agus is mise Donnchadh Bàn. Gabhaidh thu dram leinn agus seinnidh thu 'Màiri Bhàn Og' do Mhàiri 's dhomh fhéin."

"Chuir mi seachad," arsa Tearlach, "feasgair sona sunndach leotha, agus chan 'eil mi am beachd gu'n deach urram a bu mhotha a bhuileachadh air Gàidheal eile riamh."

B'e so turus deireannach Dhonnchaidh Bhàin do'n Ghàidhealtachd, 'nuair a dh'fhàg e a' bheannachd mhaiseach ud le na beanntan—

" Soraidh leis na frìthean, o's mìorbhuileach na beannaibh iad,
Le biolair uaine 's fìor-uisg', deoch uasal, rìomhach cheanalta,
Na blàran a bha prìseil, 's na fàsaichean bha lìonmhor,
O 's ait a leig mi dhiom iad; gu bràth mo mhile beannachd leo."

"Tha iomradh air Donnchadh Bàn," arsa seann Dùghall, "a' toirt am chuimhne naidheachd bheag a bha athair Iain Mhòir Aird-tealla ag innseadh dhà mu'n bhàrd, air an robh e fhéin eòlach. Bha déidh mhór aig Donnchadh Bàn, agus air Fear Acha-nan-darach air a chéile, agus air do'n bhàrd a bhi tilleadh dhachaidh thar turuis, fhada chuala e gu'n do phòs Acha-nan-darach nighean Bhàrr-a-challduinn. Leis gu'n robh an latha anabarrach fuar, agus am bàrd airsneulach, sgìth, smaointich e gu'n tadhladh e a leigeil a sgìos, agus a chur fàilte air a' chàraid òig, anns an dol seachad. 'Nuair a bhuail e aig an dorus, thug nighean òg, àluinn, beulag air, agus arsa ise, "De 'ur gnothach?"

"Tha mo ghnothach," ars' am bàrd, "ri fear-an-tighe."

"Chan 'eil e stigh," arsa ise, "ach chan 'eil e fad ás; an tig sibh a steach?"

Thug i am bàrd a stigh do sheòmar rìomhach; rug i air gloine beag, nach bu mhotha na deagh mheuran; lìon i e le fìon air choir-eiginn agus shìn i do'n bhàrd e, agus ars' ise, "Tha 'n latha fuar, dh'fhaoidte gur fheàirrde sibh so a chur blàthais oirbh."

Rug am bàrd gu cùramach air cas a' ghloine; thog e gu modhail e r'a bhilean; phòg e an gloine 's shìn e air ais dì e.

"Ud," ars' ise, "nach gabh sibh e; cha dean e coire sam bith dhuibh."

"Cha ghabh, le'r cead," ars' am bàrd, "Nuair a gheibh thu rud uasal, buin gu h-uasal ris."

Gun tuille dàlach, dh'fhàg am bàrd beannachd aice 's ghabh e air falbh. Cha robh Donnchadh Bàn fada air falbh, 'nuair a thàinig fear-an-tighe dhachaidh, agus dh'innis a' bhean òg dha mu'n t-seann-duine neònach a bha feòraich air a shon. "Sin agad," arsa esan, "mo dheagh charaid Donnchadh Bàn nan Oran, agus cha d'fhàg e mo thigh-sa le dorran riamh roimhe."

Leum e mach agus ghlaodh e ris a' ghille-stabuill e a mharcachd an déidh a' bhàird agus iarraidh air tilleadh air ais.

'Nuair a thill am bàrd, bha 'n dòrus-mór fosgailte, farsuing, fial roimhe, agus fear-an-tighe ag cur fàilte bhlàth chridheil air. Thug e tarruing air stòp, 's lìon e cuach mhór do'n bhàrd. Rug Donnchadh Bàn air a' chuaich, agus arsa esan le dùrachd a chridhe:—

> "Sin thu fhéin, a bhun na daraig:
> Cha b'ionnan 's bàrr a' challduinn!"

A nis ged nach 'eil mise 'gam mheas féin 'nam sheann duine, gidheadh, ann an laithean m'òige bha mi glé eòlach air duine bha gu math os cionn ceud bliadhna dh'aois. Seann Iain Mac 'Ille Dhuibh anns an Lanndaidh. Bha Iain ag innseadh dhomh gu'n robh e 'na fhleasgach òg, lùthmhor, ag iomain spréidhe chun na h-Eaglaise Brice mu ám Blàr *Waterloo*, agus bha cuimhne aige, 's e 'na bhalachan, air cuid de na fir, agus iad 'nan sean aois, a bha aig Blàr Chulodair. 'S ioma naidheachd a

bha aig Iain mu na laithean a dh'aom. Ghabh e cuid anns na tuasaidean a bha eadar na dròbharan Gàidhealach agus na dròbharan Sasunnach aig Margadh na h-Eaglaise Brice. Bha e ag innseadh gu'm b'abhaist dhaibh bataichean sonraichte a chruadhachadh a los gu'm biodh airm earbsach, sgaiteach aca air cheann iorghuill' sam bith a thogadh ceann aig a' mhargadh ainmeil ud.

Tha cuimhne agam gu'n d'rinneadh Posta de Iain, agus e seachd-deug agus ceithir-fichead bliadhna dh'aois aig an ám. Choimhlion Iain gach dleasdanas a bha'n crochadh ris an dreuchd sin, gu math, 's gu ro-mhath, fad cheithir bliadhna. Thug e suas a' Phostaireachd 'nuair a bha e ceud agus a h-aon, agus bha e glé bheothail' iomadh bliadhna 'na dhéidh sin. Bhiodh na balaich ag ràdh gu'n d'fhàg Iain a' Phostaireachd le gonadh a chionn nach d'fhuair e each-iaruinn (*Bicycle*) mar a bha aig gillean eile. Dà bhliadhna an déidh dha sgur de'n Phostaireachd, rinn e cathair dà-laimhe do m' athair, le callduinn ás a' choille, is tha i agam fhathast, agus ma thig sibh agus suidhe innte bidh e agaibh r'a ràdh gu'n do shuidh sibh ann an cathair a rinn duine a bha os cionn ceud bliadhna a dh'aois, agus fear a bhruidhinn ri cuid de na fir a bha le Prionnsa Tearlach aig Culodair.

Bha seana Mhàiri Logan ag innseadh dhomh, 's mi'm bhalachan, gu'n robh i mion-eòlach, 'na h-òige, air ogha do Mhac-an-Riabhaich, piobaire Cholla Chiotaich. 'S e Mac-an-Riabhaich a thug an rabhadh do Cholla le pongan na pioba o thuraidean Dhun Naomhaig.

> " A Cholla, mo rùn, seachainn an Dùn,
> Freagair a' ghaoth 's thoir ort an Caol,
> Tha mis' an làimh; tha mis' an làimh."

Tha nis còrr agus trì cheud bliadhna o'n a sheinn Mac-an-Riabhaich an rabhadh ainmeil ud.

"Tha cuimhne agam," arsa Domhnull Mór, "air m'athair a chluinntinn ag ìnnseadh mu'n spùinneadair-mara oillteil ud, *Paul Jones*, a thàinig le 'shoitheach a dheanamh sgrios ann an Loch-na-dàile. B'e Albannach a bha ann am *Paul Jones*, agus bha e 'na chaiptein ann an Feachd-mara *America*. Fhuair e comannd air soitheach ùr, ban-seòladair cho math 's a bha air sàile. Tharruing e mu 'thiomchioll sgioba de dhroch dhaoine mar bha e féin agus ghoid iad air falbh leis an t-soitheach. Chaidh e gu ar-a-mach le mort is le meairle gus an robh ainm 'na chulaidh-uamhais do mharaichean ré bhliadhnachan. Thug e sgrìob a nall air na cladaichean so a chum uibhir agus a b'urrainn dhà de na bàtaichean Breatunnach a mhilleadh an ám cogadh *America*.

Air feasgair àraidh thàinig long le sgrìob a stigh o'n iar mu'n cuairt air an Rudha Rannach, agus laigh i suas air Loch-na-dàile. A suas crioman air an loch, thàinig i mu choinneamh muileann Aird-nis. 'S e ám samhraidh a bh'ann agus bha am muillear agus balachan leis ann an geòla ag iasgach a mach mu choinneamh a' mhuilinn. Cha do ghabh am muillear droch thachdas sam bith ás an luing a bha tighinn teann orra, oir bha luingis mhóra a mach 's a stigh á Lóch-na-daile 's an ám a cheart cho tairbeartach ris na bàtan iasgaich. Ach 'nuair a thilgear an long an ceann, 's a chocair musga ri broilleach a' mhuilleir, 's a dh'òrduichear e fhéin agus am balachan air bòrd, is ann an sin a thuig am muillear truagh dé na h-uaislean a bha e 'nam measg. Chuireadh am muillear thun na stiùrach; dh'ìnnseadh dhà an t-uisge bha'n soitheach a' tarruing; sheas duine borb, coirbte m'a choinneamh le tuagh is le ealag, agus thubhairt e ris a' mhuillear na'n gabhadh i an grunnd gu'n rachadh an ceann a sgapadh dheth leis an tuaigh. Théid mise fodha

dhuibh nach b'e culaidh-fharmaid am muillear truagh a' stiùradh na bana-chleasaiche ud a suas an loch. Bha brat sgaoilte thar an deiridh aice, air an robh sgrìobhte :—

"I am the bold Yankee; catch me if you can."

Bha an acarsaid làn luingis a bha feitheamh sruth is soirbheis a tharruing ris a' chuan-siar, agus sheòl a' bhana-bhuidseach ud 'nam measg mar sheobhag air feadh gur eun. Chan e mhàin gu'n robh e am beachd Phòil na soithichean a mhilleadh ach bha sùil aige ri Tigh Ile (An Tigh Bàn) aig ceann an locha a chreachadh, ach 'nuair thàinig an long mu choinneamh Bhoghmór thilg am muillear an ceann i agus thubhairt e ri Pol nach leigeadh uisge na b'fhaide i Bha amharus aig Pol gu'n robh am muillear a' toirt a' char ás, agus chuir e air falbh bàta a dhearbh gu'n robh an fhìrinn aig a' mhuillear. Chuir so an Tigh Bàn á aire, ach mhill is chreach is loisg e na soithichean a bha anns an acarsaid. B'e oidhche chiogailteach a bha ann do mhuinntir Bhogh-mór. Cha robh fios aca de a' mhionaid a shiùdadh e leis na gunnachan air tilgeil nan tighean mu'n cluasan. Tha iomadh dòigh air fios grad fhaotainn á Ile an diugh, ach cha robh de dhòigh aca am Bogh-mór air an oidhche ud ach deagh sporan airgid agus litir a thoirt do mharcaiche òg, dealasach, a mharcaich do Phort Ascaig, cho dian 's a bheireadh ceithear chaoil an eich e. Chaidh e fhéin is an t-each aiseag do Dhiùra; mharcaich e troimh Dhiùra, agus chaidh aiseag gu tír-mór. Tha sinn cinnteach gu'n d'atharraich e each uair na dhà, ach chaidh aige air a theachdaireachd a liobhairt aig Caisteal Dhun Breatunn, agus gun mhoille sam bith ghabh trì luingis chogaidh gu cuan. Aig bristeadh-na-faire tharruing Pòl air falbh á Loch-na-dàile, agus e a' leigeil dallanach leis na gunnachan air gach tigh croitear, coitear is tuathanaich

a sios air taobh an locha. 'Nuair a thàinig e mu choinneamh Ard-nis, cha robh tuille feum air a' mhuillear, agus dh'òrduichear e fhéin is am balachan do'n gheòla. 'Nuair a bha i a tarruing air falbh, chuir fear de na seòladairean a cheann thar na cliathaich agus ghlaodh e ris a' mhuillear ann an deagh Ghàidhlig, "Tuille uisge air muileann beag Aird-nis!"

Bha e ag cur dragh air a' mhuillear fad uile laithean a bheatha gu'n d'fhuaras Gàidheal ann an cuideachd cho mallaichte.

Le cuideachadh soirbheas luaineach an t-samhraidh, chaidh aig na luingis chogaidh air cur rithe a mach anns an àirde 'n iar. Bha ràinail an cuid ghunnachan r'a chluinntinn an Ile fad trì laithean. Bha daoine anns a' bheachd gu'n deach a cur fodha, ach is ann a ghlacar i, agus rinn i obair fheumail do Bhreatunn ré iomadh bliadhna 'na dhéidh sin.

A nis, a chàirdean, tha an ùine ruith, "Is e deireadh gach comunn dealachadh," agus is mithich dhuinn beannachd fhàgail aig na "Bodaich Ileach" an dòchas gu'n till sinn leotha air chéilidh uair-eigin eile.

Oidhche mhath leibh a chàirdean.

DIURA.

Le Niall MacGille Sheathanaich.

Fàilte bhlàth is fhuranach dhuibh-se tha 'gam éisdeachd agus ged tha mi car tamuill am measg nam bodach, tha mi cinnteach nach gabh na cailleachan mìothlachd rium. Tha an ceann teagaisg a thugadh dhomhsa is do fheadhainn eile, a' dusgadh mhic-meanmain á suain ioma bliadhna, agus a' toirt crathaidh oirnn, is ag cur 'nar cuimhne gu bheil móran bhliadhnachan air dol seachad oirnn mar tha. Is suarach an ùine gus am bi sinn fhéin 'nar bodaich.

Is cuimhne leinn uile bodach, no cailleach, a bha math air aithris sgeulachdan beaga is uirsgeulan móra. Rinn cuid dhiubh drùdhadh air ar n-inntinnean oga, agus air cho sean is gu'm faod sinn a bhi bìdh cuimhne chùbhraidh againn orra-san a thug toil-inntinn sònraichte dhuinn an uair a bha sinn òg.

Tha cruth is dealbh nan daoine sin ag éirigh cho riochdail fa-chomhar mo shùla, aig an ám so, agus gu bheil mi air an dearg mhionaid a' leum thar an t-Sruthain Ruaidh a dhol a chéilidh air Dughall Darach is Iain a' Ghobha, seanachaidhean barraichte le chéile agus daoine còire gasda; nach iomadh naidheachd éibhinn a chuala sinn bhuatha. Ach is iad naidheachdan an Tàilleir Mhóir as feàrr a lean ri cuid againn, oir bha iad sin mar bu trice mu dheidhinn shamhlaidhean is Eich Uisge. An uair a thigeadh an tàillear air a chuairt a dheanamh thrusgan dhuinn anns a' Bhuaile gheibheamaid an toiseach sgeul na dùthcha, oir bha sinne air ar cuartachadh le monadh farsuing, gun cheum rathaid fad ochd mile. Gheibheamaid sgeul air bodaich eile a

bha 's a' Chill, an Tigh a' Chaigein 's an Tigh nan Dùnan; bodaich air nach robh agam-sa ach eòlas iomraidh.

Chuireadh m'athair lòchran air ghleus is shuidheadh gach beag is mór cho faisg air an tàillear sa gheibheadh iad. Bu ghasda leis an tàillear a bhi ag innseadh sgeulachdan mu Loch a' Bhaile Mhargaidh agus gu'n robh a ghrunnd cho réidh, comhnard ri cabhsairean Ghlaschu. Faodaidh sinn sin a chreidsinn oir bha a leithid so de bhailtean margaidh feadh an t-saoghail cian mu'n robh làn cuinneig uisge far am bheil an loch an diugh.

Air leam gur ann mar so a bha aon de na sgeulachdan mu'n Each Uisge. Bha bean uair a bha sud a mach le a treud is iad ag ionaltradh faisg air Loch a' Bhaile Mhargaidh. Bha i 'na suidhe air tolman beag uaine an uair a chunnaic i coltas duin' uasail a' tighinn 'na rathad. Dh'fhan i mar a bha i is thàinig esan is shuidh e làimh rithe. Cha chuimhne leam co-dhiubh thubhairt an sgeulaiche gu'n do bhruidhinn iad ri chéile no nach d'thubhairt ach, co-dhiubh, chaidil an duin-uasal. Thug a' bhean an sin an aire nach bu dhuine saoghalta e, agus a chum is nach dùisgeadh i e gheàrr i dhùth a h-apran is leig i sìos ceann a' choigrich cho socair 'sa b'urrainn i is thug i a casan leatha astar bhuaithe. An uair a thill an creutair neo-chneasda so air ais do'n Loch ás an d'thàinig e, 's a mhothaich na h-uile-bheistean eile gu'n robh e an comunn neach talmhaidh, ghleac iad cho searbh is gu'n robh uisge an locha dearg le am fuil. An cuireadh e iongantas sam bith oirbh ged a chumadh sin astar math eadar sinn is Loch a' Bhaile Mhargaidh? Ann an eilean far am bheil móran lochan bu choltach gu'm biodh móran sgeulachdan mu'n Each Uisge, agus bha sin ann.

Bha Niall Cleireach a bha 'san Learga Bhric 'na sheanachaidh barraichte agus is duilich leam nach do cheadaich astar dhomh a bhi na bu trice 'na chuideachd. Mu dhà fhichead bliadhna air ais sgrìobh mi sios bho sheana bhean chòir an Cnoc Crom, no an Airdfhearnail, na h-uile facal de Laoidh Mhic Ealair anns am bheil còrr is sé fichead sreath. Bha am boirionnach an uair sin gu math thairis air a' cheithir fichead ach cha robh mearachd 'na h-aithris. Tha sin 'gam thoirt gu ceann eile, agus is e sin cho dlùth agus a bheir comhradh sheann daoine na linntean a dh'fhalbh dhuinn. Chan 'eil aon de na seann daoine a dh'ainmich mi, agus móran eile, nach robh eòlach air Màiri Ribeach. Bha m'athair fhéin 'na fhichead bliadhna an uair a chaochail am boirionnach aosda so. A nis, bha esan agus a' mhuinntir eile a bha 'na choimhearsnachd an comhradh gach là ri aon a bha ochd bliadhna deug a dh'aois an uair a chuireadh Blàr Chulodair. Chuala an saoghal uile gu léir gu'n robh Màiri Ribeach ochd is sé fichead bliadhna an uair a chaochail i. Bha mu cheud bliadhna eadar i fhéin 's an Gill' Odhar, ach nach suarach sin an eachdraidh cinneadh a bha cho fad shaoghaltach ri Cloinn Mhic Ràine. Chan 'eil móran ri aithris mu Mhàiri ach gu'm bu bhoirionnach beag speisealta i, agus ged a fhuair i an t-ainm Màiri Ribeach cha robh sin ach ainm a thug a h-athair oirre an uair a bha i 'na caileig bhig 's a cuailean beag camagach a' snàmh anns a' ghaoith.

Tha móran beul-aithris mu'n Ghill' Odhar fhéin agus is e sinn a bhi cho cinnteach mu'n aois mhór a fhuair e gu'n robh duin-uasal air chuairt 's na h-eileanan siar mu leth-cheud bliadhna an déidh do'n Ghill' Odhar am bàs fhaotainn. Dh'innis bodach air choir-eigin an Diura dhomh-sa gur anns an dòigh so a fhuair an Gill'

Odhar a liuthad de shìneadh laithean. An uair a bha e mu dheich is ceithir fichead bliadhna a dh'aois dhìrich e ri aon de na beanntan àrda a tha cho lionmhor anns an eilean, agus thug e sùil mu'n cuairt air. Bha na glinn gu h-iosal foidhe cho feurach, boidheach, na h-uillt le crònan seamh a' triall gu tràigh, coilltean ùrar uaine ri oir na mara agus crodh, caoraich, gobhair is féidh ag ionaltradh gu socair air ioma slios. Thubhairt e ris fhéin gu'm bu mhór am beud an saoghal so fhàgail agus na h-uile ni cho taitneach do'n t-sùil is do'n aigne. Dh'éirich e 'na sheasamh, sgaoil e a dhà làimh a mach o ghuaillean agus ghlaodh e àird a chinn, "Och nach robh mi òg a rithist." Fhuair e 'mhiann, agus bha e beò deich is ceithir fichead bliadhna ás a dheidh sin.

Tha seann duine eile air aithris am measg nam bodach; Murchadh Buidhe nam Fiadh. Bha e 'na shealgair fhiadh agus b'i Beinn an Oir a roghainn àite seilge, agus lean e air a tathaich gus an robh e 'na fhior sheann duine liath.

B'ann do na sithichean a bhuineadh na féidh, agus bhiodh iad diombach do Mhurchadh air son a bhi cho trom air na daimh. Latha bha e a' siubhal na beinne chunnaic e damh breagha air an d'èalaidh e gus an robh e an dlùths saighead a thilgeadh air. An uair a chaog e a shùil a ghabhail cuimse, thionndaidh an damh 'na dhuine, agus thubhairt e, "Tha thusa an sin, a Mhurchaidh Bhuidhe nam Fiadh, is tu a' fàs liath ad shuidhe air sliabh Beinn an Oir." Fhreagair Murchadh "Ma tha mise air fàs liath air sliabh Beinn an Oir, is furasda do Dhia mo dheanamh òg." Air dha so a ràdh phill neart na h-òige ris a rithist agus bha e beò iomadh bliadhna an déidh sin. Tha beagan ceangal aig an sgeul so ris an té eile a dh'aithris mi, ach tha barail agam gu'n

robh Murchadh Buidhe beò linn no dhà roimh an Ghill Odhar.

Tha an Gill' Odhar air a thiodhlacadh an cladh Chill Arnadail agus Màiri Ribeach an cladh Chille Chiamhlaig an Ardlusa.

Tha sloinneadh Mhurchaidh 'gam thoirt gu sgeul eile. Bhiodh seanachas aig na bodaich mu bhrìgh ainm an eilein, agus mar a thugadh an t-ainm air. Chuala mi feadhainn ag ràdh gu'n robh dà bhràthair ann air an robh Diù agus Rath, agus tha an sean-fhacal againn "diù rath an domhain is diù dath an domhain ann, buidhe, dubh is riabhach." Tha sin 'san eilean fhathast, Cloinn 'Ille Bhuidhe, Cloinn 'Ille Dhuibh, is cloinn 'Ille Riabhaich. Is e na Daraich a their sinn ri Cloinn Mhic 'Ille Riabhaich an diugh. Fhuair iad an t-ainm so bho na Domhnallaich air an do rinn iad furtachd le sùistean daraich an ám na h-eigin.

A leigeil ris gu'n robh an t-ainm iomraiteach an Diùra bheir mi dhuibh sgeul a fhuair mi bho Dhonnchadh a' Gheata còrr is deich bliadhna fichead air ais. Bha meomhair mhath aig Donnchadh ach cha bu chuimhne leis cò thug dha an sgeul—bha i aig móran is cinnteach leam. Is e brìgh na sgeoil mar a thàinig Cloinn a Phì do Dhiùra.

Uair a bha sud chaidh Mac 'Ille Riabhaich a bha an Sannaig do Cholbhasa a mharbhadh gu buileach na h-uileneach do am b'ainm Mac a Phì. Fhuair Mac 'Ille Bhuidhe na Learga Brice fath air a thurus, agus dh'iarr e air am biodh e cho math agus an t-aiseag a thoirt dhà 'na bhìrlinn do Cholbhasa. Dh'aontaich am fear eile gu togarrach oir bu bheag fhios a bha aige ciod an turus air an robh Mac 'Ille Bhuidhe a' dol. An uair a ràinig iad Colbhasa thoisich Mac 'Ille Riabhaich air mort is

marbhadh gach leanabh mic, ceart mar a rinn Righ ainmeil roimhe.

Chunnaic Mac 'Ille Bhuidhe bean a' teicheadh agus naoidhean aice 'na h-achlais, 's i ri gul is bròn.

Thubhairt e rithe, "Ma's mac e thoir dhomh-sa e agus nì mi seòl air Mac a Phì a ghleidheadh beò fhathast, oir tha a' chùis coltach nach mar e beò agad-sa." Bha i a' faicinn gu'm bu bhàs do a mac e co-dhiubh, is thug i dha e agus ghabh e an t-aiseag air ais le Mac 'Ille Riabhaich. An uair a bha iad mu leth an rathaid dhùisg am paisde agus thug e mothar as. "Gu dé tha sud?" ars' Mac 'Ille Riabhaich. "Tha," ars' am fear eile, "an ràmh agam-sa." Chaidh so seachad 's chaidh gach cùis air aghaidh gu math ged a bha dithis ag iomram an aghaidh Mhic 'Ille Bhuidhe, gus an robh iad a nall mu Aird na Sgithich. Mhothaich Mac 'Ille Bhuidhe do'n leanabh ag gluasad agus 'san ám 'san do glaodh an leanabh thug e buille falls do'n ràmh agus bhrist se e. "Carson nach biodh ràmh agad-sa a sheasadh rì ceatharnach?" ars esan, "Is e ceatharnach a bhristeadh e," ars' am fear eile. Dh'iarr Mac 'Ille Bhuidhe a chur air tìr aig Aird na Sgithich, a chionn gu'm biodh e na bu ghiorra dha na dol mu'n cuairt troimh Chaol Ile gu Sannaig. Rinneadh so agus fhuair e a chas air tìr is Mac a Phì 'na achlais. An uair a fhuair e gu bràigh a' chladaich thug e am paisde a mach ás an lùraich agus ghlaodh e, "Tha Mac a Phì beò fhathast." "Na'n robh fios na fàth agamsa, cha d'fhuair thusa an t-aiseag uam-sa air ais," ars' Mac 'Ill Riabhaich. "Ma thig thu am dhéidh a nis," ars' Mac 'Ille Bhuidhe, "tha coimhlion saighead an achlais na lùraich 's a tha de sgioba 's a' bhàta agad-sa, agus fuaighidh mi gach fear a thig a mach ri beul mór na bìrlinn." Cha do chuir Fear Shannaig an

còrr dragha air is ghabh e suas ris a' mhonadh, a mach troimh Bhealach Bhriste Chnàmh gu ruige Uamh Beinn an Oir. Bheathaich e an sin an leanabh le sithinn gus an robh e comasach air deanamh air a shon fhéin, agus a réir mo sgeòil is ann bhuaith a thàinig na tha an Colbhasa an diugh de Chloinn a Phì.

Cha chuimhne leam a bhi an còmhradh ri neach a chunnaic Long Mhòr an Eilthirich a' seòladh bho Thraigh Meile, ach chan e is nach faodadh sin tachairt. Tha mi cinnteach gu bheil iad 's an eilean fhathast a chuala sgeul a' bhròin sin le an cluasan fhéin, bhuathasan a chunnaic an long sin. Tha mu cheithir bliadhna a dhìth air a' cheud bho'n chuireadh an Learga Bhric mu sgaoil agus is ann mu'n ám sin a thachair sud.

Feumaidh gur ann mu'n ám sin a thugadh na gobhair bho na tuathanaich bheaga a bha an Cnoc Crom, an Airdmheadhoinis, is bailtean mar sin. Rinneadh òran air a' ghnìomh an-iochdmhor so le bean a mhuinntir Chnoc Cruim agus sgrìobh mi sìos beagan rannan dheth bho mo mhathair an uair a bhi i mu ochd is ceithir fichead bliadhna dh' aois. So agaibh na rannan:—

ORAN NAN GOBHAR.

'S fheudar dhomh bhi beò
Chaidh na gobhar dhìom,
Ciamar gheibh mi 'n smuairein
So chumail dhìom.
'S fheudar dhomh bhi beò,
Chaidh na gobhar dhìom.

1. Tromhad a mach 'Illeasbuig,
Bho'n is tu is deise,
Dh'fheuch an dean thu fead riu,
Na'm bi beagan cruinn.

2. Ach thubhairt Iain gu h-obann,
Chan 'eil stath bhi togail,
Bha mise 'n Lag Odhar,
'S bha na gobhar cruinn.

3. 'S ann an uamh Mhic Mhàrtainn,
Thog iad creach an tàilleir,
Na'n robh mise làimh riu,
Cha bu shlàn iad dhuibh.

4. 'S ann an Lag nan Capull,
Fhuair iad grunnan Eachainn,
Na'n robh fios mar thachair,
Cha robh iad cho cruinn.

5. 'S ioma creag is mullach,
Air an dean iad fuireach,
Feamainn air gach rudha,
Chuideachadh an sìl.

Tha gobhar ri am faicinn an cois na mara an cuid a dh'aitean 's an eilean ach cha do thill iad riamh gu mainnir na tuath bhig mar bha iad.

Sin mata, cuid de na chuala mise bho na bodaich. Chan 'eil ann ged thà ach beagan de na dh'fhaodainn a ràdh, ach theagamh gu'n teid sinn air chéilidh orra uaireigin eile. Bithidh mi air a' cheart-uair so a' fàgail soraidh leibh is beannachd 'na chòis.

EILEAN I.

Leis an URRAMACH COLLA DOMHNULLACH, D.D.

A Chàirdean,—Mar is aithne dhuibh uile, is ann anns a' Gheamhradh a bha a' chéilidh air ghleus anns na h-eileanan an Iar. B'i chéilidh sgoil-oidhche ar n-athraichean agus b'e sin deadh sgoil, anns am faighte ceòl is sùgradh, toimhseachain, agus sean eachdraidh. Bha i fosgladh car mu oidhche Shamhna, agus cha robh tanachadh a' tighinn oirre gus an sìneadh an latha mu Fhéill-Brìde. Bha seann daoine còire làn seanchais aig an robh sean eachdraidh agus beul-aithris na dùthcha ann an I ri m'òige. Chan 'eil mi idir air son "bodaich" a radh riutha, a chionn ann an I bhiodh iad ag gabhail ris car tàireil "bodach" a radh ri seann duine.

Bu taitneach an còmhradh seach brosgul nan coigreach a tha dol do dh'I 'nam mìltean an diugh, agus nach cluinn thu facal uapa ach Calum Cille, Calum Cille is Calum Cille a rithist. Leugh iad na h-ursgeulan beaga neònach a tha a' tuiteam o phinn nam mannach cho nadurra agus a bhrùchdas dìtheanan o'n mhachair ann an òg mhaduinn chiùin Og Mhios an t-samhraidh. Ach ged a tha moll a' choirce agus calg an eòrna 'nan ultaichean ann an leabhar Adhamhain, tha sinn 'na chomain air son spilgeanan de dheadh shìol. Ri'm cheud chuimhne, cha robh móran iomraidh air Calum Cille aig céilidh.

Bha gluasad mór ann am measg nan croitearan, agus aig ceardach Phàruig, ann an tigh nam beart aig Alasdair, air acha-buana, no aig fang chaorach is e òraidean Mhic Pharlain agus nan ceatharnach eile a bha seasamh gu suimeil air son an t-sluaigh air an robh iomradh.

Cha robh feum air soitheach-cogaidh a chur a smachdachadh croitearan I, ach bha an guth is an guidhe leis na seòid a bha cho gaisgeil a' seasamh còir nan daoine bochda air feadh na dùthcha gu léir, ach gu sònruichte aig an ám sin ann an Tiriodh agus 'san Eilean Sgitheanach. Bu ghasda le balaich a' bhaile anns na laithean sin sgrìob a thoirt do'n cheardaich an uair a bha 'n sgoil mu sgaoil aig meadhon latha, oir bha Pàrlamaid nan seann daoine an sin cruinn agus bu chruaidh is bu sgairteil an deasbud a bha aca mu'n cheist chudthromach so a bha air beulaobh na dùthcha aig an ám. Bu gharbh an cnuasachadh 'nuair rachadh na fir an gleac comhraidh. Bhiodh sradagan cainnte nam fear cho taitneach leinne ri'n éisdeachd is a bha na sradagan eile a chìteadh an uair a shéideadh am bolg na h-eibhlean agus a chuireadh an gobha fuaim as an innein leis an òrd, agus gach buille a bheireadh esan mar gu'm biodh e a' daingneachadh agus a co-fhreagart gach pong a bhiodh aca-san. Is ann car mar so a bu trice a thachradh. Dh'fheòraicheadh aon dhiubh am fac' iad òraid Mhic Pharlain anns a' phaipear. Bha sin gu leòir. Chunnaic iad uile an òraid, leugh is mhion-sgrùd iad i, agus gach aon is a leigheas fhéin aige air a' ghalar. Cha robh an-chòrdadh 'sam bith 'nam measg a thaobh iomchuidheachd ceartais a dhìol, agus is e a dh-aobharaich còmhradh cho dian, gu'n robh a dhòigh fhéin aig gach fear a chum a' chùis a' réiteachadh. Bhiodh na seòid air uairean an cunnart a bhi a' fàs ro theth, agus an sin chuireadh seann Phàruig car eile an adharc an daimh, agus ars' esan car mar so, "Saoil sibh fhéin fheara, a bheil ar cainnt ag cur eagail sam bith air maithean an fhearainn. Chuir cuid dhiubh, mar a tha fios agaibh, móran de ar càirdean thar chuantan agus

nach 'eil againne a tha air fhàgail ri saothrachadh moch is anmoch, fliuch is tioram, a chum ar lòn a chosnadh agus màl a phaigheadh, gun dearbhadh no urras againn nach tig a' bhàirlinn do ar n-ionnsuidh uair no uair-eigin, luath no mall? Is cùbhraidh dhuinn cuideachadh leotha-san uile a tha a' strì anns an aobhar so. Nach cuimhne leibh mar a chuir iad Iain mo chliamhuinn a mach do Thiriodh a chomhairleachadh nan Tirisdeach a chum iad fhéin a ghluasad gu sìtheil. Ràinig Iain Scairinnis ach ma ràinig thuig esan an sin mar a bha a' ghaoth a' seideadh, agus aon fhacal mu'n fhearann cha do labhair e. Thog e an sin ris a' Bhaca agus rinn e air Eilean Chalbha. Chuir maithean na dùthcha fàine mór òir cho garbh ri cearcal beag 'ga ionnsuidh, agus sgriobhte air an fhàine so bha na facail "air son misnich." "Nach 'eil sin na dhearbhadh dhuibh," arsa Pàruig, "gu'n robh eagal air na maithean is air na h-uachdarain?"

A chairdean, nach bu cheatharnaich na seann laoich chalma sin. Cha bu mhath gu'n di-chuimhnicheamaid iad an ám dhuinn a bhi a' toirt iomraidh air na seann daoine.

Ach ged a bu mhath a' cheardach cha bu mhiosa tigh na beirte air son céilidh. Bha ann an sin figheadair aig an robh móran fòghluim gu sònruichte ann an cunntas agus ann an *Algebra*. Chan 'eil fhios agam c'àit no gu dé mar a fhuair e ionnsachadh ach bha e sgairteil co-dhiubh. Is ann á Ulbha bha a dhaoine, far an do ghabh iad comhnuidh an déidh Blàr Chulodair. An uair a thug am feòladair Cumberland léir sgrios air a' Cheapaich chaidh a sheanair 'na shaighdear ann am Freiceadan Bhraid-albainn, agus aig crìch a sheirbhis fhuair e mar dhuais croit bheag ann an eilean MhicGhuaire. Cò a bha 'na choimhearsnach aige ach athair Dhaibhidh Mhic an

Léigh a chraobh-sgaoil an creideamh Criosduidh am measg nan daoine dubha an *Africa*. "Cha bu mhath leam di-meas a dheanamh air Mac an Leigh," arsa an tàilleir, "ach tha mi cinnteach gu'm bi saobh chreidimh ann an *Africa* mar a bha saobh-chreidimh ann an I mìle bliadhna an déidh searmonachadh Chaluim Chille. Nach aithne dhuit Dun-mhananain? B'ann do Mhananan a bha iad ag aoradh, oir nach b'esan a bha riaghladh na mara ann am beachd nan treubhan Ceilteach, agus chuala mise gu'm biodh muinntir I a' dortadh measan bhrochain, anns a' mhuir mar iobairt do Mhananan aig toiseach na naodhamh linn deug. Bha iad ag cur ubh na h-eireige dh'iarraidh ubh a' gheòidh. Bha fiughar aca gu'n cuireadh Mananan feamainn a' Chéitein 'na mill air na cladaichean."

Cha do chòrd sgeul an tàilleir ri Alasdair agus thionndaidh e ri Seumas agus thug e cuireadh dha innseadh mu thurus an t-Sasunnaich mhóir, An t-Ollamh MacIain. Bha deagh chuimhne aig m'athair air an t-Sasunnach ainmeil so agus am fear caol glas do'm b'ainm Boswell a bha 'na sheòrsa gille-cas-fhliuch dha. Is e duine mór foghainteach a bha ann am MacIain, duine bronnach bruidhneach. Bha e cho goirid 'na leirsinn's gu'n do leum e á bìrlinn Mhic'Illeathain na h-Innis mu'n do threabh a toiseach claise ann an gainneamh Phort-Rònain. Bha e fliuch gu shléisdean agus is e Boswell bochd a dhìol air a' mhi-fhortan. Las fearg a' bhodaich mhóir agus thòisich e air Boswell a chàineadh agus a' smachdachadh.

"Bha mi," arsa MacIain, "air mo shàrachadh le luasgan cuain mar a bha an t-Abstol Pòl agus ann an cunnart mo bheatha feadh ghlinn dhòrcha agus bheanntan oillteil na dùthcha neo-chneasda so, agus ma dh'éireas

galar mo bhàis ás an fhliuchadh so, gabh cùram gu'n cnàmh mo chlosach ann an ùir Lunnainn, agus chan ann idir am measg rìghrean borba agus luchd-reubainn nan treubhan Gàidhealach."

Chuir e seachad an oidhche ann an tigh Mhic 'Illeathain os cionn Port Rònain agus faisg air an eaglais dhuibh. Fhuair e am biadh agus an deoch a b'fheàrr a bha 'san tigh agus ged a dh'ith e cearc air aghaidh fhéin, coltach ri Domhnull Cuimeanach, cha robh e toilichte idir nach d'fhuair e cuideach-cungaidh nach fhacas ann an I anns an linn sin. Cha do chaidil e gu math ann an leaba choimhich agus bha e air ghluasad ann an glaise na maidne agus gle neo-fhoighidneach gus an d'fhuair e lòn-maidne.

Rinn e air an eaglais dhuibh agus chuir dreach is maise nan seann togalaichean iongantas mór air.

"Shaoil leam," ars' esan, "gu'm b'fheàrr Mac-Shomhairle nan Eilein air spùineadh na air togail eaglaisean, ach faodaidh mi aideachadh gu'n robh aon duine cràbhach ann an Albainn gun Boswell a chur a dhannsadh."

Ghabh e roimhe gus an do ràinig e Crois Mhic 'Illeathain agus an uair a dh'innis am fear-iùil dha gu'n robh e 'na sheasamh anns a' cheart àite anns an do ghabh Calum Cille anail agus anns an do leig e a sgios dheth an déidh dha, air a thurus deireannach, sabhal nam manach agus an t-eòrna a bha ann, a bheannachadh, las a ghnùis agus ghluais a bhilean mar gu'm biodh e ag ùrnuigh. Ach is ann an uair a ràining e Reidhlig Orain a rùisg e a cheann liath agus a rinn e a bheic mar gu'n robh e ann an làthair nan rìghrean a bha cadal fo na leacan. Cha chualas aon fhacal bhuaithe ach bha bhilean ag gluasad agus tha mi 'creidsinn gu'n robh e ag radh

ris fhéin "Cha chulaidh fharmaid an duine nach mothaicheadh a ghradh d'a dhùthaich air a mheudachadh air Blàr-chath Maratoin, no a chràbhachd a' blàthachadh am measg làraichean briste I Chaluim Chille."

Dh'fhan e cho fada ann an Reidhlig Orain nach robh móran ùine aige ri chaitheamh anns an Eaglais Mhóir. Cha b'ionnan dhà-san agus móran a tha tighinn air chuairt do dh'I a nis. Bha fhios aige nach robh clach air làrach do'n Eaglais ann an linn Chaluim Chille, no ceithir cheud bliadhna 'na dhéidh. Ach dhìrich e Tòrr an Abba air an do sheas agus air an do shuidh Calum naomh gu tric. Shleuchd se e fhéin aig Crois Mhàrtainn, agus thug e buidheachas do Dhia gu'm fac e an caol agus na beanntan Muileach a thug sòlas do Chalum Cille dà cheud deug bliadhna roimh a latha-san.

Tha sin a' toirt 'nam chuimhne nach b'e MacIain a' cheud Sasunnach no an Sasunnach mu dhéireadh a thug gràdh do dh-eilean I. Bha Sachabheril agus Pennant ann an I agus an Deathan Mac an Rothaich agus an deadh Ghàidheal Màrtuinn a sgrìobh an leabhar a dhùisg ann an inntinn Mhic Iain iarrtas air I fhaicinn.

Is e Sasunnach a bha ann an Leigh Richmond a chuir muinntir I fo fhiachaibh móra. Bha fhios aige-san gu'm b'e teachdairean bho I a sgaoil ar creidimh slàinteil am measg nan cinneach aineolach ann an taobh tuath Shasuinn. Bha e air a nàrachadh gu'n robh I, a sgaoil eòlas agus creidimh feadh na Roinn-Eorpa, gun tigh-sgoile, gun mhaighstir-sgoile, agus chuir e roimhe gu'n cruinnicheadh e airgead ann an Sasunn a thogadh tigh-sgoil agus mar so a phàigheadh beagan de'n ainfhiach a bh'aig I air Sasunn.

Rinn e mar a bha 'na aire agus thruis e na ciadan punnd Sasunnach. Ach cha robh Diuc Earraghaidheal

dol a leigeil le Sasunnach a leithid de thàmailt a chur air Albainn agus thog e air a chosg fhéin an deagh thigh sgoil a tha againn ann an I. Gu dé a thàining ris an airgiod a chruinnich Leigh Richmond? Thugadh e do'n chomunn a bha craobh-sgaoileadh a' Chreidimh Chriosduidh anns a' Ghàidhealtachd. Is e sin an t-airgiod a thog an leabhar-lann briagha faisg air an tigh-sgoile agus a bharrachd air sin, a tha 'ga dheanamh comasach leabhraichean ùra a cheannach a chum oilean agus eòlas, cho math ri toileachas-inntinn, a thoirt do mhuinntir I.

Is ann an tigh coimhearsnaich a bu trice a bha mise air chéilidh, Tigh Iain a' Chnuic. A' socrachadh bac easgaid air suidheachan, thòisicheadh esan mar so "Tha muinntir I ag gearan gu'm bheil iad air an sàrachadh ag cur cruidh agus chaorach gu ruagadh. Nach 'eil faidhir ann am Bun-easain aig Bealltuinn agus aig Lùnasdail; agus an Dunàra a' toirt an cuid chaorach agus an uan glé sgiobalta do Ghlaschu. Chan ionann sin agus an t-allaban a bh'air daoine ri mo chuimhne-sa. Cha robh annam ach am balach an uair a chaidh mi le Domhnull, brathair m'athair, do'n Eaglais Bhric. Bha sinn ag iomain buaile de chrodh dubh—crodh seasg, crodh gamhnach, daimh agus aighean. Thug sinn troimh an ghleann mhór iad, agus cha robh sin ach toiseach saothrach. Thug sinn aiseag dhaibh o Rudha-an-Fheurain, do Chearara agus thar caol Chearara do Lathurna. Bha sinn ag cur seachad oidhche aig Tigh-an-Uillt, ag cadal ann an fasgadh pris, agus air ghluasad mu'm blaiseadh an lòn dubh an driùchd. Bha punnd no dhà de mhin choirce againn ann an sgirb a' bhreacain. Bha cupan fiodha agus spàin adhairc aig cuid ach chunnaic mi fear a'deanamh fuaraig ann an sàil a bhroige agus ag imlich a bhilean 'na déidh. Le bùrn ás an t-sruthan rinn sinn bruthaist

agus ghabh sinn an rathad mór. Ràinig sinn Dail-Mhàili ann an àird an fheasgair agus leig sinn an spréidh gu ionaltradh. Air an là màireach ràining sinn Tigh-an-Droma agus 's ann an sin a bha an othail. Aig taobh an rathaid, bha tigh beag tubhaidh aig am minic a fhuair sinn dram. Ach mar a bha mi-fhortan an dàn dhuinn cò a bha romhainn ach an gàidsear agus e an déidh dà phige de dheadh uisge beatha a ghlacadh. Bha a' chailleach bhochd ag caoidh agus ag caoineadh gu'n robh i air a sgrios. 'O chàirdean,' ars' ise, 'mur dean sibh cobhair orm, bithidh creach is tàmailt orm.' Is ann an sin a ghabh Dòmhnull brathair m'athair, an stiùir. Rinn e cagar ann an cluais gach cìobair agus dròbhair agus ann am priobadh sùla bha teine mór mòna air ghleus. Lìonadh gach cuinneag le uisge. Thòisich na fir air trod agus na coin air sabaid. Thilgeadh cuinneag uisge ma b'fhior air na coin, ach da rìreadh air an teine. Lìon an seòmar le toit, agus anns an ùpraid thilg Domhnull an gàidsear air a dhruim. Mu'n deach an toit a mach ri luidhear, bha an t-uisge beatha far nach ruigeadh gàidsear air. Bha Dòmhnull ma b'fhior air a nàrachadh gu'm b'e an duine uasal a bha aige ann an àite a' chiobair a thug oilbheum dha. Chuir e am maor gu càirdeil air ceann an rathaid, agus dh'òl e fhéin agus a chompanaich cuach air chuach de'n deagh stuth air nach do phàigheadh cìs.

"Bha a' chailleach fìor thoilichte mar a thachair, agus mur do chaochail i tha i beò fhathast. Reic sinn leth na buaile aig faidhir an Dùnaidh agus an còrr aig an Eaglais Bhric. Dhealaich sinn ri Dòmhnull chionn bha gnothach aige-san an Glaschu. A ghiorrachadh a shlighe ghabh e ath-ghoirid troimh choille. A mach á dubhair na coille leum dà mheirleach agus gu foirmeil dh'iarr iad air Dòmhnull bochd a mhàileid a liubhairt, ach ged a bu

mhór a chunnart, cha deach Dòmhnull 'na bhreislich. Thilg e mhàileid air an làr, chrom an dà mheirleach comhla 'ga togail. Ach ma chrom, cha d'éirich iad. Le dheagh bhata dàraich, bhuail e na slaoightearan gu talamh. Thog e a mhaileid agus thug e a chasan ás. An uair a ràinig e Glaschu, chunnaic e daoine a leughadh an aon phaipeir-naidheachd a bha tighinn a mach aon uair 'san t-seachduin, paipeir ris an abradh iad 'An Courant'; dh'fheòraich e gu'n rudha gnùis no crith 'na ghuth, am bheil sgeul ùr 'sa phaipeir an diugh? Cha chuala e riamh gu dé mar a chaidh do na meirlich, ach bha e ann an dòchas nach tugadh iad aghaidh gu bràth tuilleadh air dròbhair Muileach."

Chan 'eil ùine air aon fhacal eile ach ma bhitheas sinn uile beò bithidh céilidh fhathast againn agus sin ann an I.

Oidhche mhath leibh.

COLLA.

Le Eachann MacDhughaill.

Tha sinn an nochd a' dol a thoirt cuairt do thigh na céilidh, an eilean m'àrach am mach an sud ri aghaidh a' Chuain an Iar, agus 'nar mac-meanma, a' suidhe sios far am biodhamaid cruinn anns an ám a dh'aom ag éisdeachd ri ur-sgeulan is còmhradh nam bodach.

Ged nach 'eil mise 'gam chunntadh féin sean fhathast, chunna mi is bha mi an seanachas ri daoine aig an robh cuimhne gu math air Cogadh Bhoniparte, is a dh'fhiosraich iomadh sgeul bho am bilean-san a bha an Cogadh na Spàinnte, is aig *Waterloo*. Bha iomradh aca air a' chùram a bha air muinntir an Eilein gu'n tigeadh na Frangaich orra gun fhios dhoibh, agus gu'm biodh an t-Eilean air a chreachadh is an sluagh air am milleadh. Bha iad uile deas, na'n tachradh sin, gu an spréidh a thogail am mach ri sluic is uamhachan an Taoibh a Deas; agus is cinnteach gu'n tachradh sin, oir nach fhaca Dòmhnull Taibhsear gach speir cruidh a bha anns a' Ghallanaich 'nan sineadh air am blian air a' mhachair, is féithean móra an spadagan deiridh air an gearradh! Eadaruinn fhéin, ged thà, cha d'thàinig a' cheart taraigeanachd ud air a cois riamh fhathast, ach gus an latha diugh tha na bodaich ag ràdh gu'n tig i uair-eigin!

Nach robh Anna Nighean Ailein ag innseadh dhuinn gu'n robh i féin, is i an uair sin 'na caileig, air Beinn Ghriseabuill am feasgar a sheòl an long air an robh Iain MacAilein, ughdair na "Coille Ghruamach," am mach do'n Chuan an Iar, is a h-aghaidh air Canada. Thachair sin anns a' bhliadhna 1819.

Agus nach b'ann dà gheamhradh 'na dhéidh sin a

thàinig soitheach an fhìona air cladach Thota-Raoghnaill. B'iad sud na làithean! Is ann an sud a bha an droghach air buidealan fiona, bodaich is gillean, cailleachan, mnathan is clann 'nam fuil 's nam fallus air a' chladach ag cur nam baraillean fo dhìon. Nach robh "fion dearg na Spàinnte" cho pailt anns na tighean air a' gheamhradh a bha an sud 's gu'n do bhruich Bean Eoghain Bhàin aon latha am buntàta anns an fhion, 's i an dùil gur e uisge an Tobair Dheirg a bha aice anns a' chuinneig.

Bha cleachduidhean na h-àirigh fathast air an giùlan air aghaidh anns an eilean an uair a bha na daoine a chunna mise 'nan gillean 's 'nan nigheanan òga. Dh'innis Sine Chaimbeul dhomh gu'n robh i féin air an àirigh mu dheireadh a bha an Colla, shuas an sud am bràighe Thorastain, is i an uair sin 'na ceithir bliadhna deug.

Bha gu leòr de sgeoil air na seann làithean aig na bodaich. Bha gu leòr de òrain aca, is bhiodh iad féin ag cur riu. Bha de òrain aig Tearlach Og a bha anns a' Chaolas 's gu'n robh aon aige air leth air cheann gach latha anns a' bhliadhna. Chan fhaca mise an duine, ach chuala mi bodaich eile a' toirt iomraidh air. Is bochd gu'n do thriall an seanachaidh ainmeil so, is nach d'fhàg e a' bheag de na sgeoil is de na h-òrain a bha aige air a mheomhair aig an àl a thàinig 'na dhéidh.

Is iomadh latha bho nach do chuireadh bàir le caman anns an eilean againne, ach bu lionmhor iomradh aig na seann daoine air gach iomain mhór a bhiodh aca an uair a bha iadsan òg.

Bha na gillean anns an eilean an uair sin gu iomain a dheanamh; agus cha b'iad an òigridh a mhàin a bhiodh rithe, ach na bodaich iad féin. Bha an sud latha a chaidh iad do'n Chladach fheamann an Torastan. Cha

robh an tràigh ann fathast, agus leis gu'm biodh an uair ud a chaman aig gach fear anns a' chliabh an ám tarruing ris an tràigh—eagal 's nach biodh feamainn air a' chladach idir, na'm b'fhior—b'i an iomain ris an do theann na suinn! Leigeadh na h-eich am mach ri bruthach, is ghlaodhadh "bualam ort" is "leigeam leat" gun an còrr dàil.

Thàinig an tràigh, is co-dhiubh a bha feamainn oirre no nach robh, chan fhios dhòmhsa; ma bhà, gas cha do chuireadh suas an latha ud! Thàinig an ath làn, thàinig am feasgar, is thàinig an t-acras, ach lean an iomain! Agus bha na bodaich ag radh gur ann ri solus na gealaich a chuireadh crìoch air a' bhàir.

Bha an t-iasg pailt air a' chladach an uair sin. Cha d'thugadh langa a stigh do Bhagh Chòrnaig bho chionn còrr is fichead bliadhna; ach bha na bodaich ag ràdh gu'n robh an langa cho pailt air na cladaichean suas mu cheithir fichead bliadhna air ais 's gu'm biodhteadh 'gan glacadh leis na madhair air na creagan-iasgaich! Bha i aon bhliadhna air a faotainn cho pailt 's gu'n do theirig na tubachan-saillidh air na h-iasgairean an Eilleraig, agus bha iad a' taomadh nan lòn an creagan a' chladaich is a' sailleadh an éisg an sin.

Bhiodh na bodaich a chunna mise a' dol do chreagnan-eun an uair a bha iad òg, is a' deanamh "biùmhlamhach" mu'n d'thubhairt iad féin e, air na sgairbh. Is iomadh sgeul a bha aca air a bhi a' dìreadh na Stalla Duibhe an Sùl-ghorm, seadh, agus air an t-sraighlich mhi-nàdurra bhiodh iad ag cluinntinn am mullach a' mhill ud, far an do thogadh an tigh-soluis a tha air an diugh 'nar linn féin. Bha iad ag radh gu'm biodh na sgairbh, an ám dol a laighe anns a' chreig, a' fàgail aon air faire is an còrr dhiubh a' pasgadh an cinn fo'n sgroib.

An uair a rachadh na bodaich—gillean lùthmhor anns an ám ud—air tìr air a' chreig, a' cheud rud a dheanadh iad, b'e an sùil fhaotainn air sgarbh-na-h-aire. Bhiodh esan daonnan air binnein na b'àirde na an còrr, agus b'e faotainn chuige mu'n toireadh e gorc-rabhadh as, ris an robh obair na h-oidhche uile gu léir an crochadh. An uair a gheibhteadh esan as an rathad, cha robh ach gabhail do'n chòrr as an leth-oir gus am biodh feumalachd gach teaghlaich a bhiodh ri roinn do na sgairbh fhaotainn air a sholar gu pailt is gu tomadach.

Tha gnàth-fhocal againn an Colla gur ann "air na tòraidhean is air na bainnsean a bhiodh an càirdeas 'ga chuimhneachadh." Glé thric, is ann orra mar an ceudna a bhiodh na seann chaonnagan air an ath-ùrachadh, agus aicheamhail 'ga shireadh. Bha iomradh aig na bodaich air aon tòradh a bha an Cill-Ionnaigh, agus mu'n do sgaoil a' chuideachd, bha còig fir-dheug as an léintean "a' toirt am mach an aicheamhail is a' togail na h-éirig." Is e "Mac-na-Braiche" a b'aobhar air a leithid so de mhi-stuamachd; agus is math gu'n d'thàinig caochladh air na cleachdaidhean sin.

B'e "Mac-na-Braiche" mar an ceudna a réir nam bodach, a b'aobhar gu'n do sguireadh de chluich na pìoba air na tòraidhean; ach chan 'eil sin ro fhada air falbh idir, ged a bha e roimh mo latha-sa. Bha bodaich a chunna mise iad féin air an tiodhlachadh mu dheireadh air an robh a' phìob air a cluich an Colla. A réir na h-iomraidh a bha aca-san, is coltach gu'n d'thugadh tuille 's a' chòir de na bha anns a' phige do Dhòmhnull Mac Pheadarais, an curaidh a bhiodh air ceann na piobaireachd, agus an uair a thug an giùlan ceum le bruthach, sios le Bealach an Fhraoich, far am biodh a' chumha—"Cha tig Mór mo bhean dhachaidh," am bitheantas—is iad an nis

an sealladh na cille, daonnan air a séideadh suas, nach ann a thog Dòmhnull còir ceòl dannsa, agus b'e "Calum Crùbach," is cha b'e nach robh "Mòr a' tighinn dhachaidh," a bha a shiunnsair a' froiseadh am mach sios am bruthach! Chuir so, "an ceòl air feadh na fidhle" no air feadh nan dos, ma thogras sibh, agus r'a linn, chuireadh stad air a' phiobaireachd air na tòraidhean an Colla. Lùghdaicheadh mar an ceudna na bha air a riarachadh de uisge-beatha air na tòraidhean; agus is cinnteach gu'n robh a' chuid sin de'n atharrachadh freagarrach gu leòr. Ach bho'n a rinneadh sin, is gur e tuille 's a' chòir de'n uisge-bheatha a b'aobhar air Dòmhnull MacPheadarais a dheanamh a leithid de bhrionglaid 's a rinn e dh'fhaodteadh leigeil leis a' phiobaireachd mar a bha i, or is gasda an nì plob air a deagh chluich gu cothromach, réidh, is fuaim na cumha r'a cluinntinn pong air a' phong, ri ceum stàtail an t-sluaigh a' tarruing gu cill. Ach ma bha cuid de dhaoine a' dol thar garadh-criche na stuamachd, aig amannan, bha an sluagh an coitcheannas ro chùramach 'nan gluasad. Le cumail ris a' cheartas, is ann mar a bhà gur e cho beusach 's a bha an giùlan a chuir gu'n robh cuimhne idir air a gleidheadh air tuiteam-air-falbh bho dheagh bheus, mar a dh'ainmich mi. Bha daoine ro chùramach mu'n t-Sàbaid, agus gu sin a leigeil ris gu ro-chomharraichte, so agaibh sgeul a bha aig na bodaich air Niall na Buaile. Bha Niall a' fuireach leis féin an ionad glé ònrachdach, agus an uair a bha e air tighinn suas an aois is a bhiodh an aimsir doirbh, theagamh gu'm biodh air uairean suas ri seachduin mu'm faiceadh e duine. Aig a leithid so de ám, is e sniomh sioman-fraoich a b'aon obair dha; agus a réir gach sgeoil, bha e ro-mhath aig a' cheart chéird sin.

An déidh àireamh làithean do dhroch shid an sud, matà, thàinig aon latha briagha, latha-eadar-dhà-shion, mar a theireadh na h-Eileanaich r'a leithid, agus leis gu'n robh ceirsle mhór shìomain deas aig Niall, smaointich e gu'n toireadh e aghaidh air Còrnaig Bheag leatha, oir is ann do Fhear Chòrnaig a bha e a' sniomh an t-siomain. Ach ciod a tha agaibh air no dheth ach gu'n deach an t-seachduin iomrall air Niall bochd, agus is è a bha anns an latha bhriagha a thàinig an so Latha na Sàbaid. Bha Niall glé dhlùth air a cheann-uidhe, leis a' cheirsle shìomain aige air a mhuin mu'n do thachair neach no neach-eigin air a dh'innis dha gur e Latha na Sàbaid a bha ann. Chuir an gniomh a rinn e Niall an droch staid, oir bha e cinnteach gu'n robh an nis peacadh dòruinneach air anam. So agaibh, matà, dé a rinn e gu faochadh a thoirt d'a choguis; fhuair e teine, is chuir e sud ris a' cheirsle shiomain far an do thilg e bhàrr a ghualainn i. Loisg e 'na luaithre i, is an uair a chuir an lasair ceann-finid oirre, thog Niall air, is thug e an tigh air.

Bha iomradh aig na bodaich air iomadh gaillionn is làn-mór a chur séisd ris an eilean. Bha an sud latha fuathasach le stoirm is éirigh fairge a rinn trì eileanan de Cholla. Bha Tiridhe, làimh ruinn, 'na sheachd eileanan aig a' cheart ám. Bha an stoirm leis an do chailleadh a' Phacaid is an do bhàthadh an sgiobair—Calum Ruadh—ainmeil an seanachas nam bodach.

B'e ám an fhoghair a bha ann, agus far an robh an t-arbhar gearrte, is e air adagachadh, is e a roinn a b'fheudar do na croitearan a dheanamh air na dh'fhàgadh gun a sguabadh am mach do'n chuan! Agus air son na bha fathast gun bhuain (am mach bho chuid aon duine a mhàin) is gann a bha spilgean sil air fhàgail air

craobhaig no air déis nach do fhroiseadh dhiubh leis an stoirm.

Ach an aon fhear a bha an sin, cia-mar a chùm esan, saoil sibh, a chuid barra bho dhol a dhith? So agaibh, matà, mar a bha na bodaich 'ga innseadh. Is coltach gur e latha ro bhriagha a bha anns an latha roimh an stoirm a bha an so. Bha obair an fhoghair a' dol air aghaidh gu trang, is arbhar 'ga ghearradh far an robh e deas air cheann a' chorrain. Ach cha b'e aon chuid gearradh no adagachadh a bha air aire Aonghais Mhóir, ach obair a bha, am beachd a choimhearsnaich, 'ga chomharrachadh am mach mar fhear a bha air dol as a riaghailt. Fhuair Aonghas sgonn mór de chrann-spreòit soithich a thàinig air a' chladach. Chuir e an t-each fo chuing, is cheangail e crann-spreòit an t-soithich air a tharsuinn 'na dhéidh, mar gu'm biodh ann cliath no roileir. Am measg an arbhair ghabh e leis a' chrann-spreòit is mu'n do stad e cha robh gas nach robh air a leagail gu teann, dlùth ris an làr, is a bhun anns an Airde 'n Iar—an taobh bho'n do bhris an stoirm! Cha mhór nach d'thug na coimhearsnaich ionnsuidh gharbh air gu a bhacadh, oir, 'nam beachd-san, bha e air dol as a chiall; ach dhearbh an làrna-mhàireach nach b'ann as a chiall a bha Aonghas Mór, ach glé ghlic.

An ath latha, an uair a bhris an stoirm so, nach d'fhiosraicheadh a leithid eile riamh ri cuimhne dhaoine anns an ám, chunnacas cho fad-sheallach 's a bha an gniomh a rinn Aonghas Mór. Bha an t-arbhar aige-san, leis gu'n robh e air a leagail lom, còmhnard ris an làr, le bhun anns a' ghaoith, gun mhilleadh gun dochunn, ach a mhàin nach biodh e cho furasda a bhuain leis a' chorran: ach bha arbhar nan coimhearsnach a bha fathast gun ghearradh air a leithid de dhian-chrathadh

fhaotainn 's nach robh ach gann, spilgean air fhàgail air craobhaig no air déis nach do fhroiseadh dhiubh.

Is iomadh sgeul is iomradh eile air na seann làithean a chluinnteadh aig na bodaich. Chomharraicheadh iad am mach a' cheart bhad anns an do thilg cù a' phiobaire a chaidh troimh an uaimh an anail an uair a thàinig e am mach air a' cheann eile, is gun sgeul air a' phiobaire e féin.

Sud shuas an t-iomaire air an robh am buanaiche am feasgar a bha an sud an uair a ghuidh e cuideachadh a thighinn air, is e 'ga shàrachadh. Thàinig an cuideachadh, is bha naidheachd air! Bha duais ri bhi 'ga ceann; agus bu daor i! Bha eallach a dhroma aig an fhear-cuideachaidh r'a fhaotainn leis; bha an ceangal fada is righinn, agus bha a choltas air nach robh sguab air an achadh nach gleidheadh e! Ghuidh am buanaiche an sin air a' Chruitheir cobhair a thoirt dha is arsa esan:—

> **" Tha Màrt gu cur is tha Màrt gu buain,**
> **Tha Màrt gu tarruing dhachaidh nan sguab,**
> **Is Fhir a dh'òrdaich na trì Màirt,**
> **Na leig mo bhàrr-sa 'san aona ghad!"**

Leis na briathran so bhris an gad; bha gach sguab a bha ceangailte ann turraich-air-tharraich, thall 's a bhos air an iomaire, is am fear-cuideachaidh—am fear-millidh e féin—air falbh 'na dhrilsean gorma teine do na speuran.

Agus sud an cnoc ud shuas, Càrnan Mór Eillearaig, bho am facas an sealladh mu dheireadh de'n luing ud a dh'fhalbh bho chladach na h-Albann, an long a dh'fhalbh le gaol nan Gàidheal air a clàr—Tearlach Og Stiubhard. Bha "am blàr air a chur air Monadh an Fhraoich." Bha na fineachan air an sgapadh; bha na gaisgich a dh'éirich le Tearlach air am mort is air am beubanachadh, is an

dachaidhean air an creachadh. Dh'fhalbh Tearlach is "cha do thill e tuille!"

Sin agaibh, matà, cuid de na seanachasan a chluinnteadh aig na bodaich an eilean m'àrach-sa, agus is iad féin a chuireadh am blas air a' chòmhradh. Fàgaidh sinn soraidh aca an dràsd, ach faodaidh gu'm faigh sinn cothrom cuairt eile a thoirt 'nan rathad uair no uair-eigin.

UIDHIST A TUATH.

Leis an Urr. NIALL MACDHOMHNUILL.

Nach 'eil an ceann teagaisg so a' toirt 'nar cuimhne na daoine gasda a b'aithne dhuinn agus air an cualar iomradh ann an laithean ar n-òige. Bha seann duine còir againn ann an Uidhist—Iain Mac 'Ille Iosa, aig an robh mar chleachdadh mu'n rachadh e 'steach do thigh sam bith seasamh air an starsnach far an toireadh e dheth a chomhdach cinn, agus theireadh e beag ris fhéin, "gu'm beannaicheadh Dia an Tigh so 's na bheil ann." Bu mhath leamsa matà, 's an dol a mach guidhe an t-seann duine chòir so a chur a dh'ionnsuidh gach dachaidh anns am bi mo ghuth air a chluinntinn an nochd.

Bithidh sinne a chaidh altruim agus àrach ann an dachaidhean anns an robh blàthas is coibhneas a' riaghladh, gu tric a' smaoineachadh air laithean sona ar n-òige, agus air na seann daoine grinn a b'aithne dhuinn. Air mo shon fhéin is bitheanta leam a bhi ag gabhail turuis air eathair na cuimhne a null do dh'Uidhist a chum a bhi ag ùrachadh m'eòlais air na bodaich. Bho chionn beagan laithean bha mi 'nam measg a rìs, agus tha mi a' dol a dh'innseadh dhuibh-se an nochd beagan de na dh'innis iadsan dhomh-sa. Ach mu'n teid mi air m'aghaidh feumaidh mi a radh mu'n deidhinn gur iomadh uair a bhios e ag cur ioghnaidh orm, a dh'aindeoin 's cho beag is a bha aca de chothrom, cho farsuing is cho domhain is a bha an eòlas, cho geur 's a bha an comas breithneachaidh agus cho ealanta cothromach is a bha am briathran aig gach ám.

Tha cuimhne agam aon fheasgar ann an tigh brathair mo sheanair, sean Aonghas Camshron, agus e mach gu

math as a' cheithir fichead. Bha e ag innseadh dhuinn mu na h-atharraichean a chunnaic e fhéin 'na latha ann an Uidhist. Is ann car mar so a dh'innis e an naidheachd.

"Ri m' cheud chuimhne," arsa esan, " 's ann an so a bha tìr an àigh. Air gach sliabh eadar Marabhal is Uinibhal, null gu loch Una, air na raointean mach gu Langais is Loch Sgadabhagh, fhad 's a chitheadh sealladh na sùla, bha àirigh an sud 's an so; an crodh laoigh agus feur gorm brìghmhor, aca gu'n cluasan; mnathan òga le'n còtaichean drógaid a' figheadh 's a' fuaigheal, a' seinn dhuanag is an gàir cridheil, gun dragh gun chùram, a' lionadh na tìre le ceòl, 's iad a' buachailleachd nam bò.

"Bha sgiobaidhean eile de mhnathan agus fhir ag oibreachadh na ceilp, agus bhiodh feadhainn dhiubh sin a' dol cho fad ri Lochportain agus Bagh a' Chàise. Cho fad 's as cuimhne leam 's e prìs na ceilp an uair sin deich no dusan punnd Sasunnach an tunna; an diugh chan fhaighear ach mu thrì notaichean an tunna."

"Dé b'aobhar do'n phrìs tuiteam cho iosal so, Aonghais," arsa fear de na bha an lathair.

"Bha," ars' Aonghais, "gu'n do thòisich a' mhuinntir a bha ceannach na ceilp air studhannan na bu shaoire thoirt a steach á rioghachdan eile, gu sònruichte as a' Spàinn. B'e sin latha na dunach do Uidhist! Bha an t-uachdaran a' faotainn cuid mhaith airgid bho'n cheilp, agus aon uair 's gu'n d'fhalbh sin cha robh feum air na daoine. Chunnaic mise là ann an Sollas," thubhairt brathair mo sheanair, "agus tha mi an dòchas nach faicear a leithid ann gu siorruidh tuilleadh. Bha mach á coig ceud duine ann an Sollas agus roghnaich an t-uachdaran an tuath fhuadach. Chaidh a' bhàirlinn a chur orra ann an toiseach an t-Samhraidh. Thàinig an Siorram le feachd mór de luchd cuideachaidh á Inbhir-Nis agus an

latha a ràinig na daoine sin b'e sin là a' chruaidh fhortain. Thòisich iad air rùsgadh an tubha thar nan tighean agus air tilgeadh am beagan airneis a bh'annta a mach air an dorus. Bithidh mi moladh ri'm bheò cho sgairteil is bha aon de na mnàthan. Ghuidh i air an t-siorram an tubha fhàgal air a' cheann de'n tigh anns an robh a' bheirt fhighidh aice. Cha d'éisd esan ri h-athchuinge, ach mur a do dh'éisd, bha cualach mór de bhata aice, 'na làimh, agus dh'fhiach i deagh sgailc dheth air an oifigeach a b'fhaisge oirre. Chuir so cas bhacaidh orra. 'Nuair a chunnaic muinntir Shollais so cha b'urrainn iad cumal orra fhéin na b'fhaide. Thòisich am batail. Fhuair muinntir a' bhaile làmh an uachdair. Ghabh am bàillidh agus an Siorram comhairle le chéile, agus shuidhich iad gu'm faodadh na daoine dol air ais do na tighean. Agus oh! mo chlann, b'e sin na tighean. Cha robh air fhàgail de'n chuid mhór dhiubh ach na ballachan. Rinn iad a' chuid a b'fheàrr de'n chùis bhochd a bha ann. Bha cuid de na fir air an toirt gu cùirt ann an Inbhir-Nis. Dhìteadh iad, agus bha iad air an cur am prìosan. B'e sud latha cho oillteil 's a chunnaic sinne riamh ann an Uidhist. Ged a fhuair cuid dhiubh air ais do'n dachaidhean aig an ám is duilich leam a radh gu'n robh iad air am fuadach 'san ath Earrach. Chan 'eil fios agaibh 'illean, òga, gu bheil sibh beò an diugh.'' Sin matà, a chairdean, sgeul Aonghais brathair mo sheanair air laithean òige.

Bha aon là sònruichte air am biodh fadail air na bodaich gus an tigeadh e. B'e sin latha na féille. Bha cead nan cailleach aca gu bhi a' deanamh blasad beag air na gloinneachan làn. Air an latha mhór so bha móran reic is ceannach 'ga dheanamh agus cha bhiodh bargain air a socrachadh no air a suidheachadh gu'n deur beag de

shùgh an eòrna. B'ann aig Cnoc na Féille ann an Loch nam Madadh a bha an fhéill 'ga cumail, is bhiodh sluagh mór cruinn ás gach cearn; h-Earraich is Leodhasaich, Muilich is Collaich, Sgitheanaich, is Tirisdich, Goill is Sasunnaich. Anns an ám sin bha Uidhist ainmeal air son an seòrs' eich a bhàtar a' togail ann agus bhitheadh daoine tighinn as gach ceàrn a cheannach nan each. Na'm b'urrainn Cnoc na Féille bruidhinn 's iomadh sgeul a bhiodh ri innseadh. Bha e air a roinn air bailtean Uidhist, àite air leth aig gach baile. Bhiodh na dròbhairean a' dol air feadh na spréidhe agus ag ceannach mar a chòrdadh iad fhéin agus na bodaich. Bu teann na h-argumaidean is an crathadh cinn a bhiodh a' dol air aghaidh. Mar a dh'fhaodas sibh a thuigsinn bhiodh na Goill a' feuchainn ris a char a thoirt ás na bodaich, ach is iad fhéin nach ruigeadh a leas. Bha na bodaich agus na cailleachan a' suidheachadh prìs a bheothaich mu'm fàgadh iad an tigh. Chaidh Dòmhnull MacRuaraidh gu féill le làir ghrinn, sgiobalta agus e a' smaoineachadh nam faigheadh e ochd nota deug orra gu'n deanadh e math gu leòir. Cha do thar e an fhéill a ruigheachd 'nuair a thàinig bodach Gallda far an robh e agus dh'fheòraich e do Dhomhnull ciod a bha e ag iarraidh air an làir. Dh'innis Domhnull a phrìs dha agus thionndaidh an Gall agus thubhairt e, "Se mo chuid i." "Dà," arsa Domhnull, "chan i, ach mo chuid fhéin." Thuig Domhnull gu'm b'fhiach an làir barrachd air ochd punnd deug Sasunnach agus mu'n deach an latha seachad fhuair mo laochan mach á fichead punnd Sasunnach air an làir. Dh'fheòraich am fear a cheannaich i dheth, "A bheil thu cinnteach nach dean sìol coire orra?" "Ma tà," arsa Domhnull, "is e an gearan bu mhotha a bh'aice fhad 's a bha i agam-sa cho beag dheth 's a bha i faotainn."

B'e latha na féille latha nam bodach gu dearbh. Bha iad ag coinneachadh ás gach àite, agus ag cur eòlais as ùr air càch a chéile. Tha iomadh bliadhna bho nach robh féill ann an Loch nam Madadh agus air m'fhacal dhuibh cha robh na bodaich idir toilichte 'nuair a thòisich an dòigh ùr air reic is ceannach. Cha robh e cho taitneach ris an t-seann dòigh a bha cho càirdeil.

Chuala mi na bodaich ag innseadh dhuinn mu'n *Inflexible*, bàta mór a chaidh a bhriseadh aig Heisgeir. Bha ìm agus càise, feòl agus min innte, agus cha mhór teaghlach a bh'ann an Uidhist aig an ám sin nach d'fhuair cuid de'n bhiadh mhath sin. Beagan bhliadhnachan an déigh an *Inflexible*, chaidh long mhór eile, a mhilleadh faisg air an aon àite. Ma thug an *Inflexible* biadh dhoibh thug i so deoch dhoibh. Bha cladach an iar Uidhist cha mhór comhdaichte le bocsaichean agus togsaidean de'n stuth a b'fheàrr, eadar Mac na Braiche agus fion. Cha robh aig muinntir an àite ach iad fhéin a chuideachadh. Chualas fathunn gu'n robh na gàidsearan a' tighinn. Chuir so na fir 'nan cabhaig. Thòisich iad air na fhuair iad a chur am falach, ged nach robh fhios gu ro mhath c'àit' an cuireadh iad e. Bha cuid dheth air a thiodhlacadh, cuid eile air a chur anns na saibhlean, agus bha e air aithris os iosal gu'n deach togsaidean a chur a mach air loch an Athain, agus thàtar ag radh gu'm bheil iad an sin fhathast. Chaidh iad fodha 'san lathaich. Bha Iain MacCùthais ag innseadh dhomh-sa mar a rinn esan. Thog e an t-ùrlar fiodha a bha 's an t-seòmar, chladhaich e sios cho fad 's a dh'fhaodadh e, lìon e an slochd cho làn is a ghabhadh e, agus chuir e an t-ùrlar air ais mar a bha e roimhe. Ràinig na gàidsearan, rannsaich iad gu teann gach bàthaich is sabhall, gach cùil agus seòmar a bha 'san tigh, agus ged a rannsaich

cha robh aca ach saothair an diomhain. Dh'fhalbh iad mar a thàinig iad. Fad iomadh là an déidh sin bha Iain còir comasach air fàilte a chur air a chairdean agus rud beag a thoirt doibh mar a bu dual is a bu mhath leis.

Ann an Uidhist, tha e air aithris gu'm bheil móran ullaidhean air an tìodhlacadh anns na monaidhean agus na machraichean. Bha Deòrsa Beveridge ag cladhach agus ag cnuasachd ach gidheadh chan fhiosrach mi gu'n d'fhuair e aon dhiubh. Neach a b'fhaisge a chaidh air ullaidh an Dùn-bhàin fhaotainn 's e boirionnach a bha fuireach air cladach Chircibost. Bha e riamh air aithris mu'n ullaidh so na'n tigeadh duine ás àite sònruichte mu na cladaichean anns am faighteadh fo'n ùir sraidhleam còmhlaich nach bitheadh an ullaidh fad air falbh. Na'm faigheadh tu a' chòmhlach dh'fheumadh tu cumail air cladhach. Fhuair a' bhean so a' chòmhlach ach a réir beul-aithris, ghabh i an t-eagal, air neo thàinig dorchadas na h-oidhche oirre. Co-dhiubh, cha deach i fad air aghaidh 'nuair a ruith i dhachaidh. Chaidh i air a h-ais a rithis ach tha an ullaidh air an Dùn-Bhàn fhathast. Chuala mi fhéin Gilleasbuig Mac 'Illeathain ag innseadh gu'm faca e ann an aisling an ullaidh a tha tiodhlaichte faisg air tigh sgoil Thigh a' Gheàrraidh. Tha òr, airgiod agus clachan luachmhor ann. Bha an rathad a dh'ionnsuidh na h-ullaidh air a shealltuinn dha, agus an dòigh anns am faigheadh e i. Cha deach e riamh 'na còir, agus cha mhotha a dh'innis e do neach riamh far a bheil i. Bha e de'n bheachd nach robh ann ach cuilbheirt a bha aig an droch spiorad air son a mhilleadh.

Ann an laithean m'òige bhiodh na seann daoine ag cainnt is ag aithris sgeulachdan air Iain MacCodrum, am bàrd Uidhisteach. Bha cuid de na daoine còire sin air bheag fòghluim seach mar a tha sinne an diugh, ach

b'fhiosrach iad am measg nam bàrd. Chuala mise mi fhéin seann daoine ag aithris earrannan móra fada de bhàrdachd do chàch a chéile ann an dòigh a bha fìor thaitneach, agus a bha a' leigeil ris cho mìon-eòlach agus fiosrach is a bha iad ann an litreachas an daoine. Bu gheur sgaiteach am bàrd MacCodrum 'nuair a bhuaileadh air. Faodaidh gu'n cuala sibh mar a thubhairt e mu'n aoidheachd a fhuair e an tigh coimhearsnaich. Thugadh dha cuach anns nach robh ach fìor bheagan bainne. Cha robh e idir buidheach do bhean an tighe a bhi cho splòcach. Thuit cuileag anns a' chuaich agus is ann mar so a leig am bàrd aithnichte dhith gu'm faodadh i bhi 'na b'fhialaidhe mu'n bhainne.

"A," ars' esan, "a chreutair leibidich a dhol 'g a d' bhàthadh fhéin far am faodadh tu grunnachadh."

Sgeul eile a bha air innseadh air. An ám a bhi a' tiormachadh Loch Asdainn bha a' mhór chuid de mhuinntir an àite ag cuideachadh leis an obair. Cha do chuir MacCodrum móran dragh air fhéin a dhol 'nan còir gus an t-ám 'sam biodh na fir a' faighinn rud-eigin a chumadh an cridhe riutha. Air dha tighinn far an robh an obair 'ga deanamh thugadh dhà beagan de na bha a' dol, agus bha e air a radh ris gu'm b'e sin gloine de "bhùrn Loch Asdainn." Ann a bhi ag gabhail ris na thugadh dha mhothaich am bàrd am fàileadh. Thuig e sin ciod an stuth a bh'aige, agus so agaibh a bhriathran:

> **" Gu'm beannaicheadh Dia bùrn Loch Asdainn,**
> **Ge math fhàileadh is feàrr a bhlas,**
> **'S ma tha e mar so gu léir,**
> **'S mór am beud a leigeil as."**

Feumaidh sinn a nis, tha eagal orm, a bhi a' fàgail oidhche mhath aig na bodaich Uidhisteach, agus tha mi'n dòchas gu'm bi e comasach dhuinn a bhi comhla riutha oidhche air choir-eigin eile.

MUILE.

Le Niall Mac 'Ille Mhoire.

'Nuair a fhuair mi an cuireadh tighinn a labhairt ruibh an nochd, agus a chunnaic mi an cuspair a chaidh a chur mu'm choinneimh chuir e beagan iomcheist orm. "Am Measg nam Bodach!" thubhairt mi rium féin, "cha robh leithid de ni againn ann am Muile ri bodaich, agus mo làmh-sa dhuibh-se gu'm faighinn mo chàineadh am measg mo cho-eileanaich mur cuirinn so an céill dhuibh anns a' cheud dol a mach. Is fhada o'n chuala mi 'nam measg, an seanfhacal "theid dùthchas an aghaidh nan creag," agus so aon ni a lean riutha o na gineil a dh'fhalbh, oir an diugh fathast tha feadhainn ann a thogas colg orra ma chluinneas iad iomradh air aois, agus gu seachd sònruichte ma dh'innseas sibh dhoibh gu bheil iad air fàs 'nam bodaich.

Ach chan 'eil an ùine ach goirid, 's leis a sin teannaibh a stigh agus feuchaidh mi ri innseadh dhuibh beagan de na chuala mi am measg seann daoine an eilein 's an d'fhuair mi m'àrach. Bha móran de na seann chleachd-aidhean air dol a dhìth roimh 'n là agam-sa ach chuala mi cuid mhath de na nithean a bhiodh ag gabhail aire nan seann daoine an ám dhoibh a bhi air chéilidh no a' seanachas ri chéile.

Anns a' cheud dol a mach, an tig sibh air chéilidh leam air Iain Eachainn. Tha gach nì tuibhte sìomanaichte aig Iain agus deagh chruach mhòna aige aig ceann an tighe, 's chan ni so a bu chòir dhuinn a dhi-chuimhneachadh oir tha fiughar againn garadh no dhà fhaotainn aig gealbhan Iain chòir mu'm bi an geamhradh seachad. Tha an teine air ùr bheòthachadh air leac an teintein, is lasagan

beaga 'nan teanganan caola ag éiridh suas eadar gach fòid a th'air an cur gu cùramach 'nan seasamh, agus tha an gealbhan suilbheara ag cur deagh shunnd air a' chuideachd gu léir.

Mar a bha an cleachdadh air feadh na Gàidhealtachd gu h-iomlan bha, agus tha, flor riaghailt na céilidh air a gleidheadh againne am Muile. "A cheud òran air fear an tighe, 's gu làtha air na h-aoidhean." Is ann car mar so a thòisicheadh Iain còir. "Eisdibh, a chlann, bho'n nach fhiach cuirm gun a còmhradh 's fhiach naidheachd mhath a h-innseadh dà uair. Nach fhada o'n chuala sibh fear de na h-òrain aig Eachunn Bacach. Bithidh fios agaibh, tha mi cinnteach gur ann de Chlann 'Illeathain an Rois, no Sliochd a' Chlaidheimh Iaruinn a bha Eachunn. Bha e 'na dhuin' òg sgairteil 'nuair a bha Sir Eachunn ag cur an uidheim gu dol a mach an aghaidh an truaill Shasunnaich Cromwell. Shuidhich an ceann cinnidh gun cruinnicheadh na treun-fhir a bha ri falbh leis air Faolann a' Chnuic agus b'e Eachunn aon de cheithir mic dheug a thug am mathair thar Màm Chlachaig gu a Ceann-cinnidh. 'Nuair a ràinig i far an robh e, b'e cheud fhàilte a chuir e oirre, "C'àit an d'fhàg thu Niall Buidhe?"

"Chan fhaod e bhi nach fhàg sibh Niall Buidhe agam féin," ars' ise.

"Umh, thoir leat dhachaidh an còrr ach cuir Niall Buidhe g'am ionnsuidh-sa."

Thill ise dhachaidh, mar a thàinig i, thar a' Mhàim, agus 's e a thachair gu'n d'fhalbh Niall Buidhe còmhla ri càch — Fear eil' air son Eachuinn. Cha do thill dhachaidh de'n teaghlach so á Blàr fuilteach Ionbhar Chéitein ach Eachunn Bacach 'na aonar 's e air a dhochunn gu mór, agus is esan a rinn an t-òran a tha

ag innseadh mu'n Bhlàr so agus mar a theich na reiseamaidean eile:—

'S a dh'fhàg iad an deagh Mhac 'Illeathain,
Ag cur a' chatha 'na aonar.

is mar an ceudna:—

Ged dh'fhàg mi mo bhràithrean,
Anns an àraich 'gan casgairt,
Chan e sud tha mi 'g àireamh,
Ach sàr Mhac Shir Eachuinn
A bhi 'n làimh aig luchd Beurla
Is nach fhaod e dol as òrr'.

agus mar sin air aghaidh.

Sin agaibh a nis an cleachdadh a bh'aca 'nuair a theannadh iad ri òran. Rachadh innseadh an toiseach carson a chaidh an t-òran a dheanamh. Chan ann mar a chluinneas sinn aig na cuirmean an diugh, trì ceathramhnan ma dh'fhaoidte, a bha aig na seann daoine còire—ach an t-òran o cheann gu ceann agus na h-uile ceathramh air a ghabhail dà uair gun leabhar gun chuideachadh. "Falbh! Falbh! coma leam na 'tractaichean'," mar chuala mi deagh charaid, Calum Alasdair, ag ràdh 'nuair a thòisich na leabhraichean òran air fàs cumanta. Ghabhadh e féin òran an déidh òrain de'n t-seann fheadhainn chearta, ach 'nuair a theannadh e ri "thoir a nall dhuinn am botull" aig Ailein Dall chuireadh e loinn air ann an dòigh tha mi'n dùil nach cluinn mis air a chur air am feasda tuille.

Anns na seann laithean 's gann a thachradh ni cliuiteach sam bith nach rachadh òran a dheanamh g'a chumail air chuimhne, agus tha'n t-òran a rinneadh do theaghlach Pheighinn-na-crois de'n t-seòrsa so. Thog na triùr bhraithrean, Iain is Ailein is Tearlach orra do'n arm an ám cogadh na Frainge. Cha robh Tearlach ach

sia bliadhn' deug 's an ám, ach 'na thrì bliadhna fichead bha'n gaisgeach so 'na Chòirneal air Reiseamaid Eniskilling, reiseamaid each cho ainmeil 's a bha 's an arm Bhreatunnach, agus bha e air an ceann aig Blàr *Waterloo.*

Moire! 's iad mo ghaol na bràithrean,
Iain is Ailein is Tearlach,
Righ! gun dion Thu iad o'n nàmhaid,
'Nám dol sios do bhlàr na fala.

Agus fad 's tha mi aige feumaidh mi ainmeachadh aon ni nach bu chòir do mhac Muilich sam bith a dhi-chuimhneachadh. Nach tric a chualas aig céilidh am measg muinntir Dhùthaich Shil Eachainn an sgeul mu theaghlach Scallasdail mar a choisinn iad urram dhoibh féin agus cliù do'n Eilean a dh'àraich iad ann an cogadh na Frainge. Nach iomadh uair a dh'innis iad le moit mar a thug Righ Deòrsa 'nuair a bha e air chuairt ann an Dun-Eideann, am bonn suaicheantais d'am màthair, Nighean Mhic Guaire Ulbha, air an robh sgriobhta, "Mathair Nan Gaisgeach" agus ars na seann daoine an ám a bhi ag innseadh mu'n ghnothach, "cha deachaidh a leithid a chosnadh riamh roimhe no na dhéidh."

Tha cleachdadh eile a bh'aig mo luchd dùthcha a dh'fheumas mi chumail air m'aire chionn cha rachadh a leigeil air di-chuimhn' aig na seann daoine, gu sònruichte leithid oidhche deireadh bhuana no Nollaig, Calluinn no Bliadhn' Ur agus b'e sin "Drama do Fhear na saothaireach." Chuireadh so a h-uile neach a bha stigh gu òrain, no gu sgeulachdan, oir mur gabhadh iad an t-saothair chan fhaigheadh iad an dram. Agus an sin na'n gabhadh neach òran barraichte, b'e àrd urram na cuideachd dha mar a theireadh iad féin, "Mart de chrodh a Mheinneirich" a ghuidhe dha " 's gun aige féin ach an gamhainn."

Oidhche bha sud bha cuideachd cruinn ann an Dearbhaig agus 'nam measg bha Aonghas Peutann, bàrd cho math 'sa dh'àraich Muile riamh. Anns an dol seachad, faodaidh mi radh gu'n d'rinn e òran do Oighre Cholla, Alasdair Og, anns a' bhliadhna 1827 cho math 's a rinn bàrd riamh. Bha neach-eigin a leughadh còmhradh á "Cuairtear nan Gleann" agus thàinig e thun nam facal "Fiath nan eun." Bha Aonghas de'n bharail gu'm b'e Mgr. Niall Mac'Illeathain a bha 'na mhinisteir ann an Tiriodh a bha sgrìobhadh mu na mucan mara 'sa chòmhradh. "Ud, ud," ars' esan, "g'e math Mgr. Niall tha e ceàrr an sud. Chan e sin tha 'fiath nan eun' ag ciallachadh idir. 'S ann a tha'n sin ám sònruichte de'n bhliadhna 'nuair nach cluinnte eun 's an ealtainn ag goirsinn. Ged thigeadh tu air a chorra-ghridheach fhéin gu'n fhios dhi 's a' chladach leumaidh i air falbh gun uiread agus sgriach. 'S e so an t-ám eadar Samhuinn is Féill Mhàrtuinn dìreach an t-ám so de'n bhliadhna eadar an 11mh là agus an 22mh là de'n mhios so."

B'e sin barail Aonghas Peutan mu 'Fiath nan Eun' agus ma tha duine 'san éisdeachd a chuala so no brìgh eile aig na facail sin bu mhath a chluinntinn co-dhiubh bha Aonghas ceart no ceàrr 'na bheachd.

Ach chan 'eil math dhomh a nis gun beagan iomraidh a dheanamh air seòrs' eile de sgeulachdan a bhiodh aig na seann daoine. Bha feadhainn ann nach deanadh nì eile aig a' chéilidh ach a bruidhinn air taibhsearachd is saobh-chreideamh, bho ghnothuichean cho uamhasach oillteil ris an taghairm a rinn Lachuinn Odhar is Ailein MacEachainn gu ruige na Doideagan Muileach is Eoghan a' Chinn Bhig, agus faoineasan beag eile nach fhiach an ainmeachadh. Bha mi aon oidhche air chéilidh agus cha deanadh nì feum leis a' chuideachd ach gu'n innseadh

Iain Eachainn dhuinn mu'n Taghairm. Thòisich e agus 's ann aige féin a bha 'n gnothuch ris. Tha an sgeul uamhasach a' tighinn o bheul neach sam bith ach le Iain 'ga h-innseadh, cha mhór nach robh sinn a' toirt oirnn féin a chreidsinn gu'n robh na h-uile nì mu choinneimh ar sùilean. Bho nach ceadaich an ùine dhomh briathran Iain a dhlùth leantainn, agus a chur mo sgeoil an giorrad, foghnaidh e radh gu'n d'rinn an dà ghaisgeach Leathanach Lachuinn Odhar, agus Ailein MacEachainn — an Taghairm ann an sabhall mór Pheighinn a' Ghobhainn. Bha iad ag ìobradh chat. B'e Lachuinn Odhar a b'àrd fhear riaghlaidh agus b'e 'n t-òrdugh a thug e do Ailein, "Ge b'e air bith a chì no chluinneas tu, Ailein, cum ris an obair." Bha so ri dol air aghaidh, gus am foillsicheadh am Fear a bu Mhiosa e féin agus an sin bha na seoid ag creidsinn gu'm faigheadh iad dà nì sam bith a dh'iarradh iad. Lean iad orra gus an do thòisich na droch spioraid air cruinneachadh, agus iad ag gabhail an àiteanan air sparran an t-sabhaill gus mu dheireadh an d'thàinig Cluas-Mhór e féin a stigh. B'e so an t-ám. Gu grad chuir Lachuinn Odhar f'a chomhair na bha dhìth air, is b'e sin, "Cuid agus Clann." Dh'iarr an curaidh eile "Cuid agus saoghal fada 'na cheann," agus tha beul-aithris ag innseadh dhuinn gu'n d'fhuair iad mar a dh'iarr. Sin mar a tha an sgeul aig na seann daoine am Muile gus an latha diugh.

Ach tha nì eile cho dlùth ceangailte ris an sgeul so air an oidhche ud 's nach urrainn mi gun innseadh comhla rithe. Tilleamaid gu taobh a' ghealbhain aig Iain an rithist. Bha na gillean òga a bha stigh 's iad 'g an sticeadh féin ni bu dlùithe 's ni bu dlùithe do chàch a chéile mar a bha Iain cho riochdail ag cur an deilbh fo ar comhair. Bha fear de na bha cruinn anabarrach

gealtach, agus b'ann d'a dheoin a bha Iain an oidhche so a' tarruing an deilbh ni b'uamhasaiche na chleachd e, oir bha an gnothach air a shocrachadh roimh' n ám. Thàinig e dh'ionnsuidh nam briathran "Mu dheireadh thàinig Cluas Mhór féin a stigh." Bha sinn uile gu balbh tosdach, is a' faicinn gach ni cho soilleir 'nar sùilean agus an sin chualas sgiamh chat. Cha robh an còrr mu dheidhinn, shaoil leis an fhear eile gu'n robh Cluas Mhór fhéin air teachd da-rìreadh, agus le aon chruinn leum bha e ann an teas meadhoin an teine. Chuala e triutan gàire am measg nam balach. Thuig e an sin a' chuilbheart a chaidh a chluich air, agus mo làmh-sa dhuibh-se ma bha am pronnusg dlùth air Lachuinn Odhar is Ailein MacEachainn nach robh tigh Iain chòir saor is am fàileadh aige gu ceann iomadh là an déidh sin.

Nì eile a bu mhath leam a chur f'ar comhair, agus 's e sin cho deas-bhriatharach is a bha na seann daoine agus mar chuireadh iad facail an eagamh a chéile cha mhór air mhodh gnath-fhocail. Bha seann duine ag còmhnuidh dlùth air baile Dhearbhaig a bha anabarrach math air a' ghunna an tùs a làithean. Bha e latha bha sud ag innseadh do'n mhinisteir mar rinn sgiorram de bhalach tàir air a chuimse 's an dol seachad, "Ach, a Mhaighstir Iain," ars' esan, "na'n robh mise mar b'abhaist chuir mi e dhachaidh 's an fhianuis 'na chois."

Bha aon nì a thachair anns an leth-iochdaraich a bha cho ùr ann an seanachas nan seann daoine, ceud bliadhna an déidh dha tachairt 's a bha e 'n latha thachair e agus b'e sin, bàthadh Dhomhnuill Cholla ann an Caolas Ulbha air latha na Sàbaid, an 25mh latha de mhios meadhonach an fhoghair, 1775. B'e Dòmhnull so Oighre Cholla air am bheil an t-Ollamh MacIain a' toirt iomraidh cho cliuiteach agus a bh'air a mheas cho mór

ann am measg a luchd dùthcha fhéin 's gur gann nach mùchadh iad an guth an uair a bhiodh iad a' bruidhinn mu dhéidhinn dlùth air ceud bliadhna an déidh a bhàis. B'ann mar so a thachair a réir mar a dh'innseadh dhomh-sa. Dh'fhàg e fhéin, Mac'Illeathain Loch Buidhe, agus fear no dhà eile tigh na h-Earraidh dlùth air Tobar Mhoire, agus iad a' deanamh air Innis Choinnich far an robh Sir Ailein Mac'Illeathain ag còmhnuidh. Ach mo chreach cha d'ràinig e riamh a cheann-uidhe. Air an rathad a dol thar a' mhonaidh, thadhail e air Eachunn Moireasdan a bha 'na mhaor aige air oighreachd Chuimhneis ann an Acha nan Sabhall, agus dh'innis e dha cho mi-thoilichte 's a bha e le Lochbuidhe a chionn gu'n robh e losgadh 's a' marbhadh eun air an turus. Co-dhiubh, lean iad rompa do'n Lagan, agus thadhail iad air Gilleasbuig an Lagain, bràthair Fear Thorloisgte. Cha bu luaithe bha iad a stigh na fhuair Lochbuidhe fàth air iarraidh air fear an tighe feadhainn de na cearcan-fraoich a mharbh e air an t-slighe a dheasachadh air son tràth mheadhoin là, agus an cur mu choinneimh Dhòmhnuill Cholla, air a' bhòrd, air son an roinn. Shuidh iad gu'm biadh agus chaidh na h-eòin a chur mar dh'iarradh. 'Nuair a thug an t-oighre fa-near gu dé a thachair grad thilg e iad ann an toll na luatha is greim cha ghabhadh e. Thog iad orra an sin a chum an t-aiseag a ghabhail. Mo chreach, cha robh am bàta ach beagan astair a mach o thìr 'nuair a chuir i car dhìth, agus chaidh Dòmhnull Cholla 's a ghille agus sianar eile a bhàthadh. Fhuaradh e, an aon fhear air an robh làrach—is bha gearradh air aodann. Ghabh Eachunn Moireasdan cùram dheth, shuain e 'na chleoc' e, agus thug e do Cholla e. Mar a dh'fhaodas sibh a thuigsinn cha robh gaol mór sam bith eadar Loch Buidhe agus

Dòmhnull Cholla oir bha iad le chéile an tòir air nighinn Sir Ailein agus tha e air aithris gu'm b'fheàrr leatha Dòmhnull. Mu'n d'thug iad e á Caol Ulbha thàinig i ás an Innis agus dh'iarr i an t-uaireadair aige. Dh'fhosgail i i, thug i mìr beag de phaipear aisde, agus bha daoine an déidh so de'n bharail gur e còrdadh bha eadar i fhéin agus Oighre Cholla a bh'ann.

Tha e glé choltach gur e so a bu bhun-stéidh do'n bhàrdachd a thug cuspair do'n Bhàrd Tomas Caimbeul 'nuair a sgrìobh e "Lord Ullin's Daughter" mar a bha na seann daoine ag innseadh dhomh. Bha piuthar Tighearna nan Ard 'na ban-tuathanach ann an Sunipol agus teaghlach bràthar a' fuireach leatha is bha am bàrd a' teagasg sgoil doibh. B'e Alasdair Mac'Illeathain a mhuinntir Cholla a bh'aice air ceann a' bhaile agus thaobh cho drùiteach 's a bha am bàthadh air inntinnean an t-sluaigh is cinnteach mi gu'm biodh e tric ag innseadh mar a thachair do'n bhàrd.

Sin a nis beagan de na chuala mise am measg mo sheann chàirdean air ám dol air chéilidh orra agus is iomadh Céilidh ghasda bha againn.

Oidhche mhath leibh.

TIRIODH.

Leis an Urr. EACHUNN CAMSHRON.

Bithidh a muigh 's a stigh mu chóig agus cóig fichead bliadhna bho'n a ghabh do sheanair agus do sheanmhair ann an ceann tighe is teaghlaich. Agus mar a thubhairt am mac a b'òige, "Mac Eachuinn" mar is bitheanta a theirte ris, " 'S e do sheanair a rinn gach cuach is cuinneag, gach crannachan is cliabh, gach measair is stòl, gach farmail agus ballan a bhuineadh do'n tigh so. Agus 's i do sheanmhair a chìr 's a chàrd, 's a shnìomh 's a dh'fhigh snàthain, lìn is ollainn a chaidh air drùim 's air cois gach creubh fo na cabair dhubha so. A thuilleadh air sin uile, bha obair eile aca a mach 's a stigh, a dh'fheum iad a bhi 'na ceann. Agus cha b'urrainn iad a bhi fada 'nan tàmh."

Thug na briathran fàth smaointinn dhomh. Dh'fhiosraich mi de na bodaich mu chor na Tìr Iosail 's an ám ud.

"Tha cuimhne agam-sa mi fhéin," thubhairt an Tuairnear ('s tha esan ochd agus ceithir fichead seachad), "air suidheachadh an tighe a b'fhaisge dhuinn, cho math 's ged a b'ann an dé e. Ann an ceann-an-teine, bha bòrd tàilleireachd air an taobh shear far an robh aon de na gillean le a shiosar 's le a shnàthaid a' deasachadh eididh nam feara. Bha uinneag aig 'uilinn ach cha robh gloine no craiceann innte: ach bha còmhla bheag fhiodha oirre le éill leis an gabhadh i dùnadh is fosgladh a réir na h-àirde o'n séideadh a' ghaoth. Bha coirean eile an taobh an iar, agus ceannag chònnlaich làmh ris, gus a chur ann no ás a fhreagairt do'n t-séideadh. Bha an teine ann am meadhon an ùrlair, ròpa bho'n spar os a

chionn le slabhraidh agus cromag oirre air a cheann iochdrach air an crochte poit no greideal mar a bha feum orra, agus toll gu h-àrd a leigeadh a mach na toite Bha aon de nigheanan an tighe agus fead is breab aice air beairt-fhighe, 's an t-seòmar mheadhoin, agus uinneag anns an robh dà lòsan bheag ghloine aig a h-uilinn-se. Bha bràthair eile dhi 'na shuidhe 's a' cheann-shios ag griasachd. Mar sin, tuigidh sibh far an robh triùir luchd-ceaird 's an aon tigh, nach b'e sin tigh a bu mhiosa cor 's an dùthaich. Bha cuid de na mnàthan a bha sònruichte air deanamh snàth fuaghail, lìn is ollainn, air son nan tàillearan, agus b'e na goibhnean a bha 'm feum nan snàthad a dheanamh.''

''Nach innis mise a nis,'' thubhairt Dòmhnull Iain, ''sgeul is fhaide air ais na sin? Is ann air Goirtean Dòmhnuill a bha bàillidhean na dùthcha a' fuireach mu'n do thogadh as ùr Tigh-an-Eilein. Bha sin mar a tha a' chlach a th'anns a' bhalla ag innseadh anns a' bhliadhna 1748 (seachd ceud deug, dà fhichead 's a h-ochd). Aig ám mo sgeoil bha muinntir na dùthcha la mòrlanachd a' lionadh suas a' chaoil a bha eadar an tigh is tìr. 'Nam measg bha duine bochd a bha'm feum coingheal eich fhaotainn bho choimhearsnach, agus 'nuair a thàinig am feasgar agus, ar leis, ám gu dol dhachaidh, bha e a' deanamh mu réir gu falbh. Ach chunnaic am Bàillidh e, agus dh'òrduich e dha luchd eile a tharruing mu'n tionndadh e aghaidh air a thigh. Chan fhaigheadh an duine bochd éisdeachd facail, agus o'n a bha fios aige mur deanadh e toil a' Bhàillidh nach biodh ann dha ach a' bhàirlinn, cha robh dha ach géill a thoirt: ach anns an fhalbh thubhairt e, 'Cha chuir thusa seachad oidhche fo sparran Tigh an Eilein 's tu ann an céilidh 'n t-saoghail so.' A nis b'e so an ceart nì a bha inntinn a' Bhàillidh

suidhichte air, gu' m b'e fhéin an ceud fhear a ghabhadh còmhnuidh 's an tigh ùr; agus ma bha a chridhe an geall air roimhe, bha a chridhe agus inntinn suidhichte air a nis.

Coma co-dhiubh, mu'n robh an tigh crìochnaichte, dé ach gu'n do dh'fhàs am bàillidh tinn, agus an àite dol na b'fheàrr, 's ann a dh'fhàs e na bu mhiosa. Bha'n tigh crìochnaichte, ach cha robh esan comasach air a mhath a ghabhail. Bha e cho danarra is cho dian air gu'n luidheadh e ann mu'm fàgadh e an saoghal, is gu'n d'thug e air ceathrar sheirbhiseach a ghiùlan air plaide bho Ghoirtein-Dòmhnuill gu ruig Tigh-an-Eilein, ach dìreach air an starsnaich, dh'fhàg an anail e. Sin agaibh a nis, agus ma's breug uam e, is breug thugam e."

"Nach mairg," thubhairt MacIain Ruaidh, "a theireadh a shàr-fhacal. Bho'n a bha sibh air fad a' bruidhinn air seann nithean, agus cor is cleachdaidhean nan seann daoine, tha cuimhne agam-sa gu sònruichte air iad a bhi ag innseadh 's mi ann am bhalach, mu phiuthar do Niall Mac Iain a bha 's a' Chlachan Mhór—'s tha sin bho chionn sia fichead bliadhna: bha an còrr de'n teaghlach a' buain mòna (no 'ga gréidheadh) air cùl Cnoc Bheiceapuil, mu dheas air Loch a' Chlàir, no Loch Stanail, mar theirte ris bho chionn fhada—bha mòine cheart 'ga buain ann an Tiriodh fhéin an uair ud—a' fàgail an tighe do'n chomunn 's a' mhaduinn dh'fhàgadh òrdugh aig am piuthair a dhol thuca le'n dinneir an déidh mheadhon-latha. A thaobh an ám de'n bhliadhna bha buntàta is min a' Gheamhraidh air teirgsinn, agus bha bàrr na bliadhna gun bhi buileach abaich. Co ás, matà, a gheibhte dinneir do luchd-buain na mòna? Cho luath is a bha an nighean réidh de dh'obair an tighe gun mhoille gun teagamh ghabh i mach agus spìon i na

bha dhìth oirre de'n arbhar eòrna. Dhàth i 'm bàrr aige os cionn na griosaich. An sin fhrois i an gràin dheth: chàth i e 's a' ghaoith: mheil i e le bràth, chriathair i a' mhin, agus dh'fhuinn i i, agus thog i oirre do'n bhlàr-mhona. Bha i aig cùl Cnoc Bheiceapuil le biadh na cuideachd aig ám dinneireach—trì mìle bho'n tigh. Fichead bliadhna as a dhéidh so (no dh'fhaoidte còrr), theirig a' mhòine buileach ann an Tiriodh. Cha robh ach dol do Cholla is do'n Ros Mhuileach a' bhuain 's a dheasachadh na mòna. 'S cha b'e sin an connadh saor. Ann am meadhon an t-samhraidh bha iad a' falbh, fir is mnàthan is eich, ann an sgoithean fosgailte. Bhiodh iad ann an sin fad shia no sheachd de sheachdainnean air bheag dòigh, agus air bheag fasgaidh gu tric. Mar a bha ròlaisteach de fhear-dùthcha dhuinn 'g a chur, cas ma sheach, "Seachd seachdainnean foghair air ùrlar sabhail, aig itheadh na gealaich le solus na cabhraich."

Bha an ath ùpraid agus imrich ann an tarruing dhachaidh na mòna as na sgoithean anns na puirt Thirisdeach le eich is cléibh.

'S ann 's an ám so a chuir na Tirisdich eòlas air Niall na Buaile ann an Colla. Bha a' Bhuaile Bheag aig Niall saor ás a' ghrunnd—ach 's e sgeul eile a tha sin—cha robh anns a' Bhuaile ach àite beag suarach gu leòir, agus cha robh Niall agus Catriona a phìuthar a' tighinn beò air 'fion is feadagan'. Ach bha pailteas de dheagh mhòine r'a faotainn 's a Bhuaile-Bhig agus port freagarrach 'ga luchdachadh faisg air làimh. Bha roinn nam blàr toirbheartach do Niall agus cothromach do na Tirisdich; agus mar sin d'am barrachd eòlais. Lean malairt is iomairt na mòna fad nam bliadhnachan, ach bha an connadh cho daor 's cho saoithreachail 's nan gabhadh an t-atharrachadh faotainn, gu'm b'e fhaotainn

a b'fheàrr. Cha robh Samhraichean na Buaile ach gu math neo-fhoisneachail, ma chreideas sinn mar a thubhairt Dòmhnull nan Cliabh, 'gu'm fac e deargann air dùnan Nèill na Buaile agus ceann cnòdain aice 'na bial.'

Co-dhiubh, ni an éigin iom-fhuasgladh. Bithidh mu dheich is ceithir fichead bliadhna bho'n a fhuair Tirisdeach no dhà bàtaichean mór dùinte, agus a thòisich iad air gual a thoirt dhachaidh a Inbhir Ar, Irbhinn agus Aird Rosain. Cha b'fhada gus an do chuir so binn-bàis air na sgoithean agus sladairt na mòna, obair anns an do chaill cuid am beatha le bàthadh, a' ruith gun chairt-iùil gun chombaist air cladaichean dòbhaidh ann an ceò no 'n gaillinn.

Ann am beagan ùine, cha robh port 's na h-eileanan-an-iar ás an robh urad bhàtaichean a' seòladh ri Port Scairinis. Tha deich thar fhichead air ainm agam féin. Bha iad o dhà fhichead gu deich is trì fichead tunna an luchd. Agus a bharrachd air giùlan guail bha iad roinn de'n bhliadhna ag aiseag sreud ás na h-eileanan gu tìr-mór air son margaidh na h-Eaglaise Brice. Rinn iad Tiriodh ainmeil bho Eirinn is Manainn mu dheas gu Sealtain 'is Arcaibh mu thuath. Dh'fhàg seachd smacaidhean Port Scairinis air aon latha le sreud aon duine (Iain Mac Alasdair Oig an Còrnaig) air son na h-Eaglaise Brice, agus chuir iad am buar air tìr aig Carraig a' Ghràn 's an Oban.

Is tric a dh'aiseag iad crodh fir Chana; 's cha robh féill am Barraidh, no an Uidhist a Deas no Tuath, no am Beinn a' Faodhla nach biodh iad ann.

Tha 'm Buntàta-Ruadh fhathast an Tiriodh a thug Ailein MacPhàidein á Arcaibh an déidh a' ghalair a thighinn do'n dùthaich. 'S ann air tòir buntàta a bha

Ailein MacThearlaich an Eirinn 'nuair a dh'fhoighneachd e do'n cheud Eireannach a thachair air, "Dé am buntàta is fheàrr agaibh an Eirinn am bliadhna, a Phàdruig?" "Am fear mór tioram," fhreagair Pàdruig gun mhoille.

Chunnaic cuid agaibh a tha ag éisdeachd rium am *Mary Ann*. B'e so bàta Shaluim, a thog Niall MacDhomhnuill ic Thearlaich ann an Cadha-gearr. Fhuair i an t-urram air na bha ann air seòladh. Dh'fhag i Scairinis aig deich uairean 's a' mhaduinn, le luchd each. Srann gaoithe as a déidh a mach cùl Ile, agus bha i ann am Port Ruis roimh dheich uairean a dh'oidhche: deich is ceithir fichead mìle cho dìreach 'sa ni sreang tharruing e. Ach a chàirdean, nach e an saoghal a chabhagaich gu h-iongantach agus eadhon gu mi-reusanta bhuaithe sin.

"A' bruidhinn air bàta Shaluim," arsa Dòmhnull Iain, "a bheil cuimhne agad a nis air Niall a bhi ag innseadh mar a chaidh e gu ruig Eilean Sheòna am Muideart a dh'iarraidh fiodha na h-eathair cheudna?"

"Tha gu math," arsa na bodaich, á beoil a chéile, "ach ma dh'fhaoidte nach cuala fear-an-tighe e."

"Cha chuala riamh," arsa mise, " 's bu ghlé mhath leam a chluinntinn."

"Matà, dh'fhalbh Niall, a ghràidh, gu ruig an Sàilean Suaineartach. Choisich e as a sin gus an Doirlinn, agus fhuair e an t-aiseag do Eilean Seòna. B'fheudar dha dol as a sin gu Aird-nan-darach mu'm faiceadh e am maor-coille. Bha Niall an uair sin ann an tréine a neairt, oir tha bhuaithe sin mu cheud bliadhna. Choisich e air adhart gus an do ràinig e bothan taobh an rathaid aig am fac e cailleachag bheag chiùin ag gabhail buntàta pronn is bainne. Thog i a sùil, ach cha do labhair i smid.

Ghabh Niall roimhe, agus mu dheireadh ràinig e tigh

a' mhaoir choille. Dh'innis e mar a thàinig e, agus ceann a sheud 's a shiubhail. "Chaidh thu seachad air bothan beag taobh an rathaid," thubhairt am maor. "Chaidh," arsa Niall.

"Am fac thu duine?" ars' am maor.

"Chan fhac," thubhairt Niall, "ach cailleachag bheag ag gabhail a tràth aig an dorus."

"Sin agad," thubhairt am maor, "mathair nan gillean móra." Agus dh'innis e'n sgeul mar a leanas:—

Aig an ám 's an do rugadh an t-aon a b'òige de na gillean móra (agus bha iad sin, mór agus calma) dé ach gu'n deachaidh am mathair bhochd air aimhreit 'na h-inntinn. Dh'fhàg i an tigh gun fhios do dhuine, agus a dubh no a dath chan fhacas fad iomadh bliadhna. Bha daoine am beachd gu'n d'thug i uthachd aisde fhéin, no gu'n do bhàthadh i le tubaist. Ach, aon de na laithean, nach faca aon do na brocairean coltas mnàtha gun bhréid gun chòta ach ruisgte am measg sgeirean dubha a' chladaich aig beul-thaobh uamhachan a bha aig bun stallachan eagalach na h-oirthir. Dh'innseadh an naidheachd do na gillean móra; agus an aghaidh gach comhairle bhòidich iad gu'n tugadh iad am mathair dhachaidh, oir 's i am mathair a bha ann. Thug iad an oidhirp, ach ma thug cha b'ann gun am fuil a dhortadh 's am feoil a reubadh. Ach cha do strìochd iad gus an d'thug iad leotha dhachaidh am boirionnach bochd. Dé mar a thàinig i beò am measg dhóbhran is fhiath-bheathaichean, no dé a bu bhiadh dhi, no c'àite an robh a leaba; dé mar a sheas i fuachd geamhraidh gun chomhdach d'a cneas, is ann aig an Dia Mór tha fios. Ach chunnaic thusa an diugh mathair nan Gillean Móra, 's i air fàs stòlda ciùin, gun mhath gun chron.

Sin, matà, mar a thachair do Niall air a thurus.

Ach a chàirdean, nach e an saoghal a chabhagaich gu h-iongantach agus eadhon gu mi-reusonta bhuaithe sin: carbadan iarainn, is bàtaichean smùide, is bàtaichean athair. Tha sinn a' ruith na réise gun ar cead fharraid—'sam fear a bhios air dheireadh beireadh a' bhéist air.

Chan 'eil ciall sgur; ach feumaidh mise m'òraid a thoirt gu crìch, agus sin le bhi 'guidhe oìdhche mhath dhuibh uile.

AN T-EILEAN SGITHEANACH.

Leis an Ollamh NIALL ROS, C.B.E., D.D.

Rinn cuid de'n luchd labhairt iomradh air cleachdadh na céilidh cheana; agus theid mise air m'adhart gu bhi ag ainmeachadh cuid de na seann nithean a bhiodh air bilean nam bodach an laithean m'òige anns an Eilean Sgitheanach.

Bha móran de na sgeulachdan suidhichte air bonn eachdraidheil. Is ann mar sin a bhiodh Niall Mór ag innseadh mu Hacon an Righ Lochlannach—an déidh cath na Leirge ghabh na Lochlannaich an ruaig. Chaidh an luingeis a sgapadh bho chéile le gaoith, agus sheòl iad mu thuath ris na h-eileanan. Dh'fhàs an Righ Hacon tinn, agus chaidh e air tìr an Caol Hacoin—chuir e seachad ceithir latha deug air an reidhlein ghorm a tha ag giùlan ainm an Righ gus an latha an diugh. Tha e coltach gu'n robh an ceàrn sin de'n Eilean aig an ám ud fo ùghdarras nan Leòdach a bha de fhuil rìoghail Lochlainn iad fhéin. Tha e air aithris gu'm b'e sin an t-aobhar nach do chuir Sgitheanaich an latha sin dragh air an sgioba a bha leis an Righ ged bu naimhdean iad do Righ Alba.

Is tric a chuala mi Niall Mór ag innseadh sgeul mar an ceudna air Dil Mac Righ Lochlann, a chaidh a bhàthadh air a' cheart turus sin ann am Poll Dil, an Gleanndail. Chaidh an long anns an robh am Prionnsa fhuadach is iomain air na creagan agus chailleadh an sgioba. Gus an latha an diugh their sinn Sgeir an Lochlannaich ris a' bhad anns an d'fhuaradh corp a' Phrionnsa. Thugadh an t-ainm aige air an loch—Poll Dil. Chaidh corp an òganaich rìoghail adhlacadh an Cill

Chomhghain an Gleanndail; agus ged tha muinntir a' ghlinne a' tiodhlacadh nam marbh anns a' cheart chladh sin bho chionn còrr is seachd ceud bliadhna gidheadh nochd iad urram do uaigh a' Phrionnsa. Rinn an seann bhàrd Sgitheanach, Dòmhnull MacLeoid, agus mar an ceudna a mhac Iain, dà dhuan chomasach air Dil mac Righ Lochlann.

Feumar ainmeachadh 's an dol seachad mu bhuadhan inntinn nam bodach a' seinn duain na Féinne. Tha cuimhne agam air Iain Ruadh mac Dhòmhnuill 'Ic Thormoid, a' seinn "Bàs Dhiarmaid." Dh'fheumadh gach duine a bhiodh an làthair an comhdach cinn a chur dhiù. Bha ceòl sònruichte ri briathran an t-seann duain, ceòl cianail; agus bhitheadh guth Iain bristeach aig an rann so gu h-àraidh:—

> " A raoir ged a b'uaine an tulach
> 'S dearg i an diugh le fuil Dhiarmaid,
> Gur ann leis an Fhéinn bu duilich
> Mur a bhitheadh Fionn 'ga iarraidh."

Bhiodh naidheachd eile gu tric am beul nam bodach—sgeul air Cath Milleadh Gàraidh. Timchioll air ceithir cheud bliadhna air ais thachair nì a rinn druidheadh air leth air beul-aithris an Eilein. B'e sin losgadh Eaglaise Thrumpain an Bhàtarnais. Bha cogadh aig an ám eadar Leòdaich an Eilein agus Dòmhnullaich Chloinn Ràghaill. Gun bhi togail ùine mu aobhar na h-aimhreite their mi an aon fhacal gu'n d'thàinig Clann Ràghaill air tir an Trumpan, air latha Sàbaid, agus an sluagh anns an eaglais. Chuir iad an eaglais leis na bha innte ri theine. Loisgeadh an coimhthional gu bàs ach aon bhean a thàr ás—Mairead Nic Leòid. Thàinig feachd nan Leòdach le cabhaig á Dunbheagain—chuir iad cath ri Cloinn Ràghaill làimh ri dìg a chaidh a thogail gus a' mhuir a chumail a

mach. Chaidh an latha leis na Leòdaich. Sgaoil iad an dìg gus na Dòmhnullaich a thuit a thiodhlacadh. Is ann mar sin a thugadh Milleadh Gàraidh mar ainm air a' chath. Theich na chaidh ás de Chlann Ràghaill anns na bìrlinnean, agus dh'éirich stoirm ghaoithe air Cuan Sgìth. Chuala mi Murchadh Mac Ailein a' seinn na seann ghuidhe a rinn Leòdach aig an ám:—

"Gaoth an iar-dheas far na Féiste,
Gaoth is uisge, gaoth is uisge,
Clann Ràghaill air bhordaibh briste
Leam cha mhiste, leam cha mhiste."

Is ann mu'n chomhrag fhiadhaich so a rinn Iain Odhar Mac Cruimein am port borb ris an can na pìobairean "Blàr Bhatarnais" gus an latha an diugh.

Is minig a thug na bodaich gàire a mach le bhi ag aithris nithean anns an robh àbhachd is fearas chuideachd. Chan fhaod sinn a bhi ag comh-dhùnadh gur e cuspairean muladach a mhàin air am biodh iad a' luaidh. Chuala mi aig Iain Mac Thormoid am freagradh gleusda a thug bean chòir air a ban-nàbaidh. Chaidh an dithis bhan far a chéile. Thubhairt a' cheud té le feirg ris an té eile, "Bi a' dol dachaidh—is tu bu mhiosa de do dhaoine." Fhreagair a' bhean eile gu ciùin, "Cliù do'n Adh gur mise bu mhiosa de mo dhaoine, ach is tusa a b'fheàrr de do dhaoine fhéin."

Bha ministear mór foghainteach ag ceasnachadh. Chuir e ceist air bodach anns a' chuideachd, "Cia lìon pearsa anns an Diadhachd, a Chaluim?" Is e am freagradh a thug Calum do'n mhinistear, "Matà, a dhuine chòir, cha bheag a' phearsa thu fhéin innte."

Aig ceasnachadh eile. Dh'fheòraich an ceistear de sheann duine a bha làthair: "Nach ann de'n chinne-daonda a tha thu fhéin a Dhòmhnuill?" Fhreagair

Dòmhnull "Chan ann, chan ann, am fear a chunnaic sin chan iarradh e fhaicinn a rithist, is ann tha mise de dhearbh mhuinntir Bhràcadail."

Ged nach robh triathan Shléibhte is Dhunbheagain a mach aig Bliadhna Thearlaich, gidheadh cha do bhac iad duine sam bith de an tuath a rùnaich éirigh le Tearlach. Is minic a thug na bodaich tarruing air Dòmhnull Ghaltrigil a bha air uidill is air allaban leis a' Phrionnsa. Chaidh Tormod Macleòid, seanair mo sheanar, a mach le Tearlach ged bha a dhachaidh air oighreachd Dhunbheagain. Bha mo sheanair, de'n ainm cheudna, beò gu ceud bliadhna a dh'aois. Bha beachd aige gu math air a sheanair féin. Is iomadh cunntas a chuala e uaidhe mu bhliadhna Thearlaich is latha Phrestonpans, agus latha Chulodair. Chaidh mo sheann charaid a mach fo bhrataich Mhic 'Ille Chaluim Raarsair, oir bhuineadh e do'n mheanglan sin de Shìol Leòid.

Bha uair ann agus gheibhte anns an Eilean Sgitheanach sgeulachdan mu thaibhsean is mu shamhlaichean mu bhuidsichean is mu shìthichean, dìreach mar gheibhte anns na h-eileanan eile. Tha eagal orm gur e glé bheag de sin a chluinnear an diugh. Ach tha aon ni agam ri aideachadh. Na bodaich a b'fheàrr air sgeulachdan ri mo cheud chuimhne is ann air tachartasan fìor a bu toigh leo bruidheann. Anns a' chearn de'n Eilean as an tainig mise—Dùthaich Mhic Leòid—bha cuspair sònruichte air bilean nan seanachaidh agus b'e sin Clann Mhic Cruimein. Is ann an Dùthaich Mhic Leòid a mhàin a gheibhear beul-aithris bheò agus chinnteach mu dheidhinn an teaghlaich aithnichte so. Bha iad ainmeil anns a' cheàrn ud de'n Eilean feadh iomadh ginealach. Is e Coinneach Mac Iain Bhàin an sgeulaiche bu chothromaiche mu Chloinn Mhic Cruimein,

an tùs m'òige. Is e Coinneach a thug móran de na seanfhacail do'n t-Siorram MacNeachdail. Theireadh Coinneach gur ann de shliochd nan Druidhean a bha Clann Mhic Cruimein, agus a dh'innseadh na fìrinn bha a choltas sin 'nan cruthachd is 'nan dòigh. Ged chaidh móran a radh le coigrich mu'n deidhinn, saoileam gu bheil luach sònruichte anns a' bheul-aithris a dh'fhàs mu'n timchioll anns a' cheart ionad anns an robh iad ag comhnaidh. Bha meas mór aig na seann Sgitheanaich air Cloinn Mhic Cruimein, agus air an ceòl. Chan 'eil ùine agam a nis gu bhi ag innseadh mu'n luchd teagaisg a dh'éirich an aghaidh a' chiùil. Is e sin an t-aobhar gu'n deachadh alt a' chiùil air ais gu mór anns an sgìr 's an robh Sgoil Chiùil Mhic Cruimein. Ach ged tha beul-aithris nam bodach neònach na smuainich idir gur faoineis e. Oir tha an ceòl mór a thug Clann Mhic Cruimein dhuinn a' dearbhadh ciod e cho airidh 's a bha an luchd ciùil ud air a' mholadh a thugadh dhaibh le seanachas nam bodach.

Is ann aig Coinneach Mac Iain Bhàin a chuala mi cia mar a rinneadh am port ris an canair "Maol Donn," no "Leannan Mhic Cruimein." Bha òganach de'n treubh so a' feuchainn gu dian ri port molaidh a dheanamh d'a leannan. Cha robh so a' dol leis ro-mhath, oir cha b'urrainn e bualadh air gleus puirt a bhiodh aig an aon ám ùr agus ciatach. Mu dheireadh chunnaic e aisling iongantach. Bhruadair e gu'n robh aon de a chuid shinnsir fhéin ag cluiche a' cheart phuirt a bha a dhìth air fhéin. Mar dhùisg e ás a chadal bha poncan a' phuirt 'na chluasan agus chluich e air a' phìob gu'n dàil a' phìobaireachd a chuala e 'na chadal. Bu taitneach a sheinneadh Coinneach canntaireachd Maol Donn, agus is breagha am port e, an uair a theid a chluich le deagh phìobaire.

Bha sgeulachd bheag ghasda aig bodach eile—Dòmhnull Mac Uillean Bhàin, mu phort ciùil mhóir a chaidh a chall. B'e sin "Stuadh a' Bhogha Frois." Bha aon de na pìobairean a rugadh dall. Cha robh beachd aige air na dathan seach a chéile, oir tha an fheadhainn a rugadh dall mar sin an còmhnaidh. Bha spiorad a' bhàird anns an dall. Chuala e mu'n bhogha frois, agus bu mhiann leis port a dheilbh a chuireadh an céill na seachd dathan anns a' bhogha. Bha e an sud latha le companach air an raon, agus nochd bogha frois an uchd nan speur. Air ball dh'innis a charaid so do'n dall. Bha uiseag a' ceileir os an cionn. "Sud port a' bhogha frois," ars' an dall; agus rinn e port air Stuadh a' Bhogha Frois, anns an robh aoibhneas na h-uiseige air aithris. Ach tha am port so air a chall maille ri iomadh cuairt eile, troimh naimhdeas an luchd teagaisg a thug am mallachd air ceòl. Tha na seann nithean so annasach. Tha iad fuaighte ri oilean an àite; agus tha iad a' nochdadh cho teòma 's a bha ar luchd ealadhain fhéin fada mu'n tàinig cainnt no fòghlum nan coigreach ann ar measg.

Feumaidh mi iomradh a dheanamh air Buandaichean MhicLeòid. Is minic thug Tormod MacCaluim grëis air innseadh mu na curaidhean sgairteil sin. Theireadh Tormod nach bu chleachdadh Gàidhealach air tùs a bha an sud idir; ach gur ann a thug triathan Sil Leoid an riaghailt sin bho sheann Righrean Lochlann. Bha freiceadan no buidheann fhrithealaidh aig MacLeoid de Bhuandaichean, is e sin gaisgich a thug a mach an "Dòrn Bhuar." Ciod e bha an sin? So mar bha na curaidhean air an taghadh. Bhiodh tarbh òg air a bhualadh marbh le buille de thuagh-chatha an fhir leis am bu mhiann a bhi 'n a Bhuandaiche. Agus an uair a bhiodh closach an tairbh fathast blàth dh'fheumadh e cas deiridh an tairbh

a shnìomh ás a' chlosaich le a làmhan rùisgte gun arm gun eile. Theireadh lasgairean foghainteach an latha an diugh nach gabhadh sin deanamh. Ach a réir beul-aithris nan ginealach bha freiceadan aig MacLeòid, dà ghaisgeach dheug, a bha air an taghadh leis an deuchainn bhorb agus dhuilich so. B'aithne dhomh seann bhean, agus b'e aon de na nithean air an tigeadh i thairis gu tric, gu'n tug a h-aon de a sinnsir féin a mach an dòrn bhuar.

So sgeul bheag bho Thormod mu na Buandaichean. Chaidh Alasdair Crotach, triath Dhunbheagain turus gu cùirt Righ Seumas an Coigeamh. Thug Alasdair sùil mu'n cuairt air greadhnachas na bùlc lùchairt. "Am bheil coinnleirean cho gasda sin agad féin a Leòdaich?" ars' aon de na flathan. Fhreagar Alasdair "Tha sin agam 'agus na's fheàrr." Thachair gu'n cuala an Righ freagradh MhicLeòid—"Theid do chumail ri d' fhacal," ars' an Righ, "thig mise 'g a do thadhal air an t-samhradh so a' tighinn." Thàinig an Rìgh a réir fhacail. (Tha e fìor gu'n robh an còigeamh Seumas anns an Eilean ceart gu leòir.) Rinn Alasdair ullachadh air mullach Helebheal mu choinneamh a' Chaisteil. Mar thugadh an Righ gu mullach na beinne bha cuirm sgaoilte agus b'iad na coinnleirean an dà Bhuandaiche dheug gach fear le leus laiste de fhreumh giuthais 'na làimh chli, agus claidheamh 'na làimh dheis. "Sin mo choinnleirean a nis," ars' Alasdair ris na flathan, "agus tha iad deas gus mo Righ a dhion air muir no air tìr."

Is ann mar chuimhneachan air a' chuirm rìoghail sin air mullach na beinne a theirear Bòrd MhicLeòid ris a' bheinn gus an latha an diugh.

CANNAIDH, EIGE, IS RUMA.

Leis an Urr. Somhairle MacIsaac.

Eileanan sèimh Mhic Ic Ailean. B'e sin a chanadh na seann daoine ri "Cannaidh is Eige is Ruma is Eilean nam Muc."

> " 'Nam bu mhi bha roinn an fhearainn,
> Bu leat Rum is Eig is Cannaidh,
> Eilean nam Muc bho d' chuid ghearran."

Bhitheadh na bodaich ag innseadh le sùrd gu'n d'fhuair Ceòlag Chlann Raonuill an dùrachd a bha i rùnachadh anns an duan so. Bhitheadh iad cuideachd ag aithris—ach chan ann idir le sùrd—mu'n mharsantachd leibideach a rinn Mac 'Ic Ailean 'nuair a rinn e suaip ri Tighearna Cholla, ag gabhal bìrlinn an iomlaid air Rum. Gun teagamh bha bhìrlinn gun chomh-ionann air feadh nan eilean. Bha i aotrom air fairge agus snasail 'na cruth—air a togail le fiodh annasach a bha air ùr-thighinn a nall thar a' chuan-siar agus ris an canadh na seòladairean "Magano." Ach os cionn a h-uile maise bha oirre, bha i siùbhlach am measg nan garbh-thonn os cionn gach bìrlinn eile is dh'fhàgadh i fad ás a déidh bìrlinn Mhic 'ic Ailean fhéin—nì nach robh iomchuidh idir am beachd Tighearna nan Eilean, oir nach robh e ag gabhail dha fhéin air réir a shuaicheantais, uachdaranachd na mara cuideachd. Co-dhiubh, fhuair Mac 'Ic Ailean a bhìrlinn, ach ma fhuair, chaill Ruma gach nì bha taitneach leis an t-sluagh. Cha robh ach còmh-strì agus droch rùn eadar muinntir an eilein agus na tighearnan neo-shuimeil ùra. Bha earalachadh a' bhàta bhuidhe ag aobharachadh fuatha is tuasaid, gus mu dhéireadh an robh muinntir

Ruim air am fuadach thar a' chuain is bha Ruma mean air mhean air fhàgail fàs.

Bithidh na bodaich le cianalas ag aithris fhathast iarrtas dheireannaich an Rumaich 's e feitheamh an Colla ris a' bhàs—"Deoch de'n fhuaran Rumaich bho thìr nam fuar-bheinn chorrach, 's gu'n teid orm an ola mu'n téid mi fo'n ùir an Colla."

Ged a chaidh móran fhuadach á Cannaidh cuideachd, bha roinn air am fàgail a dh'innseadh sgeul—'s cha robh cnoc no creag no sgeir gun sgeul.

'S e an imcheist taghadh a dheanamh ann an ùine ghoirid mar so. 'S tric a bhitheadh na bodaich ag aithris mu'n chreach agus mu'n sgrios a rinn na saighdearan dearga ann an Cannaidh is iad an tòir air a' Phrionnsa. Ged tha an eachdraidh oillteil gun teagamh, chan 'eil i gun tionndaidhean cridheil cuideachd. 'Nuair a rannsaich na saighdearan tigh mór a' Chorraghain far am bitheadh Mac 'Ic Ailean ag còmhnuidh an ám dha bhi 'san eilean, 's nach robh Prionnsa no Tighearna ri fhaotainn, chuir iad an tigh mór 'na theine, agus thòisich iad air an nì ceudna a dheanamh ri tighean na Tuatha. Ach bhuail innleachd an ceann gille òig a bha fuireach am bràighe na Cille, a dh'fhuadaicheadh iad. Bha fiughar aige falbh bho thigh a mhathair a bha 'na bantraich 's i air laighe na leapa. Thairg e do na saighdearan an stiùradh a dh'ionnsuidh an àite anns an robh am Prionnsa, ma b'fhior, am falach. Cha bu ruith ach leum aig na diùlnaich 's dòchas mór aca ris an duais a bha an geall. Thug an giullan iad gu Creag Langainis agus sheall e dhaibh uamh a tha am meadhoin na creige, anns nach 'eil comas aig neach dol a stigh, ach an udalan le ròpa. Ged a bha an cunnart soilleir, bha an duais buaireasach. Ghabh fear de na saighdearan sios thun

na h-uamha; thilg e bhuaithe an ropa agus sud e stigh le farum air tòir a' Phrionnsa. Cha b'fhada gus an cualas éibh na h-uireasbhuidh a tighinn ás an uamha. Mach sìos fear eile. Bha an sin dithis ri tuireadh agus ri glaodhaich. Sios a ghabh fear an déidh fir, de na seòid, gus mu dheireadh an robh seachdnar anns an uaimh, agus iad uile glé iarrtach air faighinn ás. Is ann an sin a thuig càch nach robh am Prionnsa na duin' eile anns an uaimh, ach gur ann a chaidh cùis-bhùirde a dheanamh dhiubh. Cha b'ann gun amhradh 's gun chunnart no gun chiorramachadh cuideachd a fhuair na saighdearan dearga an slaodadh a mach ás an uaimh suas gu bàrr na creige a rithist. Ghabh iad turus an sin làn de chorruich agus do thàmailt. Agus rinn muinntir Channaidh gàire. "'Ach ma rinn," chanadh na bodaich, "bha dà latha mu'n do rinn iad gàire a rithist." Is ann an sin a thòisich an rannsachadh dà-rìreadh, agus bha murt is marbhadh is sgaradh 'na chois. Mu'n d'thug saighdearan suas dùil am Prionnsa fhaotainn, cha robh teaghlach ann an Cannaidh nach robh ag caoidh an daoine agus an cuid. "'Bha 'n crodh air an togail, 's na daoine air an reubadh."

Mu dheireadh thall, ghabh na saighdearan air adhart an null gu Uidhist, ach mu'n do ràinig iad thar a' chuain Sgìth, bha am Prionnsa air togail air.

Ma tha an sgeul sin fìor—agus tha mi am beachd gu bheil—faodaidh e bhi gu'n d'fhuair am Prionnsa barrachd comhfhurtachd bho uaimh Creag Langainis—ged nach robh e riamh innte—na fhuair e bho gach uamh eile tha ceangailte ri ainm. Oir fhuair e an t-aotromach bho'n tòir a thug dha cothrom air tàr ás a' chunnart.

Is ann am meadhon na truaighe so, bha aon bhodach ag innseadh dhomh, a chaidh am bàrd Alasdair Mac-Mhaighstir Alasdair gu Cannaidh. "Shuidh e ag gal fad

fionn fòghnaidh an latha ag amharc air Eilean Mhàrtain thall an sin mu do choinneamh'' thubhairt na bodaich ruim, ''agus bho'n latha sin cha d'thugadh air ach Eilean a' Bhàird.''

'S tric a bhitheadh na bodaich ag aithris mar an ceudna sgeul nighean Mhic 'Ic Ailean a chuir seachad ioma latha ann am prìosan cuingeach air a' Chorraghain Mhór. Bha a h-athair diùmbach dhith a chionn gu'n do leig i a spéis air Mac 'Ic Nèill Bharraidh, agus nach deònaicheadh i cùl a chur ris. Ach is iad na cailleachan a b'fheàrr a dh'innseadh an sgeul sin 's na deòir a' sileadh bho'n sùilean. Dh'innseadh iad an còmhradh a bha eadar a' mhaighdein agus a banalaiche is iad 'nan suidhe air mullach na creige, is a sùil ri tuath is ri deas, a' feitheamh ri nochdadh na bìrlinn Bharraich a bha an geall tighinn g'a h-iarraidh. Thachair mar bu dual. Air a mheadhoin oidhche thàinig an t-òigfhear gu bonn na creige, shnaim a' mhaighdean Channach na plaideachan ri chéile, sud sios i gu gairdeanan a rogha-chéile, 's mach iad a null thar a' Chuain, mu'n do mhosgail am bodach borb as a cheud chadal. B' oillteil, agus bu taitneach leinn a bhi ag éisdeachd ri raoicill Mhic 'Ic Ailean 'nuair a chaidh innseadh dha gu'n robh Mairead air falbh ann am bìrlinn anns nach robh ''an làmh dhearg air an stiùir.''

B'e crioch na sgeoil so ged tha, gur e ogha no iar-ogha na càraid shealbhaich so a thill air ais gu Cannaidh 'na uachdaran, 's e pòsda aig té eile de mhaighdeanan Chlann Raonuil a fhuair Cannaidh 'na thochair.

Tha e air innseadh gu'n do nochd am fear as miosa e féin air an Rudha Liath anns an Leithir 's e air tighinn an tòir air Dòmhnull Dhonaidh Mhic 'Ic Ailean, is e 'na laighe le galar a bhàis. 'Nuair bha Domhnull còir ag

gluasad a mach air cuireadh an duine eile, nach do ghairm an coileach; air dha so a chluinntinn, theich an Donas mar bu dual agus mar sin chaidh beagan moille a chuir air imeachd Dhomhnuill á tìr nam beò.

Tha e coltach gu'n robh Dòmhnull Donaidh, ma's fhior an sgeul, 'na dhuine a bha borb agus cruaidh chridheach gu sònruichte ris na mnathan. Nach d'rinn e a' cheart ghnìomh oillteil ann an Cannaidh is a rinn e aig a' chaisteal Thioram. Bha Màiri nighean Alasdair 'na maighdein òig speisealta air an robh mór mheas am measg a co-eileanaich, ach aon latha, mo thruaighe, thàinig Dòmhnull Donaidh agus dé ach gu'n d'thug e leis i gu cladach. Aig ìsle mhara phleat e a falt 'san fheamainn, agus le tionndadh an làin bha Màiri bhochd air a bàthadh. An ioghnadh idir ged a thigeadh an Donas fhéin 'ga iarraidh aig ceann a thuruis saoghalta, mar a bha na seann daoine ag innseadh a rinn e. B'e na rinn Màiri de chron gu'n d'thug i fàisneachd gu'm bitheadh Tigh Mòr Mhic 'Ic Ailean fhathast 'na chrò laoigh agus an gàradh mór 'na bhuaile cruidh. A dh'aindeoin na rinn Dòmhnull Donaidh cha do chum e an fhàisneachd so gun a coimhlionadh, agus is iomadh bliadhna bho'n a bha an Tigh Mór 'na làraich agus an gàradh 'na fhàsach.

Am Measg nan nithean aosda 'san eilean, tha Teampull Chaluim Chille. Tha cuid de na fòghlum-aichean a their nach 'eil iad ro-chinnteach an robh an Naomh riamh an Cannaidh, ach ge b'e air bith beachd a tha aca-san, cha robh teagamh sam bith aig na bodaich ri mo cheud chuimhne-sa. A réir aithris nan seann daoine, nach ann an Cannaidh a chuir e an car am beul na leabaig phròiseil a thàinig am mach á Port nam Bùsa. An ám dhith dol seachad air an Dòirlinn, thòisich i air eubhach "A Chaluim Chille cham-chasaich" ris. "Ma's

cam-chasach mise," fhreagair esan, "is cam-bheulach thusa," agus riamh bho'n latha sin tha car am beul na leabaig.

Is tric a chomharraicheadh dhuinn am measgan Cannach a tha air a ghearradh as a' chreig, leis am biodh Calum Cille a' tomhas gràin nam bochd. B'e làn a' mheasgain so a bha air a chur mar fhiachaibh air gach buanaiche a thoirt seachad a chum leas nan uireasbhuidheach air latha na deireadh bhuana.

Anns a' cheann an Iar, tha Sgor nam Bannaibh agus is iomadh cunntas a bh'aig na bodaich air móran dhaoine a fhuair leigheas bho uisge an fhuarain a tha an so a bheannaich Calum Cille. Ach rachadh na bodaich Channach na b' fhaide air ais an eachdraidh na linn Chaluim Chille. Dh'innseadh iad mar gu'm b'ann an dé a thachair e, mu thiodhlacadh Righ Lochlainn air Rudha Langainis, a chaidh a chur fo'n ùir le cheann an àrd ris a' bhruaich, aghaidh ris a' Chuan an Iar, agus rud a bha ag cur ioghnaidh oirnne, gu'n robh coire aig a cheann agus coire eile aig a chasan. Bha rabhadh cudthromach r'a thoirt dhoibh-san aig an robh iarrtas dol an tòir air an ulaidh so. Is coltach gu'n d'thàinig Gall do'n Eilean is e an geall air an ulaidh a bhi aigesan. 'Nuair a theann e ri cladhach thàinig stoirm le tein-adhair is tairneanaich is le uisge a' dortadh gu talamh mar gu'n d'fhosgail na neòil. Ghabh an Gall an t-eagal; theich e le bheatha, ach mo thruaighe, cha b'fhad a mheal e i, oir ann a bhi a' ruith gu fasgadh chaidh e air iomrall, agus thuit e ri creig is fhuaireadh marbh e an ath làtha. Is e theireadh iad gu'n do dh'aobharaich obair mhi-chneasda fhéin a bhàs dha.

Tha e air a radh gu bheil ulaidh eile an Dùn Channaidh far an do thiodhlaiceadh an Lochlannach a

thug ainm do'n Eilean, agus a réir mar a dh'innseadh na bodaich tha móran ionmhais aig Rudha Lichdeadal cuideachd. Chuala mi fhéin iad ag radh "Tha fo Lic Lichdeadal gibhte as feàrr na Pabadal." Tha e coltach gu bheil ulaidh luachmhor an so ged nach bu ghliocas do dhuine sam bith dol air a tòir. Tha i an sud fhathast. Dh'fhaodte gu'n teid sinn uile dhachaidh fhathast, is gu'm faigh sinn beartas is sinn an diugh cho earbsach ás na h-uaislean a bhios ag innseadh dhuinn gach maduinn gu dé an seòrsa slde a bhios againn air feadh an latha. Mar sin cha bhi dùil againn gu'n cur an aimsir bacadh oirnne 'nar sireadh.

Chan 'eil ùine an nochd air iomradh a thoirt air sìthichean, bòcain, no uirsgeulan, ged a bha iad againn mar bha iad anns gach eilean eile. Tha an oidhche car dorcha co-dhiubh, gu bhi a deanamh móran bruidhinn orra. Feumaidh mi ged thà, facal no dhà a radh mu'n Doideag Channach, a chionn bha ise ainmeil agus cumhachdail am measg nan Doideagan eile. Tha e coltach gu'n robh e 'na chleachdadh aig na Doideagan a bhi ag coinneachadh am Muile gu binn dioghaltais a thoirt air gach neach a bha fo'm mallachd. Thuit gu'n do rinn muinntir Thobar Mhoire rud-eigin a thog feirg nan Doideag agus bha am baile ri mhilleadh. Bha bodach ag innseadh dhomh-sa gu'm b'e brathair a shi-seanair a shàbhail am baile. Bha an Doideag Channach ag gabhail an aiseig. Cha b'urrainn do chàch di-milleadh sam bith a dheanamh gus an ruigeadh i, ach bha ise ri port ann an Guirdeal an Rum. Bha i a' teannadh ri togail oirre ann an slige bhàrnaich anns an robh iteag aice mar sheòl. 'Nuair a thug an seann duine fa-near dhi, gu grad bhrist e an t-slige. Cho fad is as aithne dhomh-sa,

tha'n Doideag ann an Guirdeal fhathast agus tha Tobar Mhoire gun a mhilleadh.

Chan urrainn dhomh, mo chreach, a bhi ag cuimhneachadh air na seann daoine còire a b'aithne dhomh anns an eilean 's an d'fhuair mi m'àrach, no air gach céilidh ghasda a bha againn, gun a bhi 'gan caoidh. Dh'fhalbh iad is bu laghach iad, is guidheamaid uile dhaibh glòir is sìth.

Oidhche mhath leibh, a chàirdean.

RATHARSAIR.

Le Iain Mac 'Illeathain, A.M.

Chan 'eil móran eileanan anns a' Ghàidhealtachd, a tha cho leth-oireach ri eilean Ratharsair—àite eile air a bheil agus an robh cho beag de thadhal le luchd-siubhail chan aithne dhòmhsa. Feumair aideachadh nach e aon chuid doicheall no splocaireachd a' ghnath-muinntreach a b'aobhar da so, oir is ainneamh ceàrna, eadhon anns a' Ghàidhealtachd, anns am faighear a leithid de bhàigh agus de fhior choibhneas agus a nochdar do'n choigreach 's an eilean so.

Cò do nach aithne an cuimhneachan a dh'fhàg an t-Ollamh MacIain againn air an dòigh a chaidh deanamh ris air dha tadhal an Ratharsair, anns a' bhliadhna seachd ceud deug, trì fichead agus a trì deug. So agaibh mar a chuir esan e, "Tha a leithid so de ionad aoidheachd, cuartaichte mar a tha e le gaoith agus le uisge, a' lionadh na h-inntinne le cuspairean a tha sòlasach agus aig a' cheart ám tur eadar-dhealaichte. Am muigh tha an cuan fiadhaich, am fonn creagach, torunn nan tonn, coltach ri beucail na gaillinne, ach a stigh gheibhear pailteas, grinneas, maise agus cridhealas, an t-òran agus an dannsa. Na'n do thachair mi air *Ulysses* an Ratharsair, shaoilinn gu dearbh gu'n robh mi anns a' chuid a b'fheàrr de'n Ghreig."

Gidheadh is ann mar a thubhairt mi a tha; agus a dh'aindeoin gach maise a bhuilich nàdur air, le a chnuic stuadhach, a leacann torach, a ghlacagan domhainn tìorail, agus a choilltean ùra, tha an t-eilean so air fhàgail da fhéin gun móran dragha a bhi 'ga chur air bho an taobh a mach.

Ach mar is minig a thachras ris an neach no an nì aig nach bi buntainn ris na tha 'ga chuartachadh, tha subhailcean sònruichte air cinntinn am measg an t-sluaigh, agus tha iad a bhith cho iomallach ag aobharachadh an gnàths, am beachdan, ach gu h-àraidh am fearas-chuideachd a bhi air leth bho dhòighean nan daoine sin a tha 'nan coimhearsnachd.

Is ann mar sin a thàrmaich iomadh dàn agus sgeul an eilean Ratharsair, nach cluinnear an àiteachan eile—cuspair annasach agus taitneach, anns an robh muinntir an eilein a' deanamh mór uaill, agus a thogadh aire luchd fuadain mar an ceudna.

Ged is beag an t-eilean so an coimeas ri eileanan eile, bha e mór gu leòir air son iomadh fear ealainn agus flor ghàisgeach a thogail. Cha robh plobairean ri an latha a b'fheàrr na Clann 'Ic Aoidh, agus cò nach cuala iomradh air a' churaidh threun Iain Garbh Mac 'Ille Chaluim a ghluais na plobairean agus na bàird gu luaidh a dheanamh air a chliù. Ach ged a tha a liuthad sgeul air innseadh mu a thimchioll-san tha barrachd ann mu dhéidhinn laoch eile fear ris an abrar Calum MacLeòid. Tha e air ainmeachadh air Oig an Scoirebreac, ach b'ann an àite am meadhoin Ratharsair ris an canar "Am Bràidhe" a tha e ag gabhail seilbh—leitir cho fàsail, agus a tha ri a faotainn air fad agus leud na Gàidhealtachd.

B'e MacLeòid so mac brathar a chinn fheadhna ainmeil—Calum Camachasach—esan a bha cho dealasach an aobhar a' Phrionnsa, agus a ghabh pàirt le còrr agus ceud de a chuid daoine anns an ar-a-mach a rinneadh air taobh Thearlaich.

An déidh Chul-lodair thill na bha an lathair de na Ratharsairich dachaidh agus cha b'fhada gus an tugadh am Prionnsa fhéin, air dha a bhi 'na fhògrach, do'n eilean.

B'ann am bothan beag air leadhad iomallach, faoileachail, ris an canar Glam, a bhatar 'ga fhalach; ach b'fheudar teicheadh le cruadhas na tòire an ceann dà latha. A sin dh'aisig Calum MacLeòid e gu Scoirebreac agus troimh ioma cunnart threòraich se e gu Eallaghuala far an d'fhuaireadh bìrlinn Mhic Fhionnghain gus a thoirt air ais gu tìr-mór.

Air do'n Arm Dhearg a chluinntinn gu'n robh am Prionnsa an Ratharsair, leum iad air an eilean mar ealta fhitheach, agus rinn iad a leithid de sgrùdadh, de gharbh spùileadh, agus de chreachadh, agus nach d'fhuair an tuath os a chionn fad ioma bliadhna. Chaidh trì bailtean deug an cur 'nan teine, agus cha deachaidh bàta fhàgail slàn air cladach ach aon a fhuaras fhalach faisg air ceann a tuath an eilein. Chaidh an tigh mór a chur 'na smàl cuideachd.

An uair nach d'fhuaireadh am Prionnsa thugadh oidheirp dhian air greim a dheanamh air Mac 'Ille Chaluim, ach chaidh aige-san air teicheadh am measg a chliathnan do Chnoideart. Mar sin thuit cùram a' chinnich air guaillean Chaluim 'Ic Leòid, agus bha móran de na naimhdean de'n bheachd gu'm b'esan an ceann-feadhna. Is e sin a dh'aobharaich teanntachd na tòire a bhith cho cruaidh air an diunlaoch so—fear cho misneachail, tapaidh agus a dh'àraich a' Ghàidhealtachd ri a linn. Theirear fhathast mu a dheidhinn gu'n robh e cho seasmhach ri darag na beinne, cho dìreach ri giùthas a' ghlinne, agus cho sùbailte ri seileach nan lòn.

Agus chuireadh e uile fheum air a thapachd agus air a theòmachd oir bha an tòir an nis cho dian air agus gu'n ainneamh a b'urrainn da eadhon oidhche a chur seachad 'na thigh féin. Ged a bha e 'na chleachdadh aige àite falaich atharrachadh gu tric, cha do chum sin e bho

ghàbhadh. Air maduinn mhoich, agus e ag èaladh gu beul na h-uamha anns am bitheadh e ag cur seachad an latha, thàinig e air còmhlain de na saighdearan dearga, agus b'ann le fìor luathas nan eang a chaidh aige air tarruing bhuapa. Rinn e air mullach àird an eilein, ach mar a bha am mi-shealbh an dàn da, ciod air an tigeadh e ach cuideachd eile de arm an rìgh anns an robh eadar leth-cheud agus trì fichead duine. Cha robh gràisg mhiol-chon riamh cho dian a' ruith an fhéidh air creachan beinne agus a bha na saighdearan sin an déidh 'Ic Leòid, agus iad de'n bharail gu'm b'e so gu cinnteach Mac 'Ille Chaluim. Ach dh'aindeoin an cuilbheartan agus an ruagadh, fhuair e car mu chnoc a ghabhail orra agus a shaorsainn fhaotainn aon uair eile. Cha b'fhada a mheal e i, ged tha; an oidhche sin fhéin agus e air fannachadh le acras rinn e air taigh caraide gus biadh agus fasgadh fhaotainn. Fhuair e sin agus ri sheachnadh, agus ghabh e mu thàmh. An camhanaich na maidne thug bean an tighe an aire do na saighdearan a' deanamh air an tigh agus air ball thog i an iollach. Cha robh ann ach gun deach aig an fhògarach air dusgadh agus air teicheadh mu'n robh an tigh air a chuartachadh. Thàrr e gu àite dìdean an glomhar mhór an Inbhir, toll dubh dorcha, ris an canar Uamh Caitriona Duibhe, agus chaidh aige air a thoirt am mach gun fhios do a luchd-tòir.

Bha an lion a nis cho teann agus nach b'urrainn da a cheann a chur thar beul na h-uamha, agus chuir e seachad trì oidhcheannan agus trì laithean mu'n d'fhuaireadh am mach an fhròig anns an robh e 'ga fhalach. Anns an dubh-thrath, an ceathramh feasgar, agus e gu faiceallach a' beachdachadh mu'n cuairt dha, thug e an aire do bhannal shaighdearan air taobh eile na h-aibhne, agus iad le an cuilbheirean 'gan tomhadh ris.

Cha robh a dhol as aige. Rinneadh greim air agus a thoirt do Phort-Righ, far an do chuireadh e air bòrd long-chogaidh còmhla ri iomadh priosanach eile, am measg an robh Domhnull MacLeòid a Galtraigil. Bu gheur an giulan anns an ghainntir oillteil sin, fo ainneart chaiptein Mhic Fhearguis "duine" mu'n d'thubhairt an seana-chaidh "a bu bhuirbe a chaidh riamh a leigeil ma sgaoil air Gàidhealtachd na h-Albainn."

An déidh dhaibh a bhi fad mhìosan air an claoidh le cipeachadh agus gorta anns an luing so thugadh mu dheireadh iad gu baile mór Lunnainn. An sin sheas MacLeòid cùirt. Bha dùil aig a luchd-dìdidh fad an t-siubhail gu'm b'esan Mac 'Ille Chaluim Ratharsair. Cha d'fheuch am priosanach ri an cur ás am barail oir bha fios aige mar bu daingnichte a bhitheadh iadsan 'nam beachd gu'm b'ann bu mhotha a gheibheadh Calum Camachasach féin faochadh bho an tòir. Mar sin leig e leotha riamh gus an deachaidh e air beulaobh nam Morairean.

An sin chaidh an fhianuis 'na aghaidh a chur turrach air shearrach. B'e an comharradh bu chinntiche a bha aig a luchd-casaid air Mac 'Ille Chaluim gu'n robh e Cama-chasach, ach an uair a leigeadh ris luirgnean an fhir a bhàtair 'g a dhiteadh chunnacas gu'n robh iad cuimir, dìreach.

Chuireadh air ais do'n phrìosan e, far an deachaidh feuchainn ioma uair ri a cho-eigneachadh gu'm brathadh e e fhéin a bhith an cogadh a' Phrionnsa. Bhitheadh luchd-bratha a' tadhal air gu tric, a' tagairt cairdeis agus eòlais air, ag cumail am mach gu'n robh iad 'na chuideachd an ám Theàrlaich, ach bha e cho teòma, agus cho sgiobalta le theangaidh agus gu'n dh'fhairtlich orra riamh an car a thoirt as.

Thugadh a shaorsa dha mu dheireadh air an dearbh là a leigeadh Fionnaghal Nic Dhomhnuill ma sgaoil. Bu mhinig a theireadh e féin an déidh sin le fealla-dhà, air a bhi a' bruidhinn air an ám sin, gu'n tugadh do Lunnainn e a chum a chrochaidh, "agus" arsa esan "bu gheal a b'fhiach e an t-saothair, oir chuireadh dachaidh mi an cuideachd Fionnghal NicDhomhnuill."

Air do'n Ollamh MacIain agus a chompanach Boswell, an cuairt iomraiteach a ghabhail do'n Ghàidhealtachd anns a' bhliadhna seachd ceud deug trì fichead 's a trì deug, b' e ar cuspair sgeoil a chuir Mac 'Ille Chaluim a' Choire-chatachain a chum cuireadh agus aiseag a thoirt do'n luchd-turuis sin do eilean Ratharsair. B'ann am bàta làidir daraich a thogadh san Lochlann, tha Boswell ag innseadh dhuinn, agus le ochd raimh oirre a ghabh iad an t-aiseag do'n Chlachan. B'e Calum a bha aig an stiùir, esan gu loinneil a' seinn òran Ailein Mhuideartaich "Tha Tighinn Fodham Eirigh" agus a chuideachd uile gu togarrach a' togail an fhuinn.

Bha Calum MacLèoid cho sean ri trì fichead bliadhna agus a dhà aig an ám sin, agus so an cunntas a tha Boswell a' toirt air. "Bha e 'na dhuine càirdeil, foghainnteach, le tuar na slàinte air a ghnùis. Bha a shùil mhear, bheothail a' nochdadh gu robh an so neach a bha seasmhach agus cridheil. Chan fhaca mi riamh cruth eile a b'fheàrr a dh'fhoillsich mo bheachd air dealbh fìor-Ghàidheal. Fhuair mi e a ghnàth, faoilidh, furanach, am fior-bhrigh an fhacail."

A thuilleadh air gach subhailc eile a bhuilicheadh bha e 'na chluicheadair ealanta air a' phìob, agus dheanadh e na puirt mar an ceudna. Is aon diù sin "Fàilte a' Phrionnsa" a dheachd e air dha a shaoirsinn fhaotainn agus tilleadh dachaidh á Lunnainn.

AN SCARPA.

Leis an Urr. CALUM MACGILLEATHAIN, A.M.

Fàilte stigh oirbh a mhuinntir Ghàidhealach, agus an tuilleadh buaidh leibh!

An uair a bha Gilleasbuig MacDhòmhnaill, ris an canadh iad an Ciarán Mabach, mu dheas, thainig rud 'na chuimhne agus so mar a thubhairt e:—

" 'S oil leam càradh na frìthe,
'S mi bhith Lìte nan long,
Eadar Ceann Sàilein Sìothphort
'S Rudha Ghrianaig nan tonn,
Agus Uiginnis riabhach
An tric a dh'iarr mi damh donn,
'S a bhith triall chon nam bodach,
Da'm ba chosnadh cas-chrom."

'S an aon uair riamh a chunnaic mise fear sa Scarpa agus cas chrom aige; ach chunnaic mi fear eile an agus e ag atharrais air dà bhodach Sgiathanach le'n casan croma. "Dé," arsa an dara bodach, ma b'fhior, ris a' bhodach eile, "dé fhad 's a bheirinn fhéin 's tu fhéin a' treabhadh Chanada?" "Tha mi smaoineachadh," arsa a ghoistidh, agus e dubadaich air a' chois chruim, "tha mi smaoineachadh gu'n deanamaid an am mios e, ach ar leòr uisge beatha 's tombaca bhith againn." Ged a bhà beachd aig mo sheanchaidh air Canada gun teagamh, bha gu leòr sna h-Eileanan, ri linn, aig nach robh. Chuireadh iad daoine, glé thric, dha'n "Talamh Fhuar" agus gu ruige taobh thall "Beinn Chailifeòrnia"; ach co dhiù na co dheth, tha Canada gu leòr romhamsa a nis, agus chan urrainn mi gun fiamh beag gàire bhith orm an uair a chuimhnicheas mi air fear a b'aithne dhomh a bheireadh toll math ás an là gheal shamhraidh mu'm biodh aon

seanchas beag fhéin aige cho réidh is cho ceart 's a dh'iarradh e e bhith. Chaochail an duine còir sin, agus b'è sin an duine còir, aig aois ceithir fichead 's a seachd deug—trì a dìth a' cheud—agus a sna laithean deireannach, thuirt e ri nàbaidh, "Bi thusa, a bhodaich, a' tighinn a chéilidh. Cha teirig seanchas." Tha an Scarpa agaibhse san "Talamh Fhuar" thugamaid a nall thar "Beinn Chailifeòrnia" e, eilean beag air taobh an iar-thuath na Hearadh, a chùlaibh ri Amairioca, agus aghaidh ri Alba, eilean beag cnocach, beannach, creagach, glaiceach, geòthach, lochach, leacach, agus, mar a thuirt Maighstir Ailein "tràigh as gile" an, àite cho fiadhaich, iargalta ri aghaidh a' chuain mhóir a siar agus fo shianntan troma na h-àirde 'n iar-dheas, agus àite cho tìorail, agus a ni Alba sa gheamhradh, agus àite cho àluinn éibhinn 's a ni an Roinn Eòrpa san t-samhradh.

Agus dé mu na daoine? Is an air na seann daoine nach' eil a nis buan a tha mise luaidh, agus canaim so, gun sòradh, gu bh'eil mi riaraichte gu'n robh daoine a sa Scarpa aon uair a thoill am moladh, agus rud aca nach b'fheairrde sinne bhuainn—càil Ghàidhealach a dh'fhàg iad, ma rinn cluasan is sùilean dhomhs' e, air na barraibh 'nan càil 'nan cainnt agus 'nan cuairteachadh orra fhéin. Bha daoine de an chumail aca san dearbh linn air fìor cheann an iar-dheas Eirinn, oir tha ulaidh aig Gàidheil, agus canaidh mise, le cridhe làn taingealachd, an rud a thuirt Calum Cille, "Gàidheal Gàidheal, ionmhuinn ainm."

Am measg nan iomadh buaidh Ghàidhealach a bha orra chan ainmich mi nis ach a h-aon, "An dàimhealach"; bha còiread agus cridhealas gràdhach, fosgarra, le furán fialaidh an sid gun dìth. Tha cuimhne agam aon fhear agus tha ioghnadh orm go ruige so an uair a

chuimhnicheas mi air an toileachas agus an gàirdeachas a dheanadh e rium an uair a ruiginn an Scarpa, agus chan aithne dhomh gu'n robh boinne dha fhuil annam. Chaidh Gàidheal gaolach mar esan latha chur fàilte air fear òg a bha glé chàirdeach dha agus ghabh duine uasal na càthadh sin ris dìreach mar a ghabhadh e, le modh Gallda, ris an Turcach. An uair a thill am bodach, 's cha ba bhodach e, o'n fhàilteachadh od, bha fhallus 'na bhraon air a ghnùis. Is e an dàimhealachd so, an ceangal ro-nàdurra Gàidhealach, agus an ceangal cneasda Criosdail leis, a chuireas solus dhuinn air dé ris an canadh na daoine bhith duineil; ged a bhiodh tu cho làidir ri Aonghas Gréum, na ri Creach Mhangursta, an dithis a b'ainmeala aig Scarpaich, agus cho dàna agus gun tilleadh tu Musoilìni cha deanadh sin duine dhiotsa gun dàimh. Is e so, a rithist, a dh'fhàg na seann daoine cho eòlach air a chéile air Gàidhealtachd Alba. Far am biodh do dhaoine bha e mar fhiachaibh ort an ruighinn uair no uair-eigin, agus o shean dheanadh na daoine còire, grinne, uasal a bha iad ann, aon uair sa bhliadhna air a char ba lugha, fàilte a' bhaile chur air baile eile, ge b'e air bith dé cho fada bho chéile agus a bhiodh an dà mhuinntir. Chunnaic mise sin ri linn mo sheanar agus na Leathanaich 's na Leòdaich 's na Moireastonaich a bhuineadh dhuinne ruigeadh iad an Scarpa agus thigeadh iad mar a chante a chéilidh, agus sin, 'nam beachdsa, a' cheud chéilidh agus an céilidh ba nàdurraiche agus ba laghaiche agus ba tarbhaiche bha dol. Tha cuimhne agam air a bhith an cois teine oidhche agus dh'fhosgail an dorus beag—cha robh glas no glag a' dol—agus nochd coigreach san dorus agus dh'éirich fear an tighe air a chasan agus le aoidh a bha cho soilleir ris a' ghréin 'na aghaidh agus le uile chridhe thuirt e, "A! fàilte air mo dheagh fhear-cinnidh."

Bha balach á Tarasaigh là an am bùth air an Tairbeart, agus, arsa bodach a bha sa bhùth ris, "C'àit' ás an d'thàna tu bhalaich?" "Thana mi á Tarasaigh," "Agus co leis thu an Tarasaigh?" "Tha mi le a leithid so a dh'fhear." "Agus a bh'eil fhios agad, a bhalaich, gu bh'eil thu càirdeach dhòmhsa?" "A bh'eil?" "Tha, bhalaich; tha mi fhéin agus do sheanmhair a sna h-iar-oghaichean." "Uel Iain," arsa an ceannaiche, "nach tu tha math air sloinntearachd!" "A bh'eil fhios agadsa," arsa Iain, "dé bha mi deanamh an oidhche roimhe, agus gun an corr agam ri dheanamh; bha mi fiachainn an dheidhinn air ais go Adhamh." Bha tuilleadh an; ach fóghnaidh dhòmhsa innse dhuibhse gu'n tug Iain thairis!! Tha daoine a san t-saoghal ùr so agus iad a' deanamh uaill á sloinneadh an cuid chon, chruidh, chaorach, is each, agus chan 'eil fhios agam nach 'eil is chat is chearc, agus chan 'eil fhios aca dé an sloinneadh a bh'air an seanmhair na dé a' cheud ainm a bha air aon sìn-seanair a bh'aca. Bha té sa Scarpa a b'aithne dhomh agus shloinneadh i a daoine go MacLeòid Dhùn Bheagáin; agus aon uair agus gu'n ruig thu Dùn Bheagáin, ged nach ruigeadh tu Adhamh, theid thu fada gu leòr á sin.

Chunnaic mi fear a Chlann Ghilleathain a bha càirdeach dhomh fhéin agus an uair a bha e 'na ghille òg, dh'fhuadaicheadh e dha'n Eilean Sgiathanach. Thàinig Sgiathanach far an robh iad agus dh'fheòraich e de na Hearaich an robh duine aca a Chlann Ghilleathain, agus thug e leis an gille agus ghléidh e gu grinn e gus an d'fhuair iad cothrom tilleadh dhachaidh; ged nach robh fhios aig a' ghille air bha an duine od càirdeach dha agus is an "a dh'fhìor mhuinntir Bhràcadail" a bha iad le chéile. Bha mi là am

Bréinis Uig, agus choinnich duine mór eireachdail rium a lionadh sùil duine an cuideachd air bith, agus thòisich sinn air seanchas. Dh'innis e dhomh gu dòigheil a chàirdeas ri Domhnall Cam mac Dhùghaill sàr-churaidh Chlann MhicAmhlaidh agus bha fuil nan uaislean Gàidhealach làidir an cuislibh a' bhodaich od, agus bha a bhuil air.

Is e an Teampull a chanar sa Scarpa ris an àite amhlaic. Tha eachdraidh san fhacal sin. Bha daoine sa Scarpa mu'n ám a fhuair mise na fiaclan a chunnaic an seann Chaibeal agus am mulach air. Leag maighstir sgoile Gàidhlig a thainig á Leódhas an Caibeal agus thog e tigh-còmhnuidh le na clachan. Thòisich tathaich san tigh, agus thainig air teicheadh. Bha cupán òir san aitreibh od agus thugadh fo thigh e agus thòisich tathaich san tigh cuideachd. Chan 'eil lorg a nis air, ach có aige tha fhios nach tug fear-cuairt leis e, cuide ri nithean prìseil eile, air òrán, chan ann ach gun òrán fhéin. Tha eilean an loch mór am meadhon an Scarpa, agus an uair a phòsadh càraid sa Scarpa, chuirte iad a chadal dha'n Eilean so air son na ceud oidhche co dhiù. Is dòcha leam gu'n robh Scarpaich sa linn sin cho fada bho eaglais agus a bha Diabaig o lagh, agus tha amharus agam gu'n robh eachdraidh air an eilean od agus ceangal aige ri cràbhadh is aoradh bho shean. Agus nach fhaod mi àite eile mar sin, ach gu mór air a chaochladh, ainmeachadh—Uamh Uladail. Bhà, co dhiù a thà na nach 'eil, sgàig aig muinntir ceann a tuath na Hearadh roimh Uamh Uladail. Bha MacLeòid na Hearadh ri linn Bliadhna Thearlaich, 'ga fhalach fhéin innte, agus cha ba bheag a mhisneachd dhà e. A nis, is e an sgial bha air Uamh Uladail gu'n robh uile-bheist innte agus gu'n do mharbh gaisgeach air an robh Dos i. Chaill esan a

bheatha ri linn na còmhraig agus dh'fhàg an creutair fuathasach so cuilean san uamh, agus mu dheireadh thall bha dùil aig feadhainn gu'n robh am fear-millidh e fhéin a' fuireach innte.

> "Aonghais nach ba mhuladach
> Gu'm fhad thu o Uamh Uladail,
> Gu'm b'àite tàimh ro lurach i,
> 'S a cunnart na tòir taing air."

Tha tuilleadh an, ach so agaibh an rud a thuirt am bodach Hearach ri cailleach Phapaigh—"Chan 'eil diadhachd idir agaibhse am Papaigh." "Thà," arsa chailleach, "nach 'eil Creag Churadainn againn?" "U," ars' am bodach, "tha Sron-a-Sguirt againn fhéin!"

Ma's math mo bheachd so mar a bha na linntean sa Scarpa "Linn mo sheanar," "Linn nan creach," "Linn Oisein," agus "Linn Chailbhein." Is dòcha leam gur an mu linn nan creach a b'fhearr leibh beagán a chluinntinn. Is ann an déidh do MacDhòmhnaill nan Eilean a chòraichean a chall agus a dh'fhàgadh an tìr fada agus farsuinn gun stòladh aig crùn na aig crannaig a bha linn nan creach ceart an agus mar a thuirt Domhnall mac Fhionnlaigh nan Dàn:—

> "Ba lionmhor cogadh is creachadh,
> Bha'n Loch Abar a san uair sin."

Agus bha gu leòr aca a san Eilean Fhada, agus bha iad pailt feadh Leódhais is na Hearadh, agus is e Leódhas ba mhiosa dheth na na Hearadh, oir thainig cùisean an Leódhas gu bhith buileach gruamach, fuilteach agus borb. Tha àiteachan an Leódhas dlùth dha'n Scarpa mar a tha Baile na Cille 's Mangursta, Mialasda 's Tobhta Choinnich, agus, mar a thuirt am fear eile, na'm biodh còmhradh aca bhiodh sgialachd aca! Ach is fearr dhòmhsa iomradh a dheanamh air creachan Hearach.

An uair a bha an t-Ollamh MacIain air a chuairt chuireadh ceist air nach do chòrd ris, an an a Chlann MhicIain Ghlinne Comhann a bha dhaoine. Cha bhiodh a' chùis eadhon cho taitneach dha nan dearbhte air gur an a Chlann MhicIain na Hearadh a bha dhaoine. Is e dream sgriosail a bha annta, agus ged nach deanadh iad a' chùis air MacLeòid na Hearadh, is iomadh gniomh bradach, brùideil a rinn iad. Cha leigear a leas innse orra ach gun do ghoil cailleach còire mór uisge agus gu'n do dhòirt i air corp fear aca e agus e san uaigh le a malachd. Bha an saighead agus an claidheamh siùbhlach an uair sin, agus bha fear a sna Hearadh, fìor Leòdach, agus bha e ainmeil feadh Alba air claidheamh. Ràinig Eadailteach agus cleasaiche claidheamh MacLeòid na Hearadh, agus e air son dùbhlan a thoirt a dh'Iain MacLeòid, ach ma ràinig cha do thill. Is an an Eilean Bhearnaraigh a bha Iain MacLeòid a' fuireach ach theirte gu'n do thilg e air MacLeòid na Hearadh gu'n tug e rogha claidheamh dha'n Eadailteach air tùs, agus leis an tàmailt gu'n tug e Tír Mór air, agus chaidh a bhàthadh 's e deanamh na h-iomraich. Bha fear eile a sna Hearadh an déidh sin air an robh Aonghas Beag MacLeòid, agus bha e fhéin iomraiteach air claidheamh. Chuir Fear Bhréinis dùbhlan go MacLeòid na Hearadh agus dh'fhalbh Aonghas Beag go ruige Bréinis agus chuir e fàilte air Fear Bhréinis, agus sheas iad aig a chéile. Tha e coltach nach robh MacAmhlaidh e fhéin tais, ach mu dheireadh thall dhlùthaich Aonghas Beag air agus bhuail e gu h-aotrom am pután ás a leine fo'n amhaich aig Fear Bhréinis agus thuirt e ris, "An dean sid an gnothaich?" "Nì," arsa MacAmhlaidh. "Tha dùil agad gur e MacLeòid a th'agad," arsa Aonghas, "agus chan

'eil agad ach fear dha dhaoine.'' Thuirt an duine còir fiosrach a dh'innis dhomh mu Aonghas Beag so gur e fhaotainn marbh a sa bheinn a rinneadh air Aonghas Beag, agus gur è am fear mu dheireadh a chuireadh an ciste cloiche an Eaglais Róghadail. Bha Dòmhnallach a sna Hearadh a rinn meirle mairt agus chaidh an duine leis an robh a' bhó far an robh e fiach am fac' e a' bhò. Dé a thainig a stigh air a' mheirleach ach gu'n robh amharus air, agus thug e ionnsaigh air an duine, agus mharbh e e, agus cheangal e suas e an seice na bà agus chuir e sa mhuir e. Is an am Baile air a bh'eil Driniseadar a rinneadh an t-olc; agus dé a thachair ach gu'n d'fhuaradh an duine marbh san t-seice an Eilean Scalpaigh. Ma fhuair, theich am murtair dha'n Eilean Sgiathanach go MacDhòmhnaill Dhùn Tuilm. Coma leat, chaidh fir ás na Hearadh air a thòir, agus, go naidheachd fhada dheanamh goirid, thug MacLeòid na Hearadh a' chroich dha. Dh'fhàgadh sa chroich e, agus air oidhche dhorcha agus fear a' gabhail an rothaid bhuail a' ghaoth na cnamhan bochda air, agus so an rud a thuirt am fear sin. ''Tha chead agad, is e luaths do laimhe fhéin a dh'fhàg a sin thu.''

Ri linn nam mì-rian, a thainig ri linn nan creach, thaining rud ana-cneasda air daoine bochda Luchd nan Creach fhéin. An uair a bha daoine ris an droch obair air Tìr Mór agus creachan 'gan togail eadar Peairt is Gallaibh ba neònach gu'm biodh na h-eileanan ás an aonais. Rud nach robh! Agus cuimhnicheamaid gu'n do leanadh air an obair go Bliadhna Thearlaich. Agus so agaibh aon naidheachd a chuala mise air togail nan creach sna Hearadh.

Là bha sid thainig culaidh mhór ràmhach bho thuath agus chaidh i troimh Chaolas an Scarpa go ruige

Tùisinis agus sid air tìr na fir agus thòisich am murt 's am marbhadh 's a' chreach an Tùisinis gus mu dheireadh nach robh duine beò aca ach aon fhear a bha shìos fo bhruthach agus e deanamh eathair. Dh'fhalaich am fear so e fhéin agus chuala e iad ag radh ri chéile, "Bidh sinn an nochd an Tarasaigh, agus bidh sinn an ath oidhch' am Papaigh," agus dé a rinn am fear od an Tùisinis ach an t-eathar a bh'aige chur a mach agus teicheadh go Tarasaigh. An uair a ràinig e Tarasaigh fhuair e sluagh neo-chumanta cruinn, oir tha e coltach gu'n robh banais na rud-eigin mar sin aca, agus an uair a dh'innis e naidheachd an fhir mhaoil gun fhalt chaidh na fir fo armachd agus chuir iad iad fhéin an òrdugh catha. Thàinig na ceatharnaich eile, agus ma thàinig fhuair iad rud ris nach robh dùil aca, agus thòisich an cath, agus abair cath. Ma dheireadh thall cha robh beò air clàraibh na h-iùbhraich od ach aon fhear agus ghabh e am muir agus shnàmh e Caolas Tharasaigh, ach ma shnàmh cha b'ann air a shocair agus na Tarasaich a' tilgeil a' chuspair fhad agus a ruigeadh saighead e. Chaidh e air tìr air sgeir a leigeil anail agus is e sin a dh'fhàg ainm air an sgeir. Coma leat co dhiù, thug e mach tìr mór agus thug e bheinn air, agus cha robh an corr mu dhéidhinn, agus chaidh na bliadhnaichean seachad gus a' bhliadhna bha so agus muinntir Tharasaigh air a dhol go ruige Gleann Mhiabhag a thoirt na spréidh go baile geamhraidh dé a tha agam air dhuit, ach gur ann a bha am beathach eich a b'fhearr aca air chall. Cha robh air sin ach sin fhéin, ach suas eadar thu agus Nollaig nach an a thainig fios go ruige Tarasaigh gu'n robhas a faicinn each gun fhios co leis e mu thuath an Leódhas agus rinn iad a mach co dhiù gur e each taobh Loch Mhiabhag a bha san each, agus

dh'fhalbh an Tarasach fiach am faigheadh e lorg air, agus cha do stad e gus na ràinig e Nis, agus dìreach shios eadar thu is ceann shios Nis dh'innis iad dha far an robh an t-each agus an duine aig na stad e, agus 's e an t-each a bha sid ceart gu leòr, agus cha robh an corr mu dhéidhinn ach gu'm feumadh an coigreach fuireach far an robh e air son oidhche, agus abair thusa gu'n d'fhuair e gabhail aige. An uair a thainig tràth cadail agus a chaidh an teaghlach mu thàmh, cha robh aig an teine ach am bodach mór, fear an tighe e fhéin, agus dé a rinn am bodach ach cùl nan cas a chur ris an teine, agus arsa esan ris an Tarasach, "Tha cleachdadh againne san dùthaich sa, agus chan 'eil fhios agam a bh'eil e agaibh sna Hearadh, air a bh'eil garadh-cùl-chas againn. Sheall am fear eile air cùl nan cas agus a leithid sin a dh'uireasbhuidh 's a lotan, 's an a ghabh an Tarasach a dh'ioghnadh na bh'aige. "Tha ioghnadh ort," arsa am bodach, "ach sin agad e an rud a chaidh a dheanamh ormsa an aon uair a bha mi a riamh an Tarasaigh. Chaidh na h-ochd saighdean annam agus mi teicheadh le mo bheatha bhuaithe, agus is cinnteach gu'm ba luath do làmhsa 'gan cur ann." Mha bha ioghnadh roimhe an abair thusa eagal a nis. Ach is an a bha an gaisgeach laghach an am bodach mór e fhéin. "Tha eagal ort," ars' esan, "ach is tu fhéin nach leig a leas, a bhalaich. Mur deanadh sibhse oirnn' e dheanamaide oirbhse." A nis chan 'eil an so ach rud a thachair ceart gu leòr. Thàinig "linn nam bodach" is bha i gu math na b'fhearr na "linn nan creach," ach bha i fhéin làn cruais agus ana-cothrom aig daoine bochda. Chan an idir na's miosa tha cùisean a nis. "Dh'fhalbh sid is thàinig so!"

Beannachd leibh.

LEODHAS.

Le Seumas MacThomais, A.M.

'Nuair a bha mi 'nam bhalachan òg, bha toil mhór agam a bhi ag éisdeachd ri conaltradh nam bodach 'nuair a thaghladh iad air oidhche fhada gheamhraidh ann an tigh m'athar, no a chrùbainn a steach 'nan cuideachd an tigh eile 'san nàbachd. Tha móran diubh nach 'eil ri am faicinn an so na's fhaide; dh'fhalbh iad dhachaidh le'n eachdraidh fhéin 'nan cois. Ach saoilidh mi gur ann an raoir a bha mi ag éisdeachd ri còmhradh fileanta am beòil, agus ar leam gu bheil fiamh an gnùise gu làidir, soilleir fa chomhair m'inntinn. Tha e cur dealais 'nam chridhe bhi meòrachadh orra an nochd, agus aig an aon ám a' dùsgadh m'aigne gu cianalas agus fadachd. Bheirinn an rud nach can mi air crathadh làimhe as ùr orra, agus aon sealladh eile fhaighinn air na h-aodannan anns an robh duinealas, faoilte agus muinghinn neo-eiseimeileach air an deargadh gu domhainn.

Dh'fhalbh iad, ach dh'fhàg iad cuimhne chùbhraidh 'nan déigh. Bu choma leotha sud co chluinneadh iad 'nuair a bhiodh an conaltradh aig àirde. Cha tugadh iad boineid a nuas do dhuine geal. Nach fhaca iad fhéin, nach do rannsaich iad a mach, nach do mheòraich iad gu tric? Cò réisd chuireadh teagamh 'nam barail, no sheòladh iad air an t-slighe b'aithne dhaibh o chian?

Bodaich thapaidh, neo-sgàthach, sgairteil, nach fàilnicheadh an ám carraid, no cruadail, agus nach robh meata, no gealtach 'nuair a bha am freasdal gruaimeach, airtnealach. Cha d'fhàg iad na b'fheàrr 'nan déidh dh'aindeoin fàs ann an eòlas agus ann an comhfhurtachd; cha do dh'fhàg iad air an cùl na bu shona agus na bu

thoilichte ged bu mhinic a bha iad uireasbhuidheach, bochd 'nan crannchur saoghalta. Mo bheannachd aig bodaich Leòdhais; ged dh'fhalbh iad, dh'fhuirich iad.

Is nithich leinn an nochd car tamuill meòrachadh air cuid de na nithean anns an robh ùidh aca-san, agus air am bu trice a bha luaidh aca an cuideachd a chéile.

Bha aon nì ann nach dìochuimhnicheadh iad uair air bith làmh a thoirt air. B'e sin eachdraidh agus sloinntireachd nan daoine o'n d'thàinig iad, agus is mór m'ionghnadh iomadh uair an gréim mionaideach a bha aca air cliù agus eachdraidh am fine dh'ionnsuidh nan ginealach o chian. Bha mi air a' gheamhradh so féin an cuideachd fir a chaidh air ais leam dà cheud gu leth bliadhna a' lorg friamhan a shinnsireachd. Agus so agaibh a nis mar a chuir e dhòmh-sa a' chùis:—

Is mise Calum Mac Iain Mhic Leòid, Mac Dhomhnuill Mhic Leoid bu mhac do Dhòmhnull Mac Leoid, a bha pòsda aig Anna Aonghais Dhòmhnuill Mhic Iain Duibh a thàinig á Muile gu ruig Uig anns a' bhliadhna 1696.

Cò leis a nis a bha Calum? Nach iomadh atharrachadh a thàinig air an t-saoghal o'n là ud?

Dh'aithnichinn fhéin gu ro mhath, agus cha chan duine gu bheil mi aosda—cò dhiù, cha chreidinn e—seann bhean chòir a rugadh roimh Bhlàr Uatarlù, agus bha cuimhne aice air a seanair a bha beò anns na Hearradh aig an ám, agus a chunnaic, faodaidh e bhi, Prionnsa Tearlach air a thurus air slighe ann an Albainn o Sgalpaidh na Hearradh gu Loch Sìophort agus troimh Phàirce nan Loch gu ruig Loch Steòrnabhaigh a' sireadh soithich seòlaidh air an teicheadh e do'n Fhraing anns a' bhliadhna 1746. Is iongantach cho fad agus a shineadh iad an làmh air ais. Bha Iain Tuathanach ag innseadh

dhomh o chionn ghoirid gur iomadh uair a chuala e a mhàthair ag aithris nan naidheachdan a bhiodh a shìnseanair, Dòmhnull Mac Dhonnchaidh, ag innseadh aig a' chagailt aige fhéin mu na h-amannan carraideach troimh an deach e fhéin an Cogaidhean Napóleon.

Bu mhithich na bodaich a bhi moladh mar an ceudna euchdan nan sonn o'n d'thàinig iad, agus gu sònruichte euchdan nan saighdearan preasaidh a sheas cho dìleas agus cho duineil còir an dùthcha ann an tìrean céine mu dheireadh na h-ochdamh linne deug. Calmachd is tapachd is fearalas cha leigeadh iad idir air diochuimhne. B'e Aonghas Greumach am fear mu dheireadh de na daoine fiùghanta so!

Bha iad anabarrach déigheil cuideachd a bhi labhairt am measg a chéile mu chàirdeas agus mu chàirdean. Cha robh teaghlach anns a' bhaile so, no anns a' bhaile a b'fhaisge nach cuireadh iad an eachdraidh aige air do bhois—co dhiù a bha an eachdraidh sin math no a chaochladh. A bheil thu faicinn an fhir ud; sud agad, matà, iar-ogha do Fhionnlagh Piobaire a chaith iomadh bliadhna ànrach 'san Talamh Fhuar agus a thill an deireadh a làithean gu bhi ag ùrachadh a shean eòlais am measg ghleann is bheann is chlachan, agus a phòs 'na sheann aois nighean piuthar do sheanamhar a bha fuireachd leatha fhéin an òb na Muille. Cha robh an nì a bu lugha dol air diochuimhne.

Ach cha do stad iad idir le bhi ag iomradh air càirdean agus air càirdeas. Bha iad ullamh gu bhi gleidheadh agus a' leantuinn a' chàirdeis. Thaghladh iad air a chéile o sgìre gu sgìre, agus o bhaile gu baile, o cheann gu ceann de'n eilean.

Is cuimhne leam fhéin càirdean mo sheanamhar bhi tighinn cò dhiù aon uair 's a' bhliadhna as na Hearradh—

'nuair nach robh rian siubhail ann ach an dà chois; agus 'nuair nach robh an rathad mór ach corrach, doirbh r'a choiseachd—is cuimhne leam iad a thighinn a dhleasadh agus a nochdadh a' chàirdeis. Agus bu shona sinne ag éisdeachd. Saoilidh mi an diugh gur ann an saoghal ùr a tha mi. Is gann gu'n aithnich an gille òg bràthair a sheanar, no ogha piuthar a mhathar, agus mar is fhasa an imeachd is ann as ainneamh taghal.

Bhiodh na bodaich a' tighinn gu tric air fàsachadh na Gaidhealtachd agus nan eilean 'nuair a ghlac aintighearnas an còraichean o'n t-sluagh, ag cur bailtean fàs air son buailtean chaorach do fhear a' bhaile, a' fuadach mnàthan is clann gu fasgadh no bàs fhaotainn far an togradh iad.

Tha iomradh nan amannan carraideach ud air an aiseag a nuas troimh na ginealaich. Agus an comhcheangal ri so bhiodh iad ag aithris na naidheachdan a fhuair iad fhéin uapa-san a dh'fhògradh gu tìrean céine, agus a dh'fhuiling iomadh cruadal is acras agus an-dòigh air racintean fuara Chanada. Nach e aon diubh so a thuirt:—

" 'S na coilltean a siar,
Chan iarrainn fuireachd gu bràth,
Bha m'inntinn 's mo mhiann,
A riamh air lagan a' bhàigh.
An ám dhomh bhi suaint'
Am fuachd 's an cadal a' bhàis,
Mo leabaidh dean suas,
Ri fuaim na h-Ataireachd àird."

Is iongantach an gréim a bha aig an uachdaran air an tuath ceud no ceud gu leth bliadhna air ais. Chuala sinn o fhear a chaochail o chionn ghoirid cunntas a fhuair e fhéin o fhear a chunnaic tuath Ghriais air an cruinneachadh le marcaiche mar a thrusas cù caoraich air son

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

gàraidhean nam buailtean a thogail. Ach 'nuair dhiùlt ceartas còmhnadh leotha thug saobh-chreidimh an saorsa dhaibh. Là de na laithean, thàinig ball-dubh air a' ghréin agus shaoil leotha-san gur e breitheanas a thugadh orra air son an cuid oibreach. Cha robh 'san t-saoghal mu'n iath a' ghréin a chuireadh a mach as na tighean tuilleadh iad!

Bha suidheachadh an t-sluaigh an ionadan iomallach an eilein o chionn ceud gu leth no dà cheud bliadhna 'na chuspair seanachais gu bitheanta. Bu chuimhne leis na bodaich feadhainn a bha beò an là Dr. Muillear 'nuair nach robh lighiche anns an eilean air fad ach e fhéin, agus àiteachan seachranach doirbh ri an taghal. Ach cò bha cur feuma air lighiche 'san ám ud? Bha an sluagh a' tighinn beò air toradh na mara is an fhuinn, air an còmhdach le clòimh nan caorach aca féin, agus ag cleachdadh nam buadhan cuirp a thug Dia dhaibh air dhòigh agus gu'm b'e nì annasach agus mi-choltach do dhuine sam bith feum a chur air lighiche no cungaidh leighis. Chan itheadh na treun laoich ach na dh'fheumadh iad, agus dheanadh iad feum de na dh'itheadh iad.

B'aithne dhomh-sa boireannach calma a bha beò gus an robh i còrr air ceud bliadhna, agus dh'oibricheadh i air a' chorran o dh'éireadh grian Lùnasdail gus an teideadh i fodha air aon bhiadh 's an là, agus b'aithne dhomh cuideachd cailleach bheag thapaidh a ghiùlain air a dronnaig poca dà bholla de mhin tarsuing tràigh Steòrnabhaigh gu Aird Thunga, astar cheithir mìle. Bhàsaicheadh lighiche am measg an t-sluaigh ud leis a' bhochdainn! Cha robh obair ann dha.

Cha b'ann ainneamh a chluinnte iomradh aig na bodaich air cuid de na cleachdaidhean annasach a bha am measg dhaoine mus d'fhògair an soisgeul an saobh-

chreidimh agus an t-aineolas. 'Nuair a thàinig Maighstir MacLeòid gu ruig Uig sia fichead bliadhna air ais, b'e feasgar na Sàbaid an t-ám air son gach cleasachd is fearas-chluiche. An déidh an t-searmon mhaidne gheibheadh na bodaich an tombaca aig dorus na h-Eaglaise 'nam biodh aca na cheannaicheadh e. 'Nuair dhéidheadh foirfeach do'n bhaile mhór cha robh athadh idir air taghal anns an tigh òsda, agus ghabhadh e gloine uisge-bheatha 's a' mhin choirce 'na cheann, agus an t-altachadh còmhladh.

Bha an t-uisge beatha aca 'g a dheanamh 's an là ud, le sùgh an eòrna a bha iad a' toirt ás an talamh. Is iomadh sumag iomallach air feadh mhonaidhean Leòdhais anns an robh an obair so a' dol air adhart an an-fhios do luchd na càine an Steòrnabhagh. Bha an lagh trom an aghaidh na h-oibreach. Cha robh duine ghlacte rithe nach robh an t-aon pheanas a' feitheamh air—là is bliadhna am prìosan Inbhir-Pheofharain.

Bha seann duine an Sgìre Nis a bha seachad air ceithir fichead bliadhna, agus aig an robh móran eachdraidh air na nithean so, ag innseadh dhomh mar a chaidh athair fhéin a ghlacadh a' deanamh an uisge bheatha am meadhon a' mhonaidh an àite fàsail. Gus am prìosan a sheachnadh roghnaich e Rònaidh a thoirt air far an do chaith e còig bliadhna gun duine beò ach a bhean òg, balach beag, agus seann fhleasgach a bha air an eilean gu bhi teagasg do theaghlach air ùr theachd mar dheanadh iad càise.

Bha e mar fhiachan air an teaghlach a bha chomhnuidh an Rònaidh mulchag chàise de bhainne nan caorach fa-chomhair gach là o Bhealtuinn gu Samhuinn ullachadh, agus an gràn 'na ám a thìreadh air choinneamh na luinge a bha taghal toiseach a' gheamhraidh air son toradh an eilein a' ghiùlan chun an uachdarain. Is

minic a choisinn càise Rònaidh an ceud duais aig margaidhean Inbhir Pheofharain.

Bhiodh na bodaich a' seanachas air na nithean a dh'ainmich mi, air sean eachdraidh agus uirsgeulan eile an eilein, ach mar bu trice chuireadh iad seachad an oidhche fhada gheamhraidh deanamh ath-luaidh air na h-oibrichean anns an robh iad fhéin an sàs, agus o robh am beò-shlainte aca 'ga chosnadh. B'e maraichean a bha anns na bodaich air an robh mise eòlach 'nam òige, agus mar sin 's iad gnothuichean an iasgaich a bha gu sònruichte glacadh an aire. Cha teirigeadh naidheachd air iasgach an sgadain an Griais, am Portnanguran, agus o mheadhoin an t-samhraidh gu Lunasdal an Gallaibh, an Inbhir Theòrsa, agus am Bun Ilidh.

Is tric a rug droch uair orra tighinn dhachaidh ás na puirt a sear leis na bàtaichean beaga leth-fhosgailte bha aca, ach cha chumadh sin aig an tigh iad. Ged nach biodh an cosnadh mór cha bhiodh an cridhe dubhach ag coinneachadh ri an teaghlaichean.

Cha sgìthicheadh iad ag aithris bliadhnachan an déidh làimh na nithean a chunnaic agus a rinn iad, na gnìomharan treuna bha 'gan leantuinn. Cha robh àirde ás an séideadh gaoth no ionad anns na chuir iad lion, no bascaid sgadain a ghlac iad nach robh aca air an cuimhne mar gu'm b'ann an dé a thachair e.

Ach is e an nì as fheàrr air a bheil cuimhne agam-sa na briosgaidean cruaidhe, cruinne bha bàtaichean Ghallaibh toirt dhachaidh chun nam balach. Rachadh poca bolla dhiubh a chrathadh air a' mhol, agus an còrr nach gabhadh broinn nam balach ghabhadh am pòcaidean. Cha robh fuaran no sruthan uisge air an t-slighe dhachaidh bho'n chladach nach biodh bus balaich tomte ann chum ìota chasg an déidh na féisde.

Bhiodh seanachas a' dol air obair cur is buain, air brà is muilinn, air iasgach an truisg 's an langain. Beag, mór 'gam biodh soirbheachadh an iasgair b'e cuid na bantraich agus an dìlleachdain a' cheud earrann. Bha cathranas agus iochd a' fàs leis na fiùrain ud.

Is minic a dh'éisd mi ris na daoine còire ag iomradh air gach sùgradh agus gàbhadh anns an robh iad, fada, fada an déidh dhaibh cùl a chur ris gach obair.

B'e an tigh céilidh an oil-thigh anns an robh iad a' teagasg a chéile ann an eòlas air gnothuichean mara is tìre. Cha robh foghluim eile aca no ionndrainn air. So mar a thug bodach Thunga a bheachd air an sgoil a bha air ùr thogail 's a' bhaile. Bha na balaich a b'abhaist a bhi buachailleachd anns an sgoil. Dol seachad leis a' chrodh aon mhaduinn samhraidh, thog e am bata bha 'na làimh agus mhaoidh e air an tigh sgoile ag radh "Is iomadh buachaille math a tha dol a dhìth annad-sa."

Bha na bodaich a' teagasg a chéile leis na nithean a b'aithne dhaibh, anns na gnothuichean anns an robh an cridhe, agus anns an robh iad a' toirt an teachd-an-tìr. Dh'fhalbh na bodaich chòire, ach ma dh'fhalbh, dh'fhuirich iad. Beannachd leotha-san, agus beannachd leibh-se.

BARRAIDH.

Leis an Athair Urr. Iain Mac 'Ille Mhaoh.

"Cò i a bhratach tha sud, Fhilidh?" "An i sud bratach Mhic treun bhuadhaich? Chì mi laoch gasda air a ceann 's i fhéin a' togail feadh shluaghaibh." "Chan i tha sud," arsa Fearghus, "ach a bhrichile bhrochaile, Bratach Ghoille mhóir 'Ic Mhòrna. 'Se bu shuaicheantas dha'n sròl bhuidhe toiseach tighinn agus deireadh falbh. Mar chliabhan a' treabhadh gu tràigh bi a' ghàir chatha 'ga d' iomain." "Sin," arsa Calum Barrach, "na ceithir fichead 's a ceithir bliadhna mar a labhair Fearghas rì Earagan Mac Earra nan long, 'nuair a thàinig e bho Righ Lochluinn air son feachd na Féinne fhaicinn. 'S e an dòigh a ghabh iad gu so a shealltuinn dha Brataichean Féinne eubhach a mach té an déidh té agus an sluagh a bha 'ga leanamhuinn leis gach té. Mu dheireadh nochd an Deò Ghréine, Brataich Fhìnn, Bratach Mhic Cumhail ri crann, naoi slabhraidhean aisde nìos agus naoi naodhnar do làn ghaisgich air ceann na h-uile slabhraidh." Air oidhcheanan fada geamhraidh chruinnicheamaid timchioll teallaich an sgeulaiche no an duanaire. 'S mi dh'fhaodas a radh timchioll an teallaich. Bhiodh craoslach mór air an teintean a bha am meadhon an ùrlair—Fear an tighe 'na shuidhe air furm ann an ceairsle fhraoich agus smùid aige a' snìomh an t-sìomain. Bean an tighe a bha math air calanas sgrìob aice air càrdadh, gliog air cuibhle, neo brag air beairt-fhidhe. Fead aig a' ghaoith ghruamaich gheamhraidh a muigh, neo osnaich neònach le tachdadh sneachd. Sinne, sean agus òg, gu seasgair tìorail timchioll a' ghealbhain. Bha aig an oigridh ris an sgeulachd a cheannach, agus b'e an

obair-san a bhi taghadh murain, ag cur cinn nan sop cothrom ri chéile agus 'gan deanamh suas 'nam badagan dòigheil agus mo thruagh am fear nach deanadh. Bha stad a' dol air a' bheairt-fhidhe. Bha an crùisgean 'ga chur ás is cha robh ach solus caomh a' chaorain a nis. Bha fear an tighe a' tòiseachadh mar so, "Gabhaidh sinn an nochd Laoidh an amadain mhóir, Duan na Ceàrdaich, na Dàn an Deirg?" air neo dh'fheòraicheadh e "Càit an do stad mi'n raoir?" "Stad sibh 'nuair a dh'fhaighnich Mac an Earraich Uaine dhe'n Ionmhuinn gu dé bu dùsgadh dha'n Olach a bha 'na chadal 's a cheann na h-uchd agus bha'n sgeulachd ag cumail roimpe as a sin." Bha sinn a nochd air àraich batail far an robh móran marbh agus leònta, cailleach a' tighinn aig nach robh ach dà fhiacail—té dhiubh 'na bata na làimh, agus té eile na dealg 'na h-uchd. A' chailleach ag coimhead a cuid fhéin feadh na h-àraich, agus gach fear mar a gheibheadh i chuireadh i a corrag 'na bheul, agus bha e leum suas cho beò 's a bha e riamh. Thàinig i gu fear nach buineadh dhi, ach air leatha fhéin gu'm buineadh agus an uair a chuir i a corrag 'na bheul sgar e dhith i bho'n bhun. Thug, chanadh na bodaich, ordag a coise sanas do bhun a chruachain, agus thilg i fad seachd iomraichean e. Nach bu bhiasd a' chailleach? Cha robh i cneasda.

Bha sinn an sin ann an uamha fuamhair nan cóig cinn, nan cóig mìl, agus nan cóig muineil 'gar suaineadh fhéin am measg an òir 'san airgid aige an uair a tha crith 'ga chur air ar feòil le fuaim agus le straighlich ana-céill, gliongadaich mar gu'm biodh aig móran shlabhraidhean a' tighinn agus guth mar gu'n deanadh tonn mara ann an slochd Fi Far feòragaich. 'S fhada bha mo chorcag bheag mheirgeach a' meirgeadh ann an toll a' feitheamh

air greim dhe d'fheòil agus balgam dhe d'fhuil. Am bàs as do chionn gu dé dh'éireas. Tha e iongantach mar a bha sinn a' faighinn as gach càs eagalach. Tha famhair eile a' tighinn 'nuair a tha fear nan cóig cinn, nan cóig mìl, agus nan cóig muineal a' dol a dheanamh a shuipearach dhinn. Tha an dà fhamhair a' dol am bad a chéile a' deanamh bogan air a chreagan, agus creagan air a' bhogan, 's nuair bu lugha rachadh iad fodha rachadh iad fodha gu'n glùinean, 's nuair bu mhotha rachadh iad fodha rachadh iad fodha gu'n sùilean. Tha sinn 'gam fàgail a' dalladh air a chéile, agus a' toirt ar casan leinn ag eubhach dha chéile: "O tàr as! O tar as! O tar as mu'm beir iad ort!" Is tric air an latha diugh fhéin aig Slochd nam Frangach an Aird-Ghrinn a bhios mi smaointeachadh air an sgialachd a bh'aig seann duine còir. " 'S garbh an Tombaca," a bh'aig air an sgeul. Bha gaine tombaca 'san eilean. Bha'n seann duine truagh as aonais, agus thug a shannd agus a mhiann air an Sgialachd a dheanamh. Lean e sgarbh feadh gach cléite is gach sgor 's gach lotaig, ann an creagan Aird-Ghrinn gus an d'fhuair e mu dheireadh nead an sgairbh ann an uamha an òir ann an Slochd na Frainge, ann an sin, 'eudail agus fhearaibh an t-saoghail: Tombaca nach fhaca sùil riamh a leithid. Tombaca caol agus reamhar, tombaca pronn. Spliùcain loma làn tombaca. Bha shòlas làn, ach mo thruaighe, cha robh ann ach aisling a' Bhodaich mar a dhùrachd. Is minic a bha mi ann am Bìrlinn Chlann Raoghail 's i cur nam both dhith feadh a' chuain, ròin is miallan móra 'nan eiginn, onfhadh is confhadh na mara is falbh na luinge a' sradadh an eanchainean geala feadh gach tuinne. Có ris nach còrdadh Ridire na Sgéithe Deirge Mac an Earraich Uaine ri gaisge nam fear a gheibheadh bàs a réir Ridire Chùirn agus

Ridire Chlaimheimh am mòintich bhuig, a' sgealpadh creige no sgath gàraidh na 'n àit-eign 'nuair a bhiodh iad-san a' dol air ghaisge. Fear a rinn gach gnìomh gaisge, is ged a chaidh a bhrath, a fhuair ás is air a thilleadh dhachaidh a chuir snaoim nan trì chaoil gu daor agus gu dochair air dithis Mhic an Righ, agus a thilg seachad thar seachd sparran iad.

B'uamhasach cho luath is a dh'fhalbh an seann sgialaiche. Bha thu an dràsd' aig do chagailte ann am Barraidh—am prioba na sùla bha thu thall aig Pàlais Righ Lochlainn. Ann an sin thog thu na siùil bhreaca, bhaidealach, dhìonach, agus mu'n canadh tu "Dia leat" bha thu cumail còmhraidh milis ri nighean Righ na Greige, far an do choinnich thu Gruagach an Eilein Uaine, a thug leis thu air fras mhullach a' ghuaillnean gus na dh'fhàg e thu air Pàlais an Naomh Padruig ann an Eirinn. Naomh-Padruig agus Oisein aig dinneir. 'Se mart-fheòil a bha aca agus bha cnàmh sliasaid mairt ann a bha aibheasach fhéin mór. "Am faca tu," thubhairt an Naomh Padruig ri Oisein, "cnàmh mairt riamh aig an Fhinn a bha urad sin?" "Chunnaic mis," ars' Oisein, "cnaimh luirge lon-duibh a' rachadh an cnàimh sin troimh tholl an smior aice." Rinn an Naomh Padruig gàire fanaid air Oisein. Ghabh Oisein an fhearg agus chaidh e a' mach gu cnoc a bha air bialthaobh a' Chaisteil agus leig e sgairt ás a chualas ann an cóig coigeamh na h-Eireann. "Falbhaidh leamsa," thubhairt Oisein a bha dall, "agus stiùridh mi gu Eas-glas a' Ghlinn Mhóir thu." Rinneadh so, agus á toll dubh a bha ri taobh Easa, tharruing Oisein a mach cnàimh luirg lon-duibh a bha cho mór is a thubhairt e. "Bha," thuirt an seann duine, "barrachd mór air a bhi againn air an Fhinn mar a b'e

gu'n do chuir Naomh Padruig teagamh ann am briathran Oisein.

Bho chionn fhad' an t-saoghail chaidh seann duine còir a choimhead air MacNèill, Bharraidh, latha Nollaig, agus an déidh dhaibh fàilte chur air a chéile, agus gach sonas, slàint' is fortan a ghuidhe dha chéile, thug an seann duine làmh air a' bhotul bhodaich a bha aige 'na phòca, ach stad MacNèill e is thubhairt e, "Modh na h-aoise do MhacNèill. So mar a bhitheas. Bidh bodach air a' bhodach, is bithidh bodach air MacNèill: Bodach air fear an tighe, is bodach orm fhéin." Bha dram na Nollaige mar sin air MacNèill air fad.

Chaidh an t-Ollamh Alasdair Mac'Ille Mhìcheil, an Gàidheal eireachdail, air chéilidh air seann phiobaire a bha am Barraidh. Thug e leis botal bodaich air son geurag a chur air cuimhne Dhòmhnuill a' Mhuilinn. B'e sin ainm a' phiobaire. Thugadh tarruing air a' bhotul agus dh'fhaighneachd Mac 'Ille Mhicheil de Dhomhnull am fac e na sìthichean riamh. "Am faca mi iad?" arsa Domhnull, "Gu dé, luaidh, dheanainn as an aonais. Sin agaibh a' phiob ann an sin mar a dh'fhàg iad an raoir i. Cha do bhean mise dhi an diugh." "An robh iad an so an raoir?" thubhairt Mac'Ille Mhicheil. "An robh iad an so an raoir?" arsa Dòmhnull, "Chan 'eil oidhche 'sa bhliadhna nach 'eil iad an so." "An d'thig iad a nochd." "Thig iad an nochd. Chan 'eil ni na's cinntiche na sin," arsa Domhnull is e 'toirt sùla air a' bhotul. "S'fheàrr dhomh coimhead a mach." "Cha do nochd iad fhathast," arsa Domhnull, air dha tilleadh a stigh. Sin mar a bha gus an d'fhuair e na bu mhiann leis as a' bhotul. Chaidh e a mach mu dheireadh agus air a thilleadh a stigh thuirt e gu'n robh fios eagail air nach tigeadh iad an

nochd. "Bha e cho anamoch," arsa Domhnull, "mu'n d'fhàg iad an raoir, ach fàgaidh sibh agam 'na tha 'sa' bhotul feuch am bi balgan agam do Shìtheanach beag Bial-an-fheadain." Thuirt nàbuidh a bh'aig Domhnull gu'n d'fhuair e trosg briagha as a' chladach. "Am fac thu," arsa Domhnull, "an robh reubag bheag fo'n bheul aige." "Gu dearbh cha do mhothaich," thubhairt am fear eile. "Ma tha," arsa Domhnull, "is e an trosg agam-sa th'ann." "Is fheàrr dhomh falbh dhachaidh gus am faic mi." Dh'fhalbh an duine bochd, agus an ceann tacan thill e agus an trosg aige. " 'S e a Dhomhnuill, do throsg-sa th'ann gu'n teagamh. Nach e Dia rinn dhomh gu'n do dh'innis mi dhuit e." Bha Domhnull na bu ghlice 'na ghinealach fhéin, agus na b'eòlaiche air iasg na bha'n seann duine eile. Dh'fhalbh ám ciatach nam bodach. 'S ann fìor ainneamh a chluinnear an diugh uirsgeulan 'gan innseadh, duain no dàin 'gan seinn no 'gan togail le ion-eòlais. Dh'eug na h-Aosdanan smearail, agus chaidh an cuimhne a thiolaichead. Tha seann daoine againn, gun teagamh, ach chan 'eil dreach no tuar nam bodach, mar a chunnaic sinn iad, ach air cuid aca. Cha mhotha tha spiorad nan seann laoch annta, na idir fuil dhaimheil, ghaolach air còir-bhreith an duthcha a' ruith 'nan cuislichean. Faigh an diugh am paipear naidheachd air an dean thu prabalais de leughadh, a roghainn air an eachdraidh a dh'fhàg do shìnnsearan agad, a dhùisgeadh lùgh ann an smuais do chnàmhan, a chuireadh t'inntinn air bhoil le fiabhras fearalachd. Gaol an t-seana Bharraich air a dhùthaich, farmad aige ris a' Ghréin:—

A ghrian ud shuas gur beag an t-ioghnadh,
Glòir na faoilte bhi mu d'cheann,
Thu bhi triall bho'n ghleann 'san oidhche,
Null gu caoimhneas a' chuain thall.

Na'm bu leam do thriall 's na speuran,
Nàil! cha bhiodh mo cheum cho mall,
Ach pògaidh thus' an nochd cuain Bharraidh.
'S mise fo bharraibh chruaidh nam beann.
Fath mo mhulad a bhi ann.

* * * * *

Mo dhùrachd ri'm mhairean dhuit Eilean nam beannachd,
'S an t-siorruidhechd bidh m'anail mar phaidearan ceò,
Ag iadhadh mu'n cuairt dhiot, 's a' sileadh nam buadh ort,
Ma choisneas mi'n duais tha cho luachmhor an glòir.

BEINN A' BHAOGHLA.

Leis an Urr. SEUMAS MACDHOMHNUILL, A.M.

Am Measg nam Bodach—nach iomadh rud a tha na facail sin a' toirt 'nar cuimhne? An nochd air dhomh a bhi ag cainnt ruibh an so tha iad a' toirt fa-chomhair m'inntinn-sa iomadh cuimhneachan air laithean sona m'òige ann am Beinn a' Bhaoghla—aon de dh'eileanan beaga iomallach a' chuain Siar. Tha mi an ceart uair féin a' faicinn gu riochdmhor fa chomhair mo shùla na seann daoine còire air an robh mi eòlach agus a thug dhomh iomadh fiosrachadh air na nithean sin anns an robh iad fhéin ag gabhail tlachd is ùidh. Tha iad a nis 'san dachaidh bhuain, chan 'eil an làthaireachd againn, is ged nach gluais iad tuille 'nar measg cha teid iad air dhi-chuimhne oirnn oir tha àite aca 'nar cridheachan nach toir sinn do aon nì eile.

Chan 'eil ach sia seachduinean bho'n a bha mise air ghluasad ann an soitheach athair a bha a' seòladh aon dà mhìle troigh os cionn Bheinn a' Bhaoghla. Chunnaic mi iomadh rud a chuir ioghnadh orm agus ged a bha fhios agam gu'n robh gu leòir de lochanan beaga 'san Eilean cha do thuig mi riamh gu'n robh na h-uibhir dhiùbh ann. Bha iad an sud mar sgàthanan beaga airgid gu soilleir ri fhaicinn gu h-iosal fodhainn. Chan 'eil iasgair aig nach 'eil fios gu bheil bric gu leòir annta, ach chan ann air na bric a bha mise a' smuaineachadh aig an ám. Nach tric a chuala mi aig na bodaich is mi'm bhalachan beag mu na h-easganan móra agus na h-uamhasan eile a bha ri'm faicinn 's na lochanan sin. Easganan móra gránda aig an robh corp cho garbh ri each, agus a bha comasach air snàmhaiche làidir a tharruing fodha 's a bhàthadh. Bha e air a ràdh cuideachd gu'm bitheadh

iad a' dol bho loch gu loch air feadh na h-oidhche, agus a' fàgail an lorg 'nan déidh. Saoil am b'ann a chur an eagail oirnne bha iad, ma's ann bu mhath a chaidh aca air. Mar a dh'fhaodas sibh a thuigsinn cha robh e idir 'na annas leinne 'nuair a chuala sinn mu'n uile-bheist a tha tathaich Loch Nis, oir b'eòlach sinne air a bhi ag cluinntinn mu iomadh creutair neo-chneasda mar sin ann am Beinn a' Bhaoghla bho chionn iomadh bliadhna.

Chan 'eil aon a labhair air a' chuspair so, nach d'thug iomradh air mar a bha a' chéilidh anns an eilean d'am buineadh iad. Bha a' chéilidh againn cuideachd is bha mórán fiosrachaidh air seann eachdraidh aig bodaich Bheinn a' Bhaoghla. Nach d'fhuair an t-Ollamh Alasdair Mac 'Ille Mhìcheil móran de na tha aige ann an Carmina Gadelica bhuapa. Ma sheallas sibh air deireadh an dara leabhair chì sibh na tha aige ri ràdh mu mhuinntir an eilein agus na thug iad dha. Cha ruig mise leas mar sin móran a radh uime sin oir nach 'eil e aige-san air a chur far còmhair mar tha, na's feàrr na's urrainn dhomhsa a dheanamh. Bha na h-òrain a bhiodh gu tric air an seinn aig na céilidhean air an gabhail sìos cuideachd agus tha a' mhór chuid dhiubh anns na leabhraichean aig a' mhnaoi uasail Nic Ualraig Friseal, agus a thaobh nan sgeulachdan, bha aon a tha iomraiteach air son eòlais air beul-aithris na Gàidhealtachd ag innseadh dhomh gu'n d'fhuair e ann am Beinn a' Bhaoghla mór ulaidh de sgeulachdan nach robh aca ann an àitean eile. B'iad sin uile toradh na céilidh.

Mar a thigeadh e do dh'Eileanaich bha iad 'nam maraichean barraichte. Is ann an Tigh na Céilidh a fhuair mi mo cheud leasan. Cha robh mi ach glé òg 'nuair a thuig mi gu'n robh an saoghal beagan na bu mhotha na'n t-eilean beag againn fhéin. Bha fios agam

gu'n robh àitean eile ann mar tha an t-Eilean Sgitheanach, Eige is Rùm a bha ri'm faicinn gu liath neònach air taobh thall a' chuain, agus bu tric mi a' meòrachadh ciod an seòrsa dhaoine a bha a' fuireach annta. Is ann ag éisdeachd ris na bodaich a dh'fhiosraich mi gu'n robh dùthchannan mór eile ann, thall air cùl nan eilean far an robh bàiltean móra, rathaidean iaruinn le traingead is ùpraid. Bha e 'na ioghnadh leam a bhi 'gan cluinntinn a' toirt iomraidh air na bailtean anns an robh iad agus na seallaidhean a chunnaic iad. Bha aon bhalach 'nam measg faodaidh mi a radh, a bha ag gabhail mór shuim air ciod a bha aca ri ràdh mu na turusan air an robh iad. Bithidh sinne gu math tric ag gearan air cho duilich is a tha dhuinn gluasad bho àite gu àite gu sònruichte am measg nan eilean, ach nach mór na sochairean a tha againn seach mar a bha aig ar n-athraichean bho shean. Cha robh e 'na shùgradh móran siubhail a dheanamh 's na làithean sin. Is ann le sgoithean a bha iad a' fàgail an eilein. A réir m'eòlais bhiodh cuideachd dhiubh a' togail orra gu Glaschu mu dheireadh an fhoghair le bathair sam bith a bha aca ri reic. Tha iomradh fhathast air aon turus a rinn Murchadh Mac Iain Ruaidh, ann an seann Sgoth Leòdhasaich. Bha e an déidh cur a mach a Cannaidh le srann math gaoithe a' séideadh o'n Ear, agus dùil aige a bhi an Ceann a Tuath Mhuile mu'n tigeadh an oidhche air. Cha deach e ro fhada gus an d'fhairich e stracadh neònach far nach bu chòir dha bhi. Thug e sùil fodha feuch gu dé a thachair agus an sin mhothaich e sgàineadh mór eadar a dhà de na cuairtean anns am faodadh e a mheuran a chur. Cha robh aige ach cumail air a chùrsa agus taobh an sgàinidh a chumail ris an fhuaradh gus an do ràinig e Muile. Gu fortanach dha cha do dh'atharraich a'

ghaoth, ach nach b'eagalach a shuidheachadh. C'àit' a bheil iad an diugh a bheireadh sgoth a aon air bith de na h-eileanan air astar cuain cho fada ri Glaschu.

Nach tric a chuala mi cuideachd mar a dh'éirich do Lachlann Mac Ghilleasbuig air a rathad air ais as a' Ghalldachd. Bha an t-astar á Glaschu fada anns na laithean sin agus ghabh e fhéin is dà charaid ath-ghoirid air bàta a bha dol troimh 'n Chrionan. Chan 'eil agam air dhuibh ach gu'n deach na diùlnaich do thigh a bha dlùth làimh aig aon de na h-àitean anns an do stad am bàta, air son greim bidh, agus mu'n d'fhuair iad air ais bha'm bàta air falbh. Cha robh aca air sin ach an t-Oban a thoirt orra—rud a rinn iad ag coiseachd fad an rathaid; ach mar bha mi-fhortan an dàn chaidh iad air seachran oir cha b'aithne dhoibh an t-slighe. Bha Lachlann fhéin ag innseadh gur ann an camp nan ceàrd a fhuair iad aoidheachd, agus riamh bho'n latha sin bha meas mór aige air na ceàrdan.

Nach mór a' choiseachd a dheanadh iad 'sna seann laithean. Chuala mi mu dhaoine a mhuinntir an eilein a rachadh gu tìr mór agus a choisicheadh gu Inbhir Nis agus ás a' bhaile sin gu Ceann Phàdruig. Is bitheanta a chuala sinn, agus a rinn sinn gàire, air a' chuairt a ghabh Gilleasbuig MacRaghail do dh'Inbhir Nis agus a choisich e air ais gu Port an t-Sròim le srathan a cheannaich e do dh' Iain Bhóid air a mhuin. Ged bu taitneach leinne a bhi ag éisdeachd mu thurus 'Illeasbuig, tha mi cinnteach nach bu chùis ghàire sam bith 'san ám dha a bhi a' siubhal na dùthcha le a leithid de dh'uallach.

Chan ann a mhàin air na chunnaic is na dh'fhiosraich iad fhéin a bhiodh na bodaich ag cainnt. Thigeadh iad thairis gu bitheanta air sean eachdraidh agus seann bheul aithris. Is tric a dh'fhaighniceadh dhiom-sa an

robh móran beul-aithris am measg nan seann daoine mu thimchioll Prionnsa Tearlach, agus Fionnghal Nic-Dhomhnuill. Bha sin aca.

Chaidh àiteachan a chomharrachadh dhomh air taobh an Ear an Eilein aig a bheil an sgeul fhéin ri innseadh. Chì sibh ann am Fiughaidh agus ann an Ruaibhil na tuill agus na sgorran anns an robh e am falach. Is ann a shaoileadh sibh gu'n robh iad air an deanamh air son a' ghnothaich. Tha leabaidh a' Phrionnsa ri fhaicinn an sud fhathast, agus ann an Roisinich tha Loch nan Arm far an do thilg e fhéin agus na bha maille ris an cuid airm is iad an déidh cuideachd fhaicinn astar beag air falbh a bha coltach ri saighdearan dearga. Sud làrach na h-àirighe an Roisinich far an do ghabh e comhnuidh fo chùram Ban-tighearna Mhic 'Ic Ailein is anns an do dheasaich e a bhiadh fhéin. B'ann á so a dh'fhalbh e le Fionnghal NicDhomhnuill anns an riochd sin a thug e le tearuinteachd gu a chàirdean 'san Eilean Sgitheanach. Chì sibh mar an ceudna laimhrig a' Phrionnsa far an deach e fhéin is Fionnghal air bòrd na h-eathair a thug a null gu Trotoirnis iad.

Is dòcha gur anns a' cheart àirigh anns an robh am Prionnsa an Ròisinich so a bha an gille buachaille mu'n cuala mi na bodaich a' toirt iomraidh agus bu mhath a chòrd an sgeul rium aig an ám. Bha Ròisinich 'na fhearann chaorach aig Baile nan Cailleach far an robh Mac 'Ic Ailein agus b'fheudar do'n bhuachaille fuireach am muigh anns an àirigh. Air uairean bhiodh Dòmhnull Og a bha 'na bhuachaille ann am Baile nan Cailleach a' dol a dh'ionnsuidh a' ghille ann an Ròisinich le mart bainne agus a tilleadh le mart seasg. Bha an t-astar fada agus air gach sgrìob a ghabhadh e b'fheudar dha an oidhche leigeil seachad le buachaille Ròisinich 's a'

bhothan. Air oidhche bha sud ghabh na gillean mu thàmh is Domhnull Og 'na laighe air beingidh mu choinneimh a' ghealbhoin. Gu dé a thachair ach gu'n d'thàinig coigreach a steach ann an sàmhchair na h-oidhche. Ghabh e null far an robh Domhnull agus ars' esan gu foirmeil, "Teann suas a Dhomhnuill Oig." Cha b'fhada gus an d'thàinig fear eile steach agus an déidh sin fear an déidh fir, gus mu dheireadh an robh a dhà dheug dhiubh 'sa' bhothan agus a' cheart fhàilte aca uile "Teann suas a Dhomhnuill Oig." Rinn Dòmhnull Og bochd mar a dh'iarradh gus mu dheireadh an do thuit e thar na beinge agus laigh e gu sàmhach air an ùrlar le chridhe air chrith 'na chochull leis an eagal. "Nach bochd a bhi gun bhiadh," arsa fear de na coigrich. "Cha bhi sinn gu'n bhiadh is a bhó reamhar aig Domhnull Og am mach an sud," arsa fear eile. A mach a ghabh iad is thug iad a steach a' bhó. "Ach ciamar a mharbhas sinn i gun sgian againn," dh'fheòraich fear diubh. "Nach math an sgian a tha am pòca Dhomhnuill Oig," fhreagair fear eile. 'Nuair a bha iad mu thimchioll na bà theich Domhnull agus chuir e aghaidh ris a' bhaile is thàr e air falbh cho luath is a' leigeadh a chasan leis. Fhad is a bha e a' ruith bha e 'cluinntinn farum air a chùl. A' dol tarsuing Abhainn a' Chròig aig Ruaibheal thuit e is laigh e an sud cho sàmhach is a b'urrainn dha feuch an rachadh gu dé sam bith a bha 'na dhéidh seachad air. Gu dé bh'ann ach tòrradh. Dìreach 'nuair a bha iad ri thaobh gu dé ach gu'n do bhris aon de na luinn leis an robh iad ag giùlan na ciste. "Ciod a nì sinn a nis," arsa fear dhiubh, "Nach math an lann a nì Domhnull Og" thubhairt fear eile agus ciod a thachair ach gu'n do chuireadh Domhnull fo'n chiste, greim aig fear air a cheann agus fear eile aig a chasan is mar sin thog iad orra. B'e cladh Bhaile nan

Cailleach a bu cheann uidhe dhoibh agus air dhoibh uaigh fhosgladh an sin, thubhairt fear aca gu'n robh iad 'san àite cheàrr, gur ann do Chladh Amhlaidh ann an Iochdar an Uidhist a Deas a bu chòir dhoibh a bhi. Thog iad orra matà is Domhnull aca fo'n giùlan mar a bha e roimhe. Dh'fhosgail iad uaigh an sin cuideachd ach cha robh iad fhathast 'san àite cheart. Is e Aird Mhicheil a bha rompa a nis. Nuair a ràinig iad Ard Mhìcheil dh'fhosgladh uaigh agus gu dé ach gu'n do rinn iad tuille 's domhain i. Ciod a bha ri dheanamh? "Cha ruig i leas a bhi tuille's domhain," arsa fear aca, "nach cuir sinn Domhnull Og fo'n chiste, ni sin a chùis." Air dha sin a chluinntinn thug Domhnull sgreuch ás is dh'fhosgail e a shùilean agus b'ann le taingealachd a thug e fa-near gu'n robh e 'na laighe air a' bheingidh ann an Ròisnich.

Tha eagal orm gu bheil an ùine air dol seachad is gun mi ullamh fhathast air na bu mhath leam a ràdh mu bhodaich Bheinn a' Bhaoghla. Tha mi toilichte an cothrom so a bhi agam mu'n eilean 'san d'fhuair mi m'àrach. Mo dheadh dhùrachd dhoibhsan uile a tha a' fuireach ann agus dhuibhse a bha ag éisdeachd rium.

NA HEARRADH.

Le Seumas MacCoinnich.

Chan 'eil neach a bha riamh air chuairt anns na Hearradh na fhuair a thàladh le tuinn chìr-ghealach, luaisgeanach, a' Chuain Siar nach tuig ionghnadh is glòir is maise Tùr Chliamhainn anns an robh ealain nan naomh 's nan cliar air an seirm o linn Chaluim Chille.

"Aig ceann a' Ghlinn uaisnich ud," arsa Seann Choinneach, is e a labhairt a mach á toit liath-ghorm na mòna, "tha eachdraidh air casgairt, 's air cogadh, air sìth is gràdh is carthannas aig nach 'eil coimeas ann am beul-aithris no ann an duan."

"O!" ars' esan 's e 'tarruing na sunaig shochraich anns an robh e 'na shuidhe na bu dlùithe air an teallaich chraosaich a bha ag cur blàthais is deàrrsaidh fo chabair dhorcha an tighe, "thuirt beul gun bhreug," arsa esan, "Màiri Nighean Alasdair Ruaidh gu'n tigeadh latha na bochdainn air Ròdal. 'S e faidheadaireachd a b'aobhar dhith a bhi air a sgiùrsadh do Dhiùra, gus an do ghabh Sir Tormod truas dhith air dha a h-òran muladach a chluinntinn:—

> "Thoir mo shoraidh do'n dùthaich,
> Tha bho dhubhair nan Garbh-Bheann,
> Gu Sir Tormod ùr allail,
> Fhuair ceannas air armailt."

'S math dh'fhaoidte, 'laochain, gu'n tug Coinneach Odhar iomradh air, ach fada roimhe sin, 's abair thusa sin ri Raoghnall 'nuair a chì thu rithist e, oir chuala mise mo sheanamhair ag radh, gu'n robh cuimhne aice air ban-altrum a bh'aig Clann 'Ic Leoid ioma bliadhna, agus tha so agam-sa cho cinnteach 's ged thigeadh e a beul a' mhinisteir fhéin 's e 's a' chrannaig, o'n latha a

chuir Alasdair Crotach, ceann-fheadhna Chloinn Leòid, anns an t-siathamh linn deug, trì cheud ceithir fichead Domhnullach agus a còig gu bàs le teine-mùchaidh ann an uamha ann an Eilean Eige, o'n latha sin, cha tàinig piseach no adhartas orra.

Tha sgeul eile aig na Hiortaich orra, o'n a chaidh an teaghlach treun lùghmhor ud, a chur gu bàs fhaotainn air creagan eunach uamhalta Hiort, gu'n robh e anns an Dàn gu'n tigeadh crìoch air ughdarras, urram is onair Chloinn MhicLeoid. Biodh sin mar a bhitheas e, a bhalaich, ach an ath uair a theid thu gu Ròdal, coimhead anns an oisein an Iar de'n Tùr—an t-oisean a chaidh a leasachadh ri linn an ceud Righ Daibhidh is chì thu an sin fìrinn mo sheanachais, chì thu uaigh Alasdair Mhic Uilleam 'Ic Alasdair Chrotaich, 's bheir mi m'fhocal fìrinneach mo bheoil nach 'eil a leithid an Alba. Tha iad a' labhairt air Caisteal Amhuinn-Suidhe, a chairdean, ach chan 'eil ann ach Dùn faire Lochlannaich ann an coimeas ri cuspair mo sgeòil, chì thu obair cloiche snaidhte grinn, clach a thàinig as an Ros Mhuileach, oir cha robh, 's cha bhi a ghnè cloiche sin anns an Eilean Fhada. Tha an uaigh ann an sud, mar sheòmar air a dhealbh gu h-innleachdach. Air a ghearradh a mach ás a' chloich tha na h-abstoil, agus an Naomh Cliamhainn, 's lorg aige 's an darna làimh agus claigionn 's an làimh eile, os cionn sin tha soitheach seòlaidh fo aodach, agus air do làimh dheis ag coimhead air uaigh Alasdair Chrotaich chì thu Mìcheil agus Sàtan le sligean tomhais," agus arsa an seanchaidh fìor-ghlic, fìor-eòlach, "na'm bu sgoileir no fear-fòghlum mise dh'fhaodadh fios a bhi agam gu dé a tha sgrìobhte ann an Laideann os cionn na Gáidhlig Olgharrach so, oir b'e Olgharr an Lochlannach rìoghail o'n tàinig Clann 'Ic Leoid uile."

"A Choinnich," arsa Seòras le mór ionghnadh, "chan ann ag cur bacaidh air 'ur cainnt a tha mi, ach gu dé a tha an soitheach ionnlaid a tha anns a' cheann an Iar thuath ag ciallachadh; is minic a bha e 'nam ùidh fhaighneachd"; "Ma's math mo chuimhne," arsa Coinneach, "chuala mi Domhnull Mór na h-Ordaig ag radh, gur e sin an soitheach anns an robh na cailleachan dubha 'gan coisrigeadh féin gach bliadhna. Tha còrr agus leth cheud bliadhna o'n a chuala mise an eachdraidh o bheul glic pongail Dhomhnuill Mhóir 'n ar suidhe 'n ar dithis ann an Rudha Phuinnd. Cha tig an aois leatha fhéin agus feudaidh e bhi gu bheil mise am mearachd agus ged a tha sin mar sin, 'fhearaibh, tha cuimhneachan Dhomhnuill 'Ic Leoid Bhearnaraidh agam air mo theangaidh. Chan ann a' deanamh uaill ás mo chuimhne tha mi, na'm b'ann, 's e a theirinn gu bheil Rann na Féinne agam o bha Fionn 'na leanabh gus an latha 'san robh Oisean ag caoidh le òran mór a mhulaid dha. Tha mi 'gar riasladh is 'gar sàruchadh 'illean."

"Chan 'eil, chan 'eil," arsa Niall na beirte 's e toirt slaodaidh air fhiasaig, "a mach le cuimhneachan Dhomhnuill 'Ic Leoid, a Choinnich! Cha leisg leinne annas do làimhe a chluinntinn, is fhiach sgeul mhath a h-innseadh dà uair."

"So agaibh i ma ta, bithibh buidheach no diombach—Mar chuimhne air Domhnull MacLeoid Bhearnaraidh, Mac Iain, fear-teagaisg Chloinn 'Ic Leoid, neach a bha ann am buadhan cuirp is inntinn ag cur an céill éuchdan agus feartan nam fear treuna a bha ann o thùs. Chaidh seanair agus brathair a sheanar a dheanamh 'nan Ridirean leis an dara Righ Tearlach air son an dìlseachd agus an treubhantais aig Blàr Uorstar, far an robh Bratach Rìoghail nan Stiubhartach air a sgaoileadh. Anns

a' bhliadhna seachd ceud deug, dà fhichead agus a còig, ged a bha Fear Bhearnaraidh air teachd gu aois, ghlac e a chlogad, a sgiath agus a chlaidheamh, agus aig Blàr na h-Eaglaise Brice, chuir e ruaig air feachd 'na aonar. O sin a mach thill e gu 'thigh féin ann am Bearnaraidh air a ghràdhachadh leis na h-uile agus ann am mór mheas aig a chàirdean agus a luchd-eòlais. Aig trì fichead bliadhna agus a còig deug, phòs e an treas bean agus uaipe bha naodhnar a theaghlach aige, agus fhuair e bàs air an t-siathamh latha deug de'n Dùdlachd, anns a' bhliadhna seachd ceud deug ceithir fichead 'sa trì. Tha carragh cuimhne air a chur air le a mhac Alasdair, agus sud na briathran gun lide ceàrr a null no nall.''

"Glé mhath, a Choinnich, math da rìreabh, ach an e sin Alasdair a reic na caileagan Scalpach ris na h-Eireannaich?''

"O mo ghille math, tha thu mearachd, cha robh anns na h-Eireannaich sin ach luchd reubainn cuain, ach cha d'fhuair iad leotha oir chunnaic té de na caileagan suaicheantas a cinnidh air saighdeir ann an còigeamh Ulaidh, oir bha feachdan Gàidhealach an Eirinn aig an ám so, agus ghlaodh i mach "Cobhair a bhrathair! Cobhair!'' Le sin chaidh an luchd reubainn a chur gu bàs. Phòs cuid de na caileagan saighdearan, 's bha cuid pòsda aig Eireannaich, agus ma's math mo chuimhne tha sliochd nan Eireannach an Scalpaidh gus an latha diugh. Na toir thusa cluas gur h-e Fear Bhearnaraidh bu choireach. Bha Fear Bhearnaraidh agus na Caimbeulaich aig an robh Scalpaidh ro dhlùth an dàimh. Cho fads' is fhiosrach mi 's e te a Chlann 'Ic Leoid a bha pòsda aig Domhnull Caimbeul a thug aoidheachd do'n Phrionnsa an déidh Chul-lodair. B'e sin na Caimbeulaich de'n robh Anna Chaimbeul a' sgrìobh an t-òran iomraideach

"Ailein Duinn" a tha air a sheinn aig Mòd is céilidh an diugh. Chan 'eil fios aig móran air eachdraidh a Phrionnsa, anns na Hearradh," arsa Coinneach, agus e 'ga shocrachadh fhéin ann an cathair an t-seanachaidh. " 'S e sinn-seanair an fhir ris an obair sinn am Morair MacAmhluidh bu mhinisteir anns an eilean aig an ám, fear Amhluidh MacAmhluidh; b'esan a bhrath am Prionnsa agus tha "Cnoc nan Saighdearan" ann an Scalpaidh gus an latha diugh a' toirt fianuis air casgairt a bha iargalta agus borb. Far am bheil Tigh Comhnuidh ministeir na h-Eaglaise Saora, 's ann an sin a bha Làrach tighe Dhomhnuill Chaimbeul a thug aoidheachd agus fialaidheachd do Thearlach Og. A réir mar a tha e sgrìobhte dh'fhaodadh Domhnull deich mile fichead punnd Sasunnach fhaotainn o'n Chrùn, ach cha robh sin ach suarach aig cridhe glan, onarach, còir an laoich. Tha cuid ag cumail a mach gu'n d'ràinig Domhnull Airidh-bhruaich maille ris an Fhògarrach, ach le facal na fìrinn cha deach bàta a' Chaimbeulaich na b'fhaide na beul Loch Sìophort. Ràinig am Prionnsa a' bhean-uasal Nic Coinnich ann an tigh Chille-dùine làimh ri Steornabhagh ach bha eubha nan creach roimhe an sin, agus thill e air a chois-cheum chiadna do Scalpaidh an ceann trì làithean, ach thàinig air dol a steach do dh'fhasgadh Loch Seal oir bha an Cuan Sgitheanach làn luingeis chogaidh. Mu dheireadh thall, ràinig e Scalpaidh ach bha Domhnull Caimbeul a' siubhal sléibhe is monaidh agus na saighdearan dearga air a thòir. Chuir am Prionnsa aghaidh air Uidhist, troimh ghàbhadh is cunnart, troimh loch is luib is òb ràinig e caladh, agus cò nach cuala iomradh air Fionghall Nic Dhomhnuill, ach is mór am beud gur ise a fhuair an cliù uile, oir bha fear a Chlann 'Ic Leòid maille ris, fear Domhnull Macleoid

á Port Righ, a latha agus a dh'oidhche ann an teanntachd agus ann an cruaidh-chàs; b'fhìor laoch agus ghaisgeach e agus fhuair e bàs gun urram gun iomradh.

"Ged is leisg is fheudar, a Choinnich! Ach thig orm falbh."

"A laochain," arsa na bodaich á beul a chéile, "thoir leat fàd lasrach mu'n teid thu le Creag Losgaidh nan Gall."

" 'S ioma fear math a chaidh leatha," arsa Coinneach, fear cathrach an tigh chéilidh, "o'n cheud latha a chuir na Lochlannaich sradag ri Laoisguitir 's a chaidh coilltean na Hearradh 'nan smàl; anns a' ghleann udlaidh ud os cionn Mhiabhaig a deas tha Hoosa, nighean Righ Lochlainn 'na cadal agus crònan Allt nan Caorach 'ga cur fo gheusaibh gu latha Luan."

"Cuir coinnean ri do phìob, 's gu'n innis mi so dhuit, mo ghille math, ——"

" Tha solus Laoisgiutar an sud fhathast, tha solus na Leacainn ann cuideachd, ach chan urrainn sinne innseadh an e taibhs air a bheò no air a' mharbh a tha sin, ach cho cinnteach 's a thionndaidheas Uisge Gluba nan Clòintean 'na fhuil thig comhlionadh air nithean do-rannsaichte na h-aimsir so."

Mhothaich mi gu'n d'thàinig lannair dealrach dubh-ghorm ann an sùil Choinnich, agus air dha éirigh gu na h-uinneige, labhair e mar neach á saoghal nan Spiorad— "Seall sud," ars' esan, "seachdain o'n nochd theid neach air choireigin a ghiùlan gu àite taimh nam marbh, làimh ris bi druidh is manach, cha b'e Cliamhainn, no Tarans a dh'òrduich sin, ni motha 's e Priomh Athair Phapaidh no Maol Ruibhe nan Eileanan Móra, cho àrd 's gu robh an inbhe ann an Eaglais nan Ceilteach, ach a laochain bi a'falbh mu'n goir na coileach, sàth do chorran

anns an fhàd chòsaich ud agus gach beannachd a d' chois."

Bha mi air mo bheo-ghlacadh le ionghnadh do-labhairt, oir ged nach cuala mi Gairm nam Marbh, agus ged nach faca mi na nithean a chuir solus mi-nàdurra ann an sùil an t-seanchaidh, chunnaic mi a' Bheithir theinntidh a' tuiteam le steall is srann os cionn Ròineabhal agus i a' togail a cùrsa air Tùr Chliamhainn. Mar is beò mi chan 'eil mi creidsinn ann an droch-shùil, taibhs, no dà shealladh ach a Choinnich! a Choinnich! Oidhche mhath leat.

Tha eachdraidh fhéin aig gach bodach; chan e sodal no plaosgan nan daoi, ach fìrinn nam fàidh le dà shealladh air a ghiùlan air sgiathaibh nan saoidh. Seanachas air treubhantas, 'fhearaibh, sgeul air cogadh is sith.

Gràdh agus coibhneas 'gar tarruing gu cladach ar n-Eilein 's ar Tìr. Oidhche mhath leibh a chàirdean.

EIRISGEIDH AGUS UIDHIST A DEAS.

Le Domhnull MacDhomhnuill, A.M.

Tha sean-fhacal ann a tha ag ràdh "gur iomadh rud a chì an duine a's fhaide beò." Nis ged nach 'eil mise ro shean is iomadh rud a chunnaic mi agus a chuala mi cuideachd anns a bheagan a shiubhail mi de'n t-saoghal. Ach ged a shiùbhlainn seachd uairean a h-uile cearn a tha eadar ceithir rannan ruadha an domhain tha mi smaointinn nach fhaicinn gu bràth de dh'ioghnaidhean 's de rudan neònach uibhir 's a chunnaic 'sa chuala mi mu'n d'fhàg mi riamh taobh teine m'athar ann an Eilean Eirisgeidh, agus b'e sgeulachdan is duain nam bodach a bu cheann aobhair da so. Cluinnidh mi daonnan an òrain nam bàrd iomraidhean air Muile nan Craobh, Eilean Sgitheanach a' Cheò, Ile 'n Fheòir, Tiridh ìosal an Eòrna 's mar sin air n-aghaidh, ach tha mi duilich a ràdh nach 'eil Eirisgeidh comharraichte air son a h-aon de na nithean sin. Is thubhairt am Bàrd urramach Maighstir Ailean MacDhòmhnuill fhéin mu dhéidhinn:—

> "'S lom e mhuran, 's lom e dhuilleach,
> 'S lom e churrac eòrna."

Ach ged a bha sinn riamh an Eirisgeidh lom 's na gnothuichean sin bha daonnan fàs maith againn ann am bodaich, agus b'e na bodaich sin a chuir an céill dhomh-sa an toiseach na h-ioghnaidhean uamhasach a bha ri'm faicinn 's ri'n cluinntinn anns an t-saoghal neònach a bha na seann sgeulachdan a' toirt fo m' chomhair. Bha mi aig an ám sin cho eòlach air Fionn MacCumhail 's a bha mi air mo sheanair 's bu tric a rinn mi còmhradh 'nam inntinn fhéin ri Cuchullain, Diarmad O Duibhne, Oisinn, An Garbh Mac Stàirn, Murchadh Mac Brian agus

gaisgich eile na Féinne. 'S tric a sheòl mi tarsuing an lòin thunnag anns an Iubhraich Bhallaich 's a thug mi ruaig as déidh nan tunnagan fhéin le Bran is Fireach, na coin shealg a bh'aig Fionn. Ghearrainn fead Chaoilte na b'fheàrr na ghearradh Caoilte fhéin, is sheinninn ceòl sìthe cho binn 's gu'n cuirinn mo mhàthair fo gheasaibh los m'fhàgail aig an teine air oidhcheannan geamhraidh ag éisdeachd ri cainnt nam bodach.

Ach thàinig caochladh mór air an là sin, 's dh'fhalbh an saoghal sin mar bhruadar 's chan 'eil agam an diugh ach an càrn air an do stéidhich mi e, eilean creagach, corrach Eirisgeidh.

A réir nan sean eachdraidhean 's ann air aon de na rìghrean Lochlannach a bh'anns na h-Eileanan uaireigin de'n t-saoghal a tha Eirisgeidh air ainmeachadh. 'S ann á Uidhist 's á Barraidh 's ás an Eilean Sgitheanach a thàinig na daoine anns an toiseach. Clann Dòmhnuill á cùl na Beinne Móire an Uidhist, Clann Aonghais ás an Eilean Sgitheanach agus Clann 'Ic Fhionghuin á Barraidh, agus na fineachan eile cuid ás gach eilean dhiubh sin.

Mar a tha 'ainm a leigeil fhaicinn dhuinn, bha Eirisgeidh 'na eilean rìoghail o shean, 's mar sin cha chuir e ioghnadh oirnn gu'm b'e cheud àite air an do dheònaich Prionnsa Tearlach a chas a chur 'nuair a thàinig e a thoirt a mach fearann a shìnnsre. Bidh sinn fhéin 's na h-Uidhistich, 's na Baoghlaich daonnan a' sabaid mu dhéidhinn a' Phrionnsa ach cha ghabh e àicheadh gur ann air Eirisgeidh a chuir e an t-urram a b'àirde. Nach d'thubhairt Mgr. Ailean 's an òran,

> " 'S fhad o'n thugadh dhuits' an urram,
> Aig a' Phrionnsa Tearlach."

'S iomadh sgeul a th'aig na bodaich mu dhéidhinn a'

Phrionnsa agus is ann diubh sin mar a chuir e, anns an àite ris an abrar an diugh Coilleag a' Phrionnsa, na lusan àluinn a thug e nall ás an Fhraing leis. Tha "fliùraichean a' Phrionnsa" mar a their muinntir an eilein riutha a' fàs air na bruthaichean gainmhich a tha'n cois na tràghad agus tha e ri ràdh mu'n déidhinn nach fhàs iad an àite 'sam bith air an t-saoghal ach an sud fhéin.

Dh'fhàg am Prionnsa iad mar chuimhneachan air a' cheud phloc de rìoghachd athraichean air an do chuir e chas ach tha iad a nis air cnàmh 's air seacadh air falbh, dìreach mar a tha am Prionnsa fhéin air sìoladh á cuimhne nan Gaidheal gu léir. Tha làrach an tighe anns an do chaidil am Prionnsa ri fhaicinn fhathast ged nach 'eil aon chlach air muin cloiche dheth. Chan 'eil uamh Thearlaich againn an Eirisgeidh idir mar a th'aca an Uidhist 's am Beinn a' Bhaoghla ach rinn sinne na b'fheàrr na iad sin, thug sinn dha tigh.

Tha eilean beag aig ceann a Deas Eirisgeidh ris an abrar an Staca, agus tha Caisteal air an eilean so air a bheil an t-ainm Caisteal an Reubadair. A réir eachdraidh nam bodach 's e fear a bh'anns an reubadair so a bhiodh a' spùinneadh 's a' milleadh a h-uile long is bàta a bhiodh a' dol seachad air an Staca. Air oidhcheannan geamhraidh lasadh e solus ri taobh a' chladaich, is long 'sam bith a bhiodh an deuchainn 's a' Chuan Sgìth, dheanadh i air an t-solus is bhristeadh 'na biorain air cladach garbh an eilein i. Tha an caisteal air a thogail air bàrr creige àirde agus rathad caol cunnartach a' dol suas aodann na creige 'g a ionnsuidh. Tha tòrr chlachan aig bonn an rathaid so agus their na bodaich ris "Sac na Làire Bàine." 'S ann le làir bhàin a bhiodh an reubadair a' tarruing suas an aghaidh na creige na clachan leis

an do thog e 'n caisteal. Ach an là bha so chuir e sac cho mór air an làir 's gu'n do thuit i marbh foidhe, 's tha na clachan an sud fhathast, tòrr air gach taobh de'n rathad dhiubh mar chuimhneachan air Sac na Làire Bàine. 'Nuair a thog an reubadair an caisteal bha bean a dhìth air 's o'n bha nighean bhreagha aig Fear Bhaghasdail smaointich e gu'n goideadh e i. Tharruing e air a mhuin i á Baghasdal gu Taobh a' Chaolais. Shnàmh e Caolas Eirisgeidh leatha; tharruing e tarsuing Eirisgeidh i; shnàmh e Caolas an Staca leatha agus tharruing e ás a sin chun a' chaisteil i agus mar a thubhairt am bodach a bha 'ga innseadh dhomh fhéin, "gu dearbh cha robh cus an asgaidh aige dhìth."

'S e àit' ainmeil a bh'ann an Eirisgeidh riamh air son bhòcan. Bha aon uair, ma b'fhior na bodaich, nach fhaigheadh duine gluasad ann le sìthichean is ùruisgean is creutairean neo-thalmhaidh eile. Tha dà loch ann ris an abrar Loch a' Chapaill agus Loch Dubhard agus a réir beul-aithris bha each-uisge 'gabhail còmhnuidh annta sin. Tha ùine mhór a nis bho nach fhacas iad sin ach bho nach 'eil ach mu thrì troighean a dhoimhneachd 's na lochain sin, cha chuir e ioghnadh oirnn ged nach fhuiricheadh na h-eich-uisge annta. Bhiodh iad a' faicinn bòcan an Eirisgeidh uair-eigin ris an canadh iad an t-Eun Mór 's bha e 'na chleachdadh aig an Eun so a bhi leigeil sgread eagalach ás aig tigh 'sam bith anns am biodh bàs a' dol a thachairt. Tha an t-Eun-Mór e fhéin air nàire ghabhail a nis, 's chan 'eil e 'ga nochdadh fhéin idir ach 's dòcha, mar a bhios feadhainn de na bodaich ag ràdh, nach robh ann ach manadh air na soithichean-adhair a tha nis cho tric a' seòladh mu na h-eileanan.

Chan 'eil sgeir no bàgh, no bogha timchioll Eirisgeidh nach 'eil sgeulachd aig na bodaich mu'n déidhinn.

Bheirinn-sa bliadhna 'gan innseadh ach tha ainmean mar tha Sgeir an Fhéidh, Sgeir nam Bàirneach, Sgeir a' Chaise, Sgeir na Poite, Hosgeir, is Hasgeir, Am bodha Ruadh, Bodh Ailein, Roc Lingeidh, An Roc Mór, Sloc Dallaig, Sloc a' Mhaide, Sloc na Bà Ruaidhe, an Rudha Bàn, 's an Rudha Caol, 's mar sin air n-aghaidh, ag innseadh an sgeulachdan fhéin. Do'n choigreach a thig air a chuairt shamhraidh a dh'Eirisgeidh, chan 'eil annta ach ruic is sgeirean ach tha iad 'nan comharraidhean 's 'nan cuimhneachain air caol shàbhalaidhean 's air bàthaidhean, air beatha is air bàs, ann an cridheachan iasgairean Eirisgeidh. Tha ceathramh de shean òran ann a tha 'g radh:—

> "Chì mi Eirisgeidh nan lusan,
> Chaidh a chur ann le Prionns' Tearlach,
> Tobhta Flòraidh 'n Airidh Mhuilinn,
> Far an d'rugadh i 'na pàisde."

Fàgaidh mise nis Eirisgeidh agus bheir mi sgrìob a null gu Airidh Mhuilinn an Uidhist a Chinn a Deas far an d'rugadh 's an d'thogadh Fionnghal NicDhòmhnuill. Tha ainm Fionnghal cho bitheanta am beul mhuinntir Uidhist fhathast 's ged a b'ann an dé a dh'fhàgadh i fhéin is Tearlach cladaichean an eilein, is cò bhiodh 'gan àrach a chionn cha chualas riamh an eachdraidh boirionnaich a thug barrachd urraim gu eilean a h-araich na Fionnghal NicDhòmhnuill. Faisg air àite breith Fionnghal tha Corodal, an t-àit' anns an robh am Prionns' fo choill 'nuair a bha 'n tòir air, agus an cois a' chladaich, aig bonn na Beinne Móire, tha an uamh anns an do chuir e seachad iomadh là agus oidhch' iomagaineach. Air an taobh eile tha Loch-eineort an loch ás an do thog Bìrlinn Chlann Raghaill "iùil oirr' o Uidhist nan Cradh-gheadh." Shìos mu thuath air a so a rithist tha Caisteal Ormaclait—

seann Tigh-còmhnuidh Mhic 'Ic Ailein. B'ann 's a' chaisteal so a bha fear a chlann 'Ic Ailein a' fuireach an turus a thàinig còmhlan uaislean bhàrr tìr-mór a choimhead air. Bha e fhéin 's na h-uaislean latha coimhead a mach air uinneig a' chaisteil air treabhaiche Mhic 'Ic Ailein 's e trang a' treabhadh mu choinneamh a' chaisteil. Dé thionndaidh an crann suas ach brisgean, agus thog an treabhaich e 's dh'ith e e. Ghabh Mac 'Ic Ailein a leithid de nàire 's e smaointinn gu'n saoileadh na h-uaislean gur e 'n t-acras a bh'air an treabhaiche 's gu'n deach e mach 's gu'n do mharbh e e air làrach nam bonn. Ach bha mac aig an treabhaiche, agus mhionnaich e gu'n toireadh e mach tòrachd athar. Fhuair e buidheann fhear, 's ghoid iad air falbh oighre Mhic 'Ic Ailein, balach mu ochd bliadhna a' dh'aois, 's chuir iad am falach ann an bothan beag air taobh a Deas Uidhist e—àite ris an canar an diugh Gleann Dail. Dh'fhalbh mac an treabhaiche ri marbh na h-oidhche, 'ga mhort is 'nuair a ràinig e am bothan dh'eibh e mach air a' ghille. Dé 'n cosnach a bh'aig a' bhalach 'se gu bàsachadh leis an acras ach ag criomadh cnàmha 's a h-uile uair a dh'eibheadh mac an treabhaice air, theireadh am balach "Stad an dràsd gu'n crìom mi'n cnàimh." Ghabh mac an treabhaiche a leithid de thruas ris 's gu'n do leig e bheatha leis, agus b'ann mar sin a shàbhaileadh òighre Mhic 'Ic Ailean.

Is ann an Uidhist a bha daoine riamh a' faicinn a' bhòcain ainmeil ud, Alastair Mac Mhaighstir Alasdair. Tha e ri ràdh nach 'eil oidhch' o'n bhàsaich Alasdair nach do choisich e air a làmhan o'n Fhadhail a Deas gu Polachara ann an ceann a deas Uidhist. Tha so doirbh a chreidsinn ach ma 's eadh 's gu bheil e fìor, mar a thubhairt aon bhodach rium fhéin, cha chòir cus de na

làmhan a bhi an Alasdair còir a nis. Tha àitean eile an Uidhist ainmeil air son bhòcan mar tha ceann Beinn Corairidh, Ceann Charaiseabhal, agus gleanntan is beanntan iomallach eile. Mar a dh'éirich do na h-eileanan air fad bha e uaireigin de'n t-saoghal anabarrach duilich faighinn o àite gu àite an Uidhist. Bhiodh iad a' coiseachd á ceann a deas Uidhist agus ás a' cheann a tuath dheth cuideachd, gu Airigh Mhuilinn leis a' ghràn agus ag coiseachd air ais a rithist 's na h-eallaich mhine air am muin. Ach cho maith 's gu'n robh iad gu coiseachd anns na seann laithean, cha b'urrainn dhaibh coiseachd do'n h-uile àite.

Tha sin a' toirt am chuimhne sgeulachd mu dhéidhinn fear a mhuinntir Uidhist a bha suirghe air nighean ann a Hirt. Nis cha robh e comasach dha coiseachd gu Hirt 's cha mhotha bha bàta aige a bheireadh ann e. Ach bha bàrd a' fuireach goirid dha, agus 's ann a rinn am bàrd so òran dha agus thubhairt e anns an òran gur ann air druim muice-mara a bha e dol a Hirt a phósadh. 'S e 'n duais a bha a' mhuc-mhara ag iarraidh air son an turuis, a cuid fhaotainn de no bhiodh de leann 's de dh'uisge beatha aige.

So agaibh an t-òran:—

1. "Dòmhnull Fhearchair 's e bha calma,
Dh'fhalbh e air Di-Dòmhnuich,
E fhéin 's a' chist air druim na muice,
Dol a Hirt a phòsadh."

'Nuair a ràinig e 'n cladach bha a' mhuc a feitheamh air.

2. "Thubhairt a' mhuc 's i tighinn am bàrr,
'Tha t-fharadh pàidht' a Dhòmhnuill,
Ma bheir thu dhomh té leann an dràsd,
'S a dhà de Mhac an Toisich.'"

Thug Dòmhnull sud dhi 's thòisich e air deanamh deiseil air son an turuis.

3. "Fhuair e combaist is cairt-iùil,
'S gu'n leag e cursa dòigheil,
'S chur e sròn 's an àirde tuath,
Is ròpa cruaidh mu sgòrnan."

Chaidh an t-uisge beatha gu ceann na muice 's a null meadhoin a' chuain thòisich i ri ùpraid 's dh'fheuch Dòmhnull ri stad a chur oirre.

4. "Air do shocair nis, a mhuc,
Le d' phubartaich gun dòigh ort,
Cum do bheul gu dùinte teann,
Mu'n tachair meall de ròin ort."

Cha do chòrd so ris a' mhuic, 's thuirt i,

5. "Mur a cùm thu dhiom do bheul,
Gu'n crìochnuich mise 'n t-òran,
'S tuigidh tu gu dé do chrioch,
Ma chual thu riamh mu Iònas."

6. "Gabh mo lethsgeul nis, a mhuc,
Cha robh mi ach mar spòrs riut,
'S air son an àigh riut gleidh do chiall,
Mu'n dean thu iasg is feòil dhiom.

Ach co-dhiubh, ràinig iad sàbhailte thall 's thug Dòmhnull làmh air a' bhotul a rithist.

7. "Slàinte mhór dhuit fhéin, a mhuc,
'S tu thug an fhurtachd dhomh-sa,
Ith do leòr de dh'iasg a' chuain,
'S gu'm a fada buan do sheòrsa."

Chòrd so ris a' mhuic is thubhairt i,

8. "'S e do bheath' e Dhomhnuill chòir,
'S mo phòsas tu ri Seònaid,
Gu'n cinneadh leibh a h-uile là,
'S ur bothan àluinn 's ceò as.

Tha iomadh sgeul eile aca an Uidhist mu na h-Airighean na'm biodh ùine agam-sa a dh'innseadh iad agus 's iomadh sgeulachd àluinn cuideachd a tha co-cheangailte ri ainmean nan àiteachan eadar dà cheann an Eilein. 'S ann diubh sin Leum a' Bhric 's na

Mnathan Geala air an taobh an ear, agus bailtean mar tha Cill Pheadair, Cill Bhrìde, agus Cill Dònain air an taobh an iar.

An co-dhùnadh, b'e mo mhiann taing a thoirt do na bodaich 's do na cailleachan cuideachd a dh'innis dhomh na nithean a labhair mi an nochd. Mo mhìle beannachd aca, 's gu dearbh an là a dh'fhalbhas iad, faodaidh sinn a ràdh le firinn gu'm bi "sgeul ùr am measg nam bodach."

EISDEAL AGUS LUINN.

Le Liusaidh NicCoinnich.

A cho Ghàidheil is a' chàirdean.

Bho'n a chuireadh mise am measg nam bodach air an fheasgar so bu mhiann leam mar sin sgeula no dhà innseadh dhuibh mar a chuala mi iad aig na bodaich a bhiodh cho tric a' tighinn air chéilidh gu tigh mo sheanmhair, agus an uair a bhiodh iadsan cruinn mu thimchioll na teallaich, cha robh na bu gheur-chluasaiche na mise, oir bu mhath leam riamh a bhi ag éisdeachd ri eachdraidh is seanachas nan seann daoine. Tha mi 'gam faicinn fhathast, gach fear is e aig a' chnapan gurman fhéin. Bha aon dhiubh a bha an comhnuidh ag aithris mu bhòcain is bhuidsichean, mu'n Uile-Bheist a bha an Lochan Eilidir, a' Ghlaistig a bha 'san Daoidh-Leitir, an Nathair a bha an Tòrsa, an Tarbh Dearg a bha an Eisdeal, 'sam Bruinidh a bha an Siùna. Chan e mhàin gu'm bitheadh e ag cur eagail oirnne a bha 'nar cloinn, ach bhiodh e a' bruidhinn orra sin cho tric is gu'n robh e fhéin mu dheireadh a làn chreidsinn annta, agus is e bha tachairt gu'm feumadh bràthair mo mhàthair fhaicinn gu sàbhailte aig leac-an-teintein a thighe fhéin, oir bha e air fàs cho gealtach mu na nithean uamhasach a ghabh bun cho làidir 'na inntinn, a chionn is gu'n robh e ag cainnt orra cho tric.

Bu tric a chuala mi na bodaich a' toirt iomraidh air Alasdair Mac Iain Bhàin, no Iain Caimbeul, mar a b'ainm baistidh dha. Bha a chòmhnaidh aige an Achadh-dà-Naduir agus b'e creideamh nan cùmhnantach a bha e ag agart. Ged a dh'fhaodadh e bhi cumhang 'na bheachd cha ghabhadh e ràdh nach robh e 'na dhuine math agus cràbhach. Bha beachdan neònach aig Alasdair ged thà,

agus chladhaich e uaigh fhéin seachd bliadhna mu'n do chaochail e, is bha 'chiste-thasgaidh ullamh aige air an fharadh ré na h-ùine sin.

A bharrachd air sin chaidh e a dh'ionnsaidh a choimhearsnach Dòmhnull MacLathartaich a bha a' deanamh na leacan-lighidh, is thug e òrdugh dha clach-chuimhne a chur an òrdugh dha. Dh'earalaich e air Dòmhnull nach innseadh e do dhuine beò gu dé an sgrìobhadh a bh'air an lic a chaidh a chur air an déidh sin, an uair a bha e air a thiodhlacadh ann an Cill-Chatain. Chan e mhàin sin ach chuir e suas clàr lice mu'n do chaochail e anns an àite cheudna air an robh an aidmheil chreidimh aige air fhoillseachadh. Cha do chòrd sin ri cuid de mhuinntir an àite, agus leag iad an leac so ri làr. An uair a chuala Alasdair mu dhéidhinn so dh'òrduich e a' togail suas a rithist, agus chuir e clach eile suas còmhla rithe a bha a' leigeil ris gu dé a thachradh do dhuine sam bith a ghabhadh gnothach riutha. Sgrìobh e leabhar anns a' bhliadhna ochd ceud deug is a fichead agus chaidh móran earrannan ás a chlòbhualadh anns an leabhar aig an Ollamh Urramach Dr. Phìn.

Chuala mi bean chòir ag ràdh mu Alasdair gu'n robh a màthair 'na bana-bhuachaille aige is i 'na caileig. B'uamhasach leatha an uair a dh'iarradh a' bhean-tighe oirre ni-eigin a thoirt thar an fharaidh. "Bha," ars' ise, "am bocsa dubh ud tarsuinn nan casan-cairbeil." B'e so ciste-taisgidh Alasdair. Bha déidh mhór aig Morair Bhraid-Albann seanachas a bhi aige ri Alasdair, ged a bhiodh Alasdair a ghnàth 'ga sheachnadh. Gu dé ach gu'n d'thàinig iad aon latha aghaidh ri aghaidh air sgailc dhearg, meadhoin an rathaid mhóir.

"Nach mi tha toilichte t'fhaicinn, Alasdair," ars' am Morair, "ach gu dé idir is ciall gu bheil thu 'gam sheachnadh air a h-uile cothrom? Is gasda leam còmhradh càirdeil a bhi agam riut."

"Matà, le'r cead," fhreagair Alasdair, "Is e is ciall dha sin, gu bheil e iomchuidh dhomh mo Thighearna a radh ruibh, agus sin rud nach abair mi ri neach air thalamh. Chan 'eil agam-sa ach an aon Tighearna."

"Abair thusa Iain rium-sa is bheir mise Alasdair riut-sa is tuigidh sinn a chéile na's feàrr an sin," thubhairt am Morair is dh'fhalbh iad le chéile gu tigh Alasdair. B'e buntàta is piocaich chruaidh a bha aca gu'n dinneir, is tha e air a radh gu'n d'thubhairt am Morair gu'm b'e sud an tràth bìdh' a bu bhlasda a dh'ith e riamh.

Bha Alasdair 'na dhuine diadhaidh, agus is tric a chuireadh iarraidh air a chum ùrnuigh a chur suas aig leabaidh an euslaintich. Na'n robh nì sònruichte fo chùram dh'fheumadh e crìoch a chur air a sin an toiseach, oir 'na bheachd cha robh nithean saoghalta ri'm measgachadh ri gnothaichean spioradail. Dh'fhalbh e latha bha sud gu Coillipol a dh'iarraidh ghoireasan bho'n bhùth. Air an rathad an sin ruith nighean òg as a dhéidh is ghuidh i air tighinn a stigh is gu'n deanadh e ùrnuigh as leth a mathar nach robh ag cumail gu maith. "Chan e sin turus air an d'thàinig mi an dràsd," ars' esan, is chum e air. Fhuair e a' gnothach 's a' bhùth is chaidh e dhachaidh, thug e am bathar do bhean an tighe is thill e air ais a h-uile ceum gu Coillipol agus an sin chuir e suas ùrnuigh fhada réidh aig taobh leapa 'na té bha tinn.

Chaochail Alasdair còir 's a' bhliadhna ochd ceud deug is a naoidh thar fhichead, is e ochd deug is trì fichead bliadhna a dh'aois.

Bha Alasdair Caimbeul eile an Luinn, dotair an Drionain, mar a theireadh na seann daoine ris. Bha meas mór air 'na dhreuchd 'san dà sgìre 's an robh e a' freasdal mar fhear-sgileil barraichte. Cha robh e riamh an colaisde, ach bha e bliadhn' air fhichead 'san arm 'na ghille frithealaidh aig dotair airm. Bha iad le chéile ré iomadh bliadhna 's na h-Innsean, agus 's ann uaithe-san a dh'fhoghlum Alasdair an t-eòlas a bha aige.

Chuala mi bràthair mo mhàthar, a chaochail bho chionn trì bliadhna ag radh gu'm b'e Dotair an Drionain a chuir a' bhreac air-san is e 'na leanabh an Eilean Bheul na h-Uaimhe.

Thog Caiptean Caimbeul a bha an cogadh mór Bhonapart tigh briagha an Ard-Luinne 's a' bhliadhna ochd ceud deug is a' sia deug (1816). Tha sin snaighte air a' chloich a tha os ceann an àrd-doruis. Thug an Caiptean cuirm ghasda seachad an uair a bha an tigh ullamh. Bha seachd oifigich airm an làthair, is 'nam measg bha an t-àrd mharaiche, an t-Admiral MacDhùghaill, a cheannaich an òighreachd, is a ghabh a chòmhnuidh ann an Aird-nan-Capull. Tha Tigh Ard-Luinne a nis gu falamh, fuar.

Chuala mi cuideachd na bodaich gu tric a' bruidhinn mu Dhiormhorguil Nic a' Bhruithinn, a bhana-bhàrd Luinneach. Bha ise fuireach an Tobar-Dhonnchaidh. Bhiodh i le minnean bàn air teadhair a' dol gus am Barra-mór. Shuidheadh i an sin a' deanamh suas nan òran, is aig a' cheart ám ag cumail a sùil air an linne, feuch am faiceadh i iùbhrach, a leannain, Alasdair Mac Cholla, a' dol seachad. Bha esan ainmeil mar fhear reubainn air muir, is ag creachadh is a' spùinneadh air tìr. Biodh sin mar a thogradh e thug ise gaol a cridhe dha. B'ann dha-san a rinn i an t-aon òran aice a tha againn ann an

clò. 'Nuair a bhitheadh amharus aig a cuideachd gu'n robh Alasdair a' tighinn, bha i air a fògradh gu Eilean Shiùna. So rann a rinn i:—

"Gur a mise tha tùrsach,
'S mi'n Siùna ghorm a bharraich,
Tha mo shùil air a' chaolas,
'S chan fhaod mi dhol thairis."

Bha i suas an làithean an ám Phrionnsa Tearlaich. Bha a co-fhaireachduinn uile le cùis nan Stiubhartach. 'Nuair a bha i air leabaidh a bàis, dh'iarr i cuach a thoirt dhìth. Rug i oirre, is 'ga togail gu bìlean, dh'òl i slàinte a' Phrionnsa le dùrachd, ag guidhe gach buaidh is soirbheachadh leis. Chaochail i mu'n deach Cuil-lodair a chur. Bha gamhlas eadar i fhéin is na Caimbeulaich. Rinn i bàrdachd nach do thaitinn riutha. Bho chionn trì fichead bliadhna bha tòrradh ann an Cill-a-Chatain. Bha aon de na Caimbeulaich an sin, agus gu dé rinn e ach leum e air uaigh Dhiormhorghuil, mar a shaoil leis, is mhallaich e an duslach a bha fo chasan. Thug Donnachadh MacLachuinn fainear dha, agus ars' esan is e ag cur mu'n cuairt na cuaich, "A nis fheara, òlaidh mi deoch-slàinte Diormhorguil, is thusa Chaimbeulaich, cha teid boinne na'd' bhus. Nach 'eil fhios agad gur ann air uaigh do sheanamhair fhéin a leum thu? Chan ann a sin tha Diormhorguil 'na laidhe, ach cha seall mi idir dhuit i."

Bha fear do'm b'ainm Artair Mac Lachlainn an geall air carragh-cuimhne a chur suas an urram Diormhorguil, ach chaochail an duine còir sin gu h-obann, 's cha deach a' chùis a thogail tuille.

Bithidh e car neònach leinne a bhi ag creidsinn na beachdan a bh'aig ar sìnnsre. Ach cò sinne a bhi ag cur teagamh ann an cuid de nithean nach 'eil sinn fhéin a'

tùigsinn. Bha duine a' fuireach ann an Ard Luinne ris an canadh iad Calum Nighinn Eoghain. Bha e air a radh gu'n robh e air a bhuileachadh le buadhan sònruichte. 'Nam measg bha an dà shealladh aige, agus ann a bhi ag cainnt ri neach sam bith, dh'innseadh e mu chuid de na nithean a bha ri tachairt. Bha e air a ràdh gu'n robh cumhachd leigheis aige cuideachd, is gu'n togadh e galar no tinneas bho dhuine no bho bheathach. Is e an t-iomradh a bha aca air mar a fhuair e an cumhachd so gu'n do ghoideadh e leis na sìthichean 'nuair a bha e 'na leanabh. Bha e fad cheithir bliadhna 's a'bhrùth; chaidh fidilean-finndinn, seann sìogaidh sean-athair Chloinn Chròig fhagail aig a mhàthair, ach mhothaich ise gu'm b'e am fleasgach sin fhéin a bha aice, is le cuideachadh Griosal Mhóir rinn i braid-a-gill air Fidilean is sgiùrsadh e do'n dùn as an d'thàinig e. Is ann mar sin a fhuair i Calum aice fhéin. B'iad na sìthichean a chuir an t-seunmhorachd ud air Calum.

Chuala mi iad ag radh mu'n Bhruinidh a bha ann an Eilean Shiùna gu'm biodh e a' toirt sanais air a theachd le bhi a' deanamh fead chruaidh. Mo thruaigh iad-san a dheanamh dearmad air a chnotag bhleith a lionadh làn bainne is ceapaire somalta fhàgail dha. Bhiodh e a réir coltais, a nuallanaich mu'n cuairt an tighe is gach ball airneis a' dannsadh is a' tuasaid, is am bitheantas bhiodh aon de'n chuid feudail le cas bhriste 'na laidhe an slochd 's a' mhaduinn.

Anns a' bhliadhna ochd ceud deug is a h-aon deug thar fhichead (1831) b'e àireamh an t-sluaigh 'san dà sgìreachd dà mhìle, ochd ceud is trì deug thar fhichead. Ceud bliadhna an déigh sin, anns a' bhliadhna naoidh ceud deug 's a h-aon deug thar fhichead, cha robh ann ach ochd ceud is trì thar fhichead, no ann an ceud

bliadhna a bhàrr air dà mhìle duine na's lugha. Bha dà thuathanach thar fhichead an Luinn a thuilleadh air croitearan, 'san ám sin, is chan 'eil ann ach leth dusan an diugh. Bha toradh an fhearainn a' pàigheadh an cuid màil, is bha am Muillear air a chumail cho trang is a ghabhadh. 'Nuair a chaochail am Muillear-Bàn, cha robh a mhac ach dà bhliadhna deug a dh'aois, ach chum esan an obair air aghaidh, 's aig ceann na bliadhna bhleith e deich ceud is ceithir bolla mine. Sheall duine measail a bha'n Luinn dhomhsa achadh thar an d'thug an tuathanach leth-cheud bolla mine. Chuir e sin gu gàirneal a' Mhorair an Eisdeal, phàigh e am màl is fhuair e aon nota deug air ais. Tha sin a' leigeil ris duinn cho dìchiollach, tapaidh is a bha an tuath le crann is spaid, le fàl is corran, is bha gach trusgan air a chalanas leis na mnathan.

Is iomadh céilidh mhór a bha aca an tigh a' ghreusaiche anns a' Bhail'-Ur. Ged nach 'eil ann ach na làraichean an diugh, bha còrr is leth-cheud pearsa a' fuireach ann. B'ann 's a' Bhail-Ur a bha na plaideachan a b'fheàrr air am figheadh 's an dùthaich. Is bu mhath na bròg an a dheanadh iad cuideachd. Bha lìon ag cinntinn gu pailt an sin. Sheall bean dhomhsa dà bhréid leapach a rinneadh le lìon a chinn an Luinn, 's a bha air an dualachadh le figheadair a' Bhail-Ùir. Bha'm baile bòidheach sin an ceann an Ear-thuath de Luinn. Ged nach 'eil móran maise air an diugh, is caomh leam cuairt a ghabhail feadh nan làraichean, air leam gur aithne dhomh iad-san uile a bha a' tàmh an sin le bhi ag cluinntinn an cliù bho na seann daoine. 'Se aireamh an t-sluaigh trì cheud, 's cha bhiodh eadhon an àireamh sin fhéin ann mur b'e gu bheil oibrichean sgliata 'san Eilean. Bha'n aireamh sin am Beul-na-h-Uaimhe bho chionn

dà fhichead bliadhna ged nach 'eil aon duine fhéin ann an diugh. Tha e duilich a radh c'ùin' a thòisich iad air obair an sgliata an Eisdeal an toiseach. Chuala mi na bodaich ag radh gu'n deach an cur air Caisteal Aird nam Madadh a chaidh a thogail anns a' bhliadhna sia ceud deug, trì fichead 's a sia deug, agus bha e air a ràdh cuideachd, gur iad a bh'air Caisteal an Stalcaire 'san Apainn Latharnach a chaidh a chur suas dà fhichead bliadhna is a coig roimhe sin. Bha an sgliat air a cheangal ris na tighean anns na laithean sin le prìneachan fiodha.

"Tha'n t-eilean sin gu falamh, fàs,
Gu'n ann ach plaosg de'n tìm a bhà,
Gach fàrdach leagte 'n Ear 'san Iar,
'S tha eunlaith fhiadhaich a'neadach ann."

Sin mar a tha anns gach ceàrn agus is e ar dòchas uile gu'n tig cùisean na's feàrr is gu'm bi am pailteas lòin is cosnaidh le sìth is sonas 'na cheann, aig òigridh an latha 'n diugh, mu'm fàs iad suas gu bhi 'nam bodaich is nan cailleachan.

AN CEARD MOR.

Leis an t-Urr. Coinneach MacLeoid, D.D., Giogha.

Chan 'eil fhios agam cò thubhairt an toiseach "Mo chomunn fhéin, comunn nan ceard," ach bu dearbh bhràthair dhomhsa e. Riamh o'n a b'urrainn domh coiseachd, bha eòlas maith agam orra, an dà chuid anns na h-eileanan agus air tìrmór. Chan e bodach a their sinn ri seann cheard a tha 'na cheannard air sgaoth de mhic agus de nigheanan agus de dh'oghachan—is e their sinn ris, An Ceàrd Mór, ged nach bu mhotha e na druid. Ach an Ceàrd Mór air a bheil mi a' toirt iomraidh an nochd, chan e aon duine a tha ann, ach fichead.

Is tric a their sinn ri càch a chéile, "Dé an saoghal a tha agad an diugh?" mar gu'm biodh a h-uile duine agus saoghal aige dha féin. Tha sin fìor co-dhiù a thaobh nan ceard. Tha saoghal saor farsuing aca dhaibh fhéin, agus tha iad ag cur seachad an làithean ag gleachd ris an t-saoghal sin eile a tha fantainn ann an tighean—saoghal nan *gadgie* (nam fear-tighe) mar their na ceardan fhéin. Thubhairt mi ag gleachd, ach is e cluich a th'ann, agus chan e gleachd da rìreabh. Tha an ceard a' toirt a bheò-shlàinte as a' *ghadgie* le caran beaga seòlta a chaidh a chur ann mu'n d'fhàg e gàirdeanan a mhàthar.

"Matà, 'ghaolaich," ars' an Ceàrd Mór rium latha, "is beag a fhuair mi fhéin riamh air tàilleabh mo shaothrach, ach is iomadh rud a fhuair mi le beul-bochd 's le beul-bòidheach, agus giseag no dhà air an cùl."

'S ma tha chluich a' dol *air* a' cheàrd còrr uair, cha chuir sin gruaman sam bith air. "Uair a bha sid," ars' esan, "smaointich mi am inntinn fhéin, na'n iarrainn na bu lugha, gu'm faighinn na bu mhotha; agus na'n tairginn pàigheadh air son na dh'iarrainn, gur h-e bhiodh ann, gu'n cumainn an dà chuid, m'airgiod agus mo chliù.

Ach feuch, thusa, an do chùm. A' cheud bhean-tighe, dh'an tug mi an tairgse, ghabh i mo chuid airgid, agus cha d'fhàg i agam-sa ach mo chliù. Is i nach robh cearbach, a cheart té. Ma theid thusa gu bràth air an t-siubhal a ghaolaich, fàg am beul-mór as do dhéidh, agus thoir leat am beul-bochd''—comhairle a gheall mi gu'n gabhainn, an uair a thigeadh an t-ám.

Ach cò iad, na ceàrdan? Tha mi deanamh dheth nach 'eil ach glé bheag de dh'fhuil nan *gipsies* anns na ceàrdan againn fhéin. Gun teagamh, tha móran dhiubh cho dubh ris an fhitheach, ach gheibhear gu leòir de dhaoine beaga dubha air taobh siar na h-Albann agus air taobh siar na h-Eireann, ach is ann de na *h-Ibirianich* no sluagh na *Mediterranean*, iadsan. Theireadh an Ceàrd Mór ma bha no nach robh e ceart, gur h-ann a Galla-Ghàidheil, no *Galloway* a thàinig na ceàrdan ruadha, agus gu'n do thòisich a' chuid bu mhotha de na ceàrdan Gàidhealach air an t-siubhal, an uair a bha na fineachan an sgòrnanan a chéile. "Mur b'e Colla Ciotach,'' ars' an Ceàrd Mór Mac a Phì, "b'e mo mhac-sa oighre Cholbhasa an diugh.'' "So agad an tul-fhirinn,'' ars' an Ceard Mór Mac-Dhomhnuill, "tha na daoine againne air an t-siubhal, riamh o'n theich sinn á Gleanna-Comhainn air oidhche na mollachd agus nan seachd sian.'' "Tha cruinneachadh mór ann an Inbhir-nis an diugh,'' ars' an Ceard Siosal, "agus na'm biodh a' chòir air a cumail, dh'fhaodadh mo cheannsa bhi glé àrd am measg nan uaislean a bhios cruinn.'' Biodh an uaisle mar a dh'fhaodas tha dreach na firinn air a' chuid eile de'n t-seanchas.

An uair a chì thu an ceard Mór ag gabhail an rathaid, le cheann sgràbach 's le aodach giobach, is beag nach abair thu, "Chan 'eil air an duine so dìreach nach 'eil e ag itheadh an fheòir. "Is fada bhuaith' e. Tha rud no

dhà 'na cheann nach fhaighear aon chuid an sgoil no an leabhar. Tha agam-sa ri bhi beò air éiginn le breacadh de Ghàidhlig, agus leis na's lugha de Bheurla, ach a thuilleadh air Gàidhlig agus air Beurla, tha trì cànainean eile aig a' Cheard Mhór nach 'eil aig na sgoilearan as àirde am Breatuinn. Tha aige na dh'fhòghnas de'n Romani, seann chànain nan *gipsies*. Co-dhiù, na'm biodh e ceannach eich no bàta anns an Romani, cha bhiodh e furasda an car a thoirt as, agus na'm b'ann 'gan reic a bhiodh e, 's e am fear eile bu dòcha call. 'S tha làn a chinn aige de'n chànain ris an abair na sgoilearan *Shelta* no *Shelru*, ach ris an abair an Ceàrd Mór e fhéin an *Laideann Eireannach*. Rinn na h-àrd-sgoilearan a mach gu'n deachaidh a' chànain so a dhealbh ás a' Ghàidhlig, o chionn còrr agus mìle bliadhna, le bàird agus ollamhan na h-Eireann, los gu'm faodadh còmhradh a bhi aca ri chéile nach tuigeadh càch. Bha iomadh seòl aca air na facail fhalach. Tha móran dhiubh air an cur cas mu sheach: am facal *mac* air a thionndan gu *cam*, agus am facal *pog* air a thionndan gu *gop*. Glé thric cuideachd, tha litir no dhà air an cur ri ceann an fhacail no ri iorball, no ris an dà chuid. Mar so tha am facal *aimsir* air atharrachadh gu *grimsha*, agus am facal *righ* (no *rig* anns an t-seann Ghàidhlig) gu *srigo*. Ach chan 'eil ùine air tuilleadh a radh mu dhéidhinn *Shelta*, an Laideann Eireannach, agus co-dhiù, tha mi fhéin na's eòlaiche air an treas cànain, ma's cànain i, a th'aig a'Cheàrd Mhór, agus ris an abair e fhéin *a' chainnt* no còrr uair *Am Brothlach*. Tha cuimhne agaibh gur h-e *Am Brothlach* a theireadh muinntir na Féinne ris a' choire mhór anns am biodh iad a' bruich a h-uile seòrsa bìdh còmhla, agus is e fìor mheasgan a th'anns a' chainnt so a bhios na ceardan a' bruidhinn ri cach a chéile.

Bhithinn fad an comain nan sgoilearan a tha ag éisdeachd rium an nochd, na'n innseadh iad dhomh cia meud cànain a tha an Ceard Mór ag cur fo chìs anns na facail so:—

	Gadgie	Fear-tighe.
	Shan Gadgie	Duine mosach.
	Bauri gadgie	Toirt a' chair a fear-tighe .
no	Manishi	
	Beòr	Boireannach.
	Grannam	Coirce.
	Carnis	Feòil.
	Sprach	Iarr.
	Bir	Bàta.
	Haben	Aran.
	Test	Ceann.
no	Wenetra	
	Fenetra	Uinneag.
	Pani	Uisge.
	Pani Deevies	Latha fliuch.
no	Lig	
	Drom	Rathad.
	Gauni	Cearc.
	Ciri	Caora.
	Meggat	Uan.
	Gry	Each.
	Yag	Teine.
	Mealie	Siucar.
	Vil	Baile.
	Sallachan	Mionnachadh.
	Ringan	Coire.
	Ja Avree	Gabh Romhad.
	Bing avree	Thig an so, no tiugainn leinn.

Foghnaidh sin an dràsda, ach is fheudar dhomh aideachadh nach 'eil uair a thachras an Ceàrd Mór orm, nach 'eil fìor shannt orm mo làimh a chur 'nam bhoineid ri leithid a sgoilear.

Ach chan 'eil an dùrachd sin aig a h-uile fear. "An

cuala thu riamh, a ghaolaich,'' ars' an Ceàrd Mór rium, ''mar thuirt mi ris an duine so shuas, an uair a dhiùlt e le feirg, sochar beag a dheanamh domh, agus mise 'na cheart fheum. 'Tha seòrsa de dhreuchd anns an Eaglais,' arsa mi fhéin ris, 'agus theid thu air do ghlùnan, moch is anmoch a dh'iarraidh fichead nì air an Fhreasdal air nach 'eil feum sam bith agad, ach theid thu fhéin air an dearg chaothach ma dh'iarras ceàrd bochd seann bhriogais ort. Och, a dhuine thruaigh, cha bu tu mì, 's cha bu mhi an cù.' Thug mi sin dà, dìreach beul mu'n t-sròin, biodh e buidheach no diombach.'' Is mi a chreideas. Is math is aithne do'n cheàrd mhór a bhi modhail goirt, agus ma's fheudar a bhi goirt gun a bhi modhail.

Ach ge mór m'fharmad ri fòghlum agus ri airmseachd nan ceard is motha na sin m'fharmad ri'n cuid ceòlmhorachd. Mar thuirt Murchadh nam Port, á Bearnaraidh na h-Earadh, ''Neo'r thaing caran is camagan is cuairteagan anns na puirt agam fhéin, ach m'anamsa! gur h-e car a' mhuiltein gun stad a bhios puirt nan ceàrd a' deanamh.'' Cha mhisde na puirt sin! Is fhad' a leanainn fhéin an Ceàrd Mór, is e 'cluich am beul na h-oidhche, ''Theid mi dhachaidh Chrò Chinn-t-Sàile,'' agus shiubhlainn eadhon na b'fhaide a dh'éisdeachd ris is e gabhail tàlaidh do na h-oghachan, an ám cadail.

Hó, hó, ghibean,
Hé, hé, ghibean,
Hó, hó, ghibean.
Dé gheibh thu far an laigh thu,
Ghaoil, an nochd?

Gheibh e mo bheannachd-sa co-dhiù, ''Far an laigh thu, 'Ghaoil, an nochd.''